Rathad Dhe Gu Sith

G.A.
6d
H.M. 257.



NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

RATHAD DHE GU SITH.

LEIS AN URRAMACH

H. BONAR, D.D.

AIR EADAR-THEANGACHADH GU GAILIG,

LE N. DEORA,

MINISTEIR NA H-EAGLAIS SAOIRE ANN AN CINN-A-GHIUBHSAICH.

"Thubhairt Iosa ris, Is mise an t-slighe, agus an fhirinn, agus a' bheatha: cha tig aon neach chum an Athar ach tromham-sa.—EOIN xiv. 6.

LONDON:
JAMES NISBET & CO., 21 BERNERS STREET.
1874.

EDINBURGH:
PRINTED BY DUNCAN GRANT AND CO.,
FORREST ROAD.





CLAR-INNSIDH.

CAIB. I.

Taobh-duilleig.

TEISTEAS DHE MU'N DUINE 1

CAIB. II.

CHA'N EIL CLIU DUINE FEIN 'N A BHONN SITHE . 7

CAIB. III.

CLIU DHE AR N-AITE-FOIS 19

CAIB. IV.

GRAS A REIR CEARTAIS 30

CAIB. V.

FUIL A' CHRATHAIDH 37

CAIB. VI.

PEARSA AGUS OBAIR AN FHIR-IONAID . . 46

CAIB. VII.

FOCAL FIRINN AN T-SOISGEIL 56

CAIB. VIII.

CREID AGUS TEARNAR THU 71

CAIB. IX.

Taobh-duilleig.

CREID DIREACH A NIS 83

CAIB. X.

EASBHUIDH COMAIS GU CREIDSINN 94

CAIB. XI.

NEO-MHOTHACHADH 109

CAIB. XII.

IOSA A MHAIN 120

ROIMH-RADH.

Tha mòran, 'n ar latha, coltach ri bhi 'g iarraidh an Tighearna. Gidheadh cha-n 'eil iad ach mar gu 'm biodh iad "a' rannsachadh air a shon chum gu 'm faigheadh iad e," mar gu 'm biodh e an dara cuid 'na Dhia fad as, no 'na "Dhia neo-aithnichte." Tha iad a' dì-chuimhneachadh "nach 'eil e fada o gach aon againn" (Gnìomh. xvii. 27); oir annsan tha sinn beò, agus a' gluasad, agus tha ar bith againn."

Is e toiseach an t-soisgeil, nach 'eil e fad' as; gu'n d'thàinig e nuas; gu'n d'thàinig e 'm fagus. Tha e 'cur a thaobh smuaintean dìomhain na muinntir a tha 'saoilsinn gu 'm feum iad a thoirt am fagus le 'n urnuighean agus an deanadais chràbhach. Dh'fhoillsich e e féin duinn, chum gu 'n gabhamaid eòlas air, agus, ann an eòlas air, gu 'm faigheamaid beatha ar n-anama.

Aig cuid, a tha 'g ainmeachadh ainme Chriosd, tha diadhachd 'na ni ro *neo-chrìochnaichte.* Tha i 'na slaod throm, gun bhi taitneach aon chuid dhoibhsan a tha 'cur an gnìomh a dleasdanasan, no dhoibhsan a tha 'n an luchd-amhairc. Cha-n 'eil brìgh, agus cha-n 'eil comhfhurtachd innte. Tha dùrachd ann feudaidh e bhi; ach cha-n 'eil "sìth ri Dia;" agus mar sin cha-n 'eil eadhon freumh no stéidh an ni sin ris am bheil Dia ag ràdh "diadhachd." Tha i ri tòiseachadh oirre aig an toiseach a rithist.

Tha deadhghean ri Dia aig *stéidh* gach uile dhiadhachd; oir feumaidh *fear-aoraidh taitneach* a bhi ann, mu 'n urrainn *aoradh taitneach* a bhi ann. Tha diadhachd aig cuid a mhàin 'n a meadhon chum diomb Dhé a thionndadh air falbh, agus a dheadhghean a chosnadh. Tha i gu tric draghail, ach cha-n 'eil iad socrach ann a' bhi 'g a dearmad; agus tha iad 'an dòchas gu 'm feud iad maitheanas fhaotainn leatha mu 'm faigh iad bàs.

Ach tha so 'n a thur-atharrachadh air òrdugh Dhé, agus is e da rìreadh aoradh Dé *neo-aithnichte* a th' ann. Tha an diadhachd so *a' crìochnachadh* ann am maitheanas, am feadh a tha an diadhachd a tha o Dhia *a' tòiseachadh* leis. Tha na h-uile diadhachd *mheallta*, ciod air bith cho mòr 's a tha iad ag eadardhealachadh o'n leth muigh, air an deanamh suas de oidhirpean dùrachdach chum fàbhar Dhé fhaotainn a nis, agus beatha mhaireannach fadheòidh. Tha an aon diadhachd *fhìor* air a faicinn ann an caithe-beatha naomh na muinntir sin a tha, air dhoibh maitheanas agus deadhghean fhaighail dhoibh féin, ann an creidsinn an teisteis a thug Dia mu 'Mhac, a' gluasad maille ris o là gu là, ann an aithne shìothchail agus chinntich, air gu 'n do làn-ghabhadh riu, agus ag obair air a shon le dùrachd shona na muinntir aig am bheil an duais a' co-sheasamh ann an solus-gnùis' a ghràidh; muinntir d an do mhaitheadh mòran, agus a tha gràdhachadh gu mòr, agus a' foillseachadh a mach, le ìobradh agus seirbhis lathail, cia mòr a tha iad 'g am mothachadh féin fo fhiachaibh do Dhia a shaor iad, fo fhiachaibh d' a eaglais, agus fo fhiachaibh do'n t-saoghal anns am bheil iad beò (Rom. i. 14.)

Ach ma 's i so fìor dhiadhachd, cia mòr a th' ann do dhiadhachd mheallta?

Cha-n 'eil e maith gu 'm biodh daoine ré am beatha ag iarraidh Dhé agus gu bràth gun bhi 'g a fhaotainn; gu 'm biodh iad a' sìor-fhòghlum agus gun chomas doibh gu bràth teachd chum eòlais na fìrinn. Cha-n 'eil e maith a bhi 'n còmhnuidh fo theagamh; agus 'nuair a gheibhear coire dhoibh, a bhi deanamh an leithsgeil neo-fhìor, gur ann d' an *taobh féin* a mhàin a tha iad teagmhach, nach ann a *thaobh Dhé;* gur ann le 'n creidimh féin a mhàin a tha iad neo-thoilichte, cha-n ann le cuspair glòrmhor a' chreidimh. Cha-n 'eil e maith gu 'n creideamaid 'n ar creidimh féin, agus ni's lugha na sin 'n ar teagamhan féin, mar tha cuid mar gu 'm biodh iad a' deanamh a' chreidmhich a's fèarr do 'n fhear a's fèarr a chuireas an teagamh. Mar gu 'm b' e òr a' chopain, cha-n e an t-uisge a th' ann a bha gus an tart a chasg; agus mar gu 'm biodh e milaghail an t-uisge prìseil sin a ghabhail á soitheach bochd creadha, mar a tha an creidimh neo-iomlan againne an còmhnuidh! Ah, anns an ni chudthromach so, gu cinnteach 's ann ris an *uisge*, agus cha-n ann ris an t-soitheach a tha aig an anam thartmhor ri 'dheanamh. Ciod an umhail ged bhiodh an soitheach de chraicionn, no de chriadh,—seadh, ged nach biodh ann ach "*sgealb* a bheir uisge o 'n tobar" (Isa. xxx. 14). Cha-n ann air gnè an *t-soithich*, ach air gnè an *uisge*, a tha 'n t-anam tartmhor a' smuaineachadh; agus esan leis nach leag 'àrdan òl á soitheach salach no briste, is éigin gu 'm bàsaich e le tart. Mar sin esan a chuireas air falbh réite chinnteach a' chroinncheusaidh do bhrìgh neo-iomlanachd a chreidimh is

éigin gu 'm bàsaich e. An neach a tha 'g ràdh "Tha mi 'creidsinn an ni cheirt, ach cha-n 'eil mi 'g 'a chreidsinn air an dòigh cheart, agus uime sin cha-n urrainn sìth a bhi agam," is esan an duine aig am bheil 'ardan cho mòr a's gu 'bheil e suidhichte air nach caisg e a thart ach à copan òir.

Dh' fheuch cuid ri sèolaidhean a thoirt do pheacaich "mar a gheibheadh iad a bhi air an iompachadh," a' cur bhriathar 'an lìonmhorachd as eugmhais gliocais, a' treòrachadh a' pheacaich air falbh o'n chrann-cheusaidh, le bhi 'ga chur air *deanamh*, cha-n ann air *creidsinn*. Cha-n e ar gnothuch-ne seòlaidhean air bith de'n t-seòrsa a thoirt seachad, ach, mar a rinn na h-abstoil, Criosd air a cheusadh a shearmonachadh,—Slànuighear *a làthair* agus slainte *a làthair*. Is ann an sin a tha peacaich air an iompachadh, mar a thuirt an Tighearn e féin, "Mise, ma thogar suas o'n talamh mi, tàirngidh mi na h-uile dhaoine a m' ionnsuidh" (Eoin. xii. 32).

Anns na caibidealan a leanas tha cuid de nithean a dh' fheudas sealltuinn mar ath-aithris. Ach cha ghabhadh so seachnadh, a thaobh gu 'n robh fìrinnean àraidh cho maith ri mearachdan àraidh, a bha gu do-sheachnaidh a tighinn an àird ann an àitean eadar-dhealaichte, agus fo eadar-dhealachadh aogais. Cha ruig mi leas leithsgeul a ghabhail air an son so, a thaobh gu 'n robh iad, ann an tomhas mòr, do-sheachnaidh. Cha-n 'eil iad a' togail ach rùm beag, agus cha-n 'eil mi 'saoilsinn gu 'm measar iad an-iomadaidh le aon air bith a leughas air son buannachd agus cha-n ann air son breith a thoirt.

H. B.

Kelso, 1865.

RATHAD DHE GU SÌTH.

CAIBIDIL I.

TEISTEAS DHE MU'N DUINE.

Gen. vi. 5-12.	Ecsodus vii. 29.	Ròmh. iii. 9-19.
Iob xv. 14-16.	Isa. liii. 6.	Eph. ii. 1-3.
Salm xiv. 1-3.	Eoin xv. 18-24.	Titus iii. 3.
Salm li. 4-5.	Ròmh. i. 21-32.	1 Eoin v. 19.

Is aithne do Dhia sinn. Is aithne dha ciod a tha sinn; is aithne dha ciod a bha e 'ciallachadh sinn a bhi; agus air air an eadar-dhealachadh a tha eadar an dà staid so, tha e 'bonntachadh a theisteis m'ar timchioll.

Tha e tuilleadh a's caomh gu ni air bith a ràdh ni's gairge na tha aobhar air a shon; tuilleadh a's fior gu ni air bith a ràdh nach 'eil fior; ni mò is urrainn aobhar a bhi aige a' ghluaiseadh e gu mi-theist a' thoirt umainn; oir is toigh leis a bhi 'g innseadh mu'n mhaith, agus cha'n ann mu'n olc a dh'fheudas a bhi air fhaotainn ann an oibre a làmh. Chuir e' n céill gu'n robh iad "maith," "ro mhaith," an toiseach; agus mur 'eil e 'g ràdh an ni cheudna a nis cha'n ann do bhrìgh nach b' àill leis, ach do bhrìgh nach urrainn e; oir "thruaill gach uile fheòil a slighe air an talamh" (Gen. iv. 12).

'S e teisteas Dhé mu'n duine gu bheil e 'na *pheacach.* The e 'togail fianuis *'n a aghaidh*, cha'n ann *leis*, agus a' cur an céill nach 'eil ionracan ann nach 'eil fiù a h-aon; nach 'eil neach ann a tha 'deanamh maith, no neach a thuigeas, no neach a tha eadhon *ag iarraidh Dhé*, agus, tuilleadh fathast, nach 'eil neach ann a tha 'g a *ghràdhachadh.* (Ps. xiv. 1-3; Rom. iii. 10-12.) Tha Dia a' labhairt gu caoimhneil, gidheadh gu geur-cheart mu'n duine; mar neach aig am bheil a chridhe a' miannachadh an déigh leinibh caillte, gidheadh mar neach nach dean cumhachan air bith ris a' pheacadh, agus "nach saor air aon chor an ciontach." Tha e 'cur an céill gu bheil an duine 'n a chreutair *caillte*, 'n a chreutair *seachranach*, seadh 'n a *fhear-fuath air Dia*, (Ròmh. i. 30); cha'n e gu bheil e 'n a pheacach air uairibh, ach 'n a pheacach an còmhnuidh; cha'n e 'n a pheacach ann an cuid, le iomadh ni maith mu 'thimchioll; ach gu h-iomlan 'n a pheacach gun mhaith air bith gu co-dhìoladh a' dheanamh; olc ann an cridhe, cho maith 's ann an caithe-beatha, "marbh ann an euceartaibh, agus ann am peacaidhibh," 'n a fhear-deanamh uilc, agus uime sin fo dhìteadh; 'na nàmhaid do Dhia, agus uime sin, "fo fheirg;" 'n a fhear-brisidh air an lagh cheart, agus uime sin, fo "mhallachadh an lagha" (Gal. iii. 10).

Thuit an duine! Cha'n e am fear so, no am fear ud, ach an cinne-daonna gu léir. Ann an Adhamh pheacaich 'na h-uile; ann an Adhamh fhuair na h-uile bàs. Cha'n e gu bheil beagan dhuilleagan air seargadh, no air an crathadh sìos, ach gu bheil a' chraobh air fàs truaillidh, eadar bhun 'us

bhàrr. Tha "an fheoil," no "an seann duine,"—'s e sin, gach duine mar a tha e air a bhreith do'n t-saoghal, mac duine, mìr de'n daonnachd, a h-aon de na bheil a' deanamh suas cuirp Adhaimh a th' air tuiteam—"truaillidh." Cha'n e mhàin gu bheil am peacach a' toirt uaithe peacaidh, ach tha e 'g a ghiùlan mu'n cuairt leis mar earann dheth féin; seadh, tha e 'n a *chorp*, no 'n a mheall peacaidh (Rom. vi. 6), 'n a chorp bàis (Rom. vii. 24), ùmhal cha'n ann do lagh Dhé, ach do "lagh a' pheacaidh" (Rom. vii. 23). B'e an t Iudhach, air dha bhi air oideachadh fo na laghannaibh a b' iomlaine, agus anns na suidhichean a b' fhàbharraiche, an sampull a b'fhearr de nàdur na daonnachd,—daonnachd air a ciùineachadh, air a snaidheadh, agus air a h-oileanachadh; an eisimpleir a b'fhearr de chlann a cheud Adhaimh; gidheadh 's e teisteas Dhé uime, gu bheil e "fo pheacadh," gu'n deachaidh e air seacharan, agus gu'n d-thàinig e "gearr air glòir Dhé."

Cha'n e caithe-beatha duine o'n leth a mach an duine, dìreach mar nach e'n dath a th' air mìr fiodha am fiodh, agus mar nach e a' chòinneach uaine a th' air a' charraig chruaidh a' charraig fhéin. Cha'n e dealbh duine an duine; cha'n 'eil ann ach daithean air an cur gu h-innleachdach a tha 'sealltuinn cosmhuil ris an duine. Mar sin, is e suidheachadh an anama a thaobh Dhé a tha 'feuchainn fìor staid an duine. Tha an duine a tha 'gràdhachadh Dhé le uile chridhe ann an staid cheirt; tha an neach nach 'eil mar so 'g a ghràdhachadh ann an staid chlì. Is peacach e do bhrìgh nach 'eil a chridhe

ceart maille ri Dia. Feudaidh e féin agus muinntir eile a bhi 'saoilsiun gu bheil a chaithe-beatha maith; ach tha Dia 'g a mheas ciontach, toilltinneach air a' bhàs agus air ifrinn. Cha'n urrainn am maith a tha'air an taobh a muigh deanamh suas air son an uilc a tha 's an leth a steach. Cha ghabh a dheadh dheanadais d' a cho-chreutairean cothromachadh an aghaidh a dhroch smuaintean mu Dhia. Agus is éigin gu bheil e làn de na droch smuaintean so cho fada 's nach 'eil e le 'uile neart a' gràdhachadh an Ti so a tha neo-chrìochnach glòrmhor agus ion-ghràidh.

'S e teisteas Dhé mu'n duine, ma ta, nach 'eil e 'gràdhachadh Dhé le 'uile chridhe; seadh, nach 'eil e 'g a ghràdhachach idir. Tha e' n a pheacadh gun ar coimhearsnach a' ghràdhachadh; tha e'na pheacadh ni 's mò gun phàrant a' ghràdhachadh; ach is peacadh a's mò na sin gun ghràdh a' thoirt do Dhia, an t-Athair neamhaidh.

Cha ruig an duine leas feuchainn ri focal maith a radh air a shon féin, no ri dol as àicheadh a chionta, mur arrainn e fheuchainn gu bheil e 'nis, agus gu'n robh e'n còmhnuidh, a' gràdhachadh Dhé le 'uile chridhe agus anam. Ma's urrainn e so a ràdh le fìrinn, tha e uile ceart, agus cha'n 'eil feum aige air maitheanas. Gheibh e a rathad a dh'ionnsuidh na rìoghachd as eugmhais a' chroinn-cheusaidh, agus as eugmhais Slànuighir. Ach mur urrainn e so a ràdh, tha a bheul air a dhruideadh, agus tha e ciontach am fianuis Dhé. Ciod air bith cho fàbharach 's a dh'fheudas a' bhreith féin, no breith muinntir eile air a chor a bhi, air son a dheadh chaithe-

beatha o'n leth muigh, theid a' bhreith 'n a aghaidh an déigh so. 'S e so latha 'n duine, anns am bheil breitheanais duine a' buadhachadh; ach tha latha Dhé a' teachd, anns am bi a' chùis air a feuchainn a réir ceartais neo-mhearachdaich. An sin ni Breitheamh na talmhainn uile ceartas, agus cuirear am peacach gu nàire.

Tha ni's miosa fathast r'a chur as a leth. Cha'n 'eil e 'creidsinn ann an ainm Mhic Dhé,—cha'n 'eil e 'gràdhachadh Chriosd Dhé. De 'pheacaidhean uile 's e so am peacadh a's mò. 'S i 'cheud chùis-dhìtidh a tha 'n a aghaidh nach 'eil a chridhe ceart maille ri Dia. 'S i 'n dara h-aon nach 'eil a chridhe ceart maille ri Mac Dhé. Agus tha 'n dara h-aon so a' cur na cloiche-mullaich air peacaidhean eile agus a' giùlan damnaidh ni's uamhasaiche na iad uile còlath. "An ti nach 'eil a' creidsinn tha e air a dhìteadh cheana, *a chionn nach do chreid e ann an ainm Aoin-ghin Mhic Dhé*" (Eoin iii. 18). "An tì nach creid Dia rinn e breugaire dheth, do bhrìgh nach do creid e an fhianuis a rinn Dia mu thimchioll a Mhic" (1 Eoin v. 10). "Ge b'e nach creid dìtear e" (Marc xvi. 16). Agus uime sin 's e mi-chreidimh an ceud pheacadh a tha an Spiorad Naomh a' toirt dhachaidh air duine. "'Nuair a thig esan bheir e dearbh-shoilleireachd do'n t-saoghal mu pheacadh, do bhrìgh nach 'eil iad a' creidsinm annamsa (Eoin xvi. 8-9).

Is ann mar so a tha Dia a'dìteadh an duine. De so tha am Bìobull làn. Tha mòr-ghràdh sin Dhé a tha 'fhocal a' foillseachadh air a stéidheachadh air an dìteadh so. Is e gràdh a th'ann dhoibhsan a

tha air an dìteadh. Cha'n 'eil seadh ann an teisteas Dhé mu a ghràs fhéin, ach mar a tha e air a shuidheachadh air, no a' filleadh a steach ann fìrinn a theisteis mu chionta agus sgrios an duine. Agus cha'n ann mar chreutair a tha fuidh eucail spioradail, no air an d'thàinig mi-shealbh thruagh, a tha e 'deanamh fianuis an aghaidh an duine, ach mar chreutair a tha toilltinneach air bàs, air a dhìteadh gu mallachadh sìorruidh, air son na coire mhòir sin —cridhe gun bhi ceart maille ri Dia, agus gun a bhi fìrinneach d'a Mhac.

Is e Dia a tha 'toirt na breithe so, cha'n e duine. Is e Dia, agus cha duine a tha a' dìteadh, agus cha duine Dia gu'n deanadh e breug. Is e so teisteas Dhé mu'n duine, agus tha fios againn gu bheil an fhianuis so fìor. Is e ar gnothuch gabhail ris mar sin, agus cleachdadh da réir.

CAIB. II.

CHA'N 'EIL CLIU DUINE FEIN 'N A BHONN SITHE.

Gnàth xxviii. 26.	Ier. xvii. 5.	1 Cor. i. 26.
Ier. ii. 35-37.	Hosea x 13.	Gal. ii. 16.
— vii. 4.	Lucas xviii. 9.	— iii. 10.
— ix. 25.	Ròmh. iii. 9-20.	Phil. iii. 3-4.
— xiii. 25.	— x. 3.	1 Eoin i. 8-10.

MA tha Dia a' togail fianuis 'n ar n-aghaidh, cò a's urrainn fianuis a' thogail air ar taobh? Ma tha barail Dhé mu thruaillidheachd an duine, a bhreith mu chionta an duine, agus 'innseadh air olc a' pheacaidh cho daingean, neo-theagmhach, cha'n urrainn dòchas a bhi air ar son gu'n cuirear saor sinn air bonn maitheis ar cridhe, no ar caithe-beatha féin. Tha an ni sin a tha Dia a' faicinn annainn a' toirt aobhair air son dìtidh a mhàin, agus ni h-ann air son maitheanais.

Tha e dìomhain strì no gearan a dheanamh an aghaidh breith Dhé. Is esan Breitheamh na talmhainn uile; agus tha e ceart, cho maith ri bhi àrduachdranail 'na bhreith. Feumar ùmhlachd a thoirt dhà; tha a lagh do-lùbaidh; cha chomasach e 'bhi air a bhriseadh, gun an neach a tha 'g a bhriseadh (eadhon ann an aon phonc no lide) a dheanamh toilltinneach air bàs.

'N uair a tha 'n Spiorad Naomh a' fosgladh sùilean an anama, tha e 'faicinn so. Is e dearbhadh

peacaidh, dìreach am peacach a bhi 'g a fhaicinn fhéin mar a tha e, agus mar a bha Dia an còmhnuidh 'g a fhaicinn. Tha an sin na h-uile smuain fhaoin mu fhéin-mhaitheas, ann an tomhas mòr no beag, a' dol as an t-sealladh. Tha na nithean sin ann a shaoil e aon uair a bhi cho maith, a' sealltuinn cho olc, agus na droch nithean cho ro olc, a's gu'm bheil na h-uile féin-thaic a' tuiteam uaithe, agus na h-uile dòchas gu'n saorar e air sgàth ni-éigin maith ann féin, air a thoirt air falbh. Tha e 'faicinn nach urrainn se e féin a shaoradh, no Dia a chuideachadh gu a shaoradh. Tha e *caillte*, agus tha e *gun chuideachadh*. Tha e 'faotainn a mach nach dean deanadais, faireachdainnean, spàirnean, urnuighean, tabhartasan, seachnadh air nithean, agus an leithidean sin, fuasgladh a thoirt o mhothachadh air cionta, agus uime sin, nach aite-fois iad do'n chridhe 'tha fo thrioblaid. Mur biodh anns a' pheacadh ach eucail, no mi-shealbh, dh'fheudadh na nithe so air am bheil coslas maith, furtachd a thoirt dha, mar chomharan air slàinte 'bhi 'pilleadh; ach 'nuair a tha am peacadh 'na chionta eadhon ni's mò na tha e 'na ghalar; agus 'n uair a tha am peacach cha'n e mhàin tinn, ach air a dhìteadh leis a bhreitheamh chothromach, uime sin cha'n urrainn aon de na maitheasan so, co dhiùbh 's ann o'n leth a stigh, no o'n leth a mach, ruigheachd air a chor, oir cha'n urrainn iad cinnteachd a thoirt dha air maitheanas iomlan agus a réir ceartais, agus uime sin cha'n urrainn iad sìth a thoirt d' a choguis a th'air a dùsgadh, agus air a leòn.

Tha e 'faicinn fuatha neo-chaochlaidheach Dhé

do'n pheacadh, agus an fhoillseachaid a tha ri teachd air 'fheirg an aghaidh a' pheacaich; agus cha'n urrainn e gun chriothnachadh. Tha seann ùghdar a' cur an céill a chor féin anns na briathraibh so:—Bha mothachadh domhain agam air nithibh Dhé; bha staid nàduir agus am peacadh, air leam, ni bu mhiosa na ifrinn féin; an saoghal agus a dhìomhanasan eagallach, agus an abarrach cunnartach; b'eagallach gnothuch a bhi ris, no fàs saoibhir Chunnaic mi a latha 'tighinn; bha focail de'n sgriobtur cudthromach; bha Slanuighear 'na ni mòr 'n am shùilibh; bha cruaidh-ghleachd anama Chriosd 'n a fhìrinn domh; mheas mi nach robh mi ach a' bruadar ré mo làithean uile gus a nis, no ri fealadhà cosmhuil ri leanabh; agus bha an saoghal ann am bheachd 'n a chodal.

Cha cheist "Ciod leis an tig mi am fianuis an Tighearna?" a ghabhas socrachadh le bhi 'tagradh ar cliù féin, no maitheas ar caithe-beatha, no urnuighean, no dleasdanasan cràbhach. Cha bhuin e dhuinne an t-slighe gu tighinn am fagus a shocrachadh. Shocraich Dia i: buinidh dhuinne feum a' dheanamh dhith. Shuidhich e i air stéidh a tha gu tur an taobh a mach d'ar cliù; ach an àite sin, a tha 'filleadh a stigh dìreach gu bheil sinn 'n ar peacaich, agus uime sin a' druideadh a mach gach uile mhaitheas annainne mar chòir, no mar bharandas, no mar mholadh oirnn, aon chuid gu h-iomlan no ann an cuid.

Tha an duine briste; tur briste; tha a chreideas anns a' mhargadh air falbh. Ma tha e, ma seadh, gus a cheannachd a' ghiùlan air aghaidh, cha'n urrainn

e sin a dheanamh 'n a ainm féin. Feumaidh e ainm a's fearr na sin; feumaidh e ainm aig am bi cliù agus cudthrom mar urras air a shon. Air son gnothuichean a' mhargaidh nèamhaidh, cha'n 'eil ach aon ainm air a' thoirt fo nearnh,—an t-Ainm thar gach ainme.

Is e a bhi 'g ràdh, mar a bhios cuid fo chùram ag ràdh aig toiseach an iomaguin, Bheir mi mi féin do dh'ùrnuigh, agus an deigh dhomh a bhi 'g urnuigh fada gu leòir, agus le meud-éigin do dhùrachd, feudaidh mi'n sin teachd am fagus, agus cunntadh air gu'n gabhar rium,—'s e so a bhi, cha'n e mhàin a' togail air gnè agus àireamh ar n' urnuighean, ach a bhi 'call seallaidh air an fhìor cheisd a tha ri aghaidh a' pheacaich, eadhon so, "Cionnus a tha mi gu tighinn am fagus do Dhia *chum gu'n dean mi ùrnuigh* ris?" 'S e tighinn am fagus a th' anns gach uile urnuigh agus is e ceisd a' pheacaich a tha fuidh iomagain, "Cionnus a thig mi am fagus?" Is e teisteas soilleir Dhé do'n duine, "Tha thu neo-iomchuidh air teachd am fagus dòmh-sa;" agus is e àicheadh air an teisteas a th' ann a bhi ag ràdh, "Oibrichidh mi mi fèin le ùrnuighean a mach as an neo-iomchuidheachd so a dh'ionnsuidh iomchuidheachd; oibrichidh mi mi féin a dh'ionnsuidh suidheachadh inntinn agus cliù freagarrach gu tarruing dlùth do Dhia! Anam iomagainich! Ged a sguireadh tu o so a mach do pheacadh, agus gun ni a dheanamh ach maith re na cuid eile de d' bheatha, cha bhiodh éifeachd air bith ann. Ged thòisicheadh tu nis air ùrnuigh, agus gun ni eile dheanamh ré d'uile làithean, cha deanadh e'n gnothuch. Cha'n 'eil e comasach gu'n dean do chliù

slighe dhuit gu tarruing am fagus, no bonn muinghinn a thaobh Dhé. Cha'n urrainn tomhas air bith de dh' urnuighean, no de dh'obair, no de dh'fhaireachadh riarachadh a thoirt do'n lagh naomh, no sìth a thoirt do choguis chiontaich, no an claidheamh lasarach a' mhùchadh a tha 'gleidheadh na slighe dh'ionnsuidh làthaireachd an Ti a tha neo-chrìochnach naomh.

An ni a ni tearuinte dhuit-se teachd am fagus do Dhia, agus ceart do Dhia gabhail riut, feumaidh gur ni-éigin e a tha gu h-iomlan an taobh a mach dhìot féin, agus nach 'eil an crochadh riut féin: oir dhìt Dia cheana thu féin agus na h-uile ni 'bhuineas duit; agus cha'n urrainn ni a tha air a dhìteadh barandas a' thoirt duit air dol d'a ionnsuidh-san, no air dùil a a bhi agad gu'n gabh e riut. Feumaidh do shaorsa gu dol a steach tighinn o ni-éigin ris an do ghabh esan; agus cha'n ann o ni a dhìt e.

B' aithne dhomh anam air a dhùsgadh a thug e féin mar so, ann an searbhas 'anama, do dh'ùrnuigh agus do dh'obair, a chum sìth fhaotainn. Dhùblaich e tomhas a dhleasdanasan diadhaidh, ag ràdh, Cha'n fheud e bhi nach toir Dia sìth dhomh. Ach cha d'thàinig an t-sìth. Chuir e air chois aoradh teaghlaich, ag ràdh, Cha'n fheud e bhi nach toir Dia sìth dhomh. Ach cha d'thàinig an t-sìth. Mu dheireadh smuainich e air coinneamh-ùrnuigh 'bhi aige 'n a thigh, mar ìoc-shlaint chinntich: shuidhich e an oidhche, ghairm e a choimhearsnaich, agus dh'uidhimich se e féin gu dol air ceann na coinneimh, le ùrnuigh a sgriobhadh agus ionnsachadh air a theangaidh. Air dha crìoch a chur air a h-ionnsachadh, roimh 'n choinneimh, thilg e sios i air a'

bhòrd, ag ràdh, "Cha'n fheud e bhi nach dean *sin* an gnothuch: bheir Dia dhomh sith a nis." Anns a' mhionaid sin air leis gu'n d'thuirt guth ciùin, caol 'n a chluais, "Ni h-eadh; cha *dean* sin an gnothuch; ach ni Criosd an gnothuch." Air ball thuit na lannan o 'shùilean, agus an eallach o 'ghuaillean. Shruth sìth a steach mar amhainn. B'e "Ni Criosd an gnothuch" a b'fhocal-suaicheantais da.

Ro shoilleir tha teisteas Dhé an aghaidh an duine agus a dheanadais, a thaobh a ghnothuich mhòir so, —teachd am fagus do Dhia, agus a dheadhghean fhaotainn. "Cha'n ann le oibribh fìreantachd a rinn sinne," deir Pòl ann an aon àite (Titus iii. 5); agus, "do'n ti nach dean obair," tha e'g ràdh ann an àit' eile (Ròmh. iv. 4); "fios a bhi againn nach 'eil duine air fhìreanachadh o oibribh an lagha" tha e'g ràdh ann an àit' eile (Gal. ii. 16.)

Cha'n 'eil sìth a' pheacaich ri Dia ri tighinn o 'chliù féin. Cha'n urrainn bonn sìthe, no aobharan réite 'bhi air an tarruing a mach as féin, air aon dòigh no dòigh eile. 'S e an t-aon fhreagarrachd a tha aige, air son sìthe gu bheil feum aig' oirre. Cha'n e an ni a th' aige, ach an ni a tha dh'uireasbhuidh air a thàirngeas e gu Dia; agus is e mothachadh air an easbhuidh so a tha 'g a chur gu sealltuinn rathad eile air son ni-éigin a bheireadh dha araon cuireadh agus misneach gu teachd am fagus. Is e ar tinneas, cha-n e ar slàinte a tha 'g ar deanamh iomchuidh air son an lighiche, agus a tha 'g ar tilgeadh air a theòmachd.

Cha'n urrainn coguis chiontach sìth fhaghail o ni air bith goirid air sin a ni maitheanas 'n a ni

cinnteach, *cothromach*, agus *aig làimh*. An urrainn ar deanadais a's fèarr ar n-urnuighean a's fèarr, ar n-ìobairtean a's fèarr so a thoirt mu'n cuairt? Nì h-eadh; an déigh do'n pheacach na nithe so a chur r'a chéile cho fad's a tha na chomas, nach 'eil e 'mothachadh gu bheil maitheanas cho fad uaithe, agus cho neo-chinnteach 's a bha e roimhe; agus nach 'eil e 'n comas da 'uile dhùrachd impidh a' chur air Dia gu gabhail ris, no a choguis a chlaondh le duais gu bhi ann am fior shuaimhneas eadhon car uaire?

Anns na h-uile aidmheil bhréige, tha am fear-aoraidh a' socrachadh a dhùil ri deadhghean Dhé air a chliù, no air a chaithe-beatha, no air a dhleasdanasan cràbhach féin. 'S ann mar so a rinn am Phàirseasach 'n uair a thainig e do'n teampull, a' toirt buidheachais do Dhia nach robh e mar dhaoinibh eile (Lucas xviii. 11). Is amhuil a tha iadsan a' deanamh 'n ar latha féin, a tha 'smuaineachadh, gu 'm faigh iad sìth le bhi 'deanamh, a' faireachadh, agus ag urnuigh tuilleadh na muinntir eile, no na bha iad féin a deanamh anns an àm a chaidh seachad; agus a tha a' diùltadh sìth a ghabhail o'n t-soisgeul shaor, gus an cuir iad cruinn uiread de dheanadas agus de mhothaichean 's a bheir socair d'an coguisean, agus a bheir orra 'cho-dhùnadh nach biodh e cothromach ann an Dia cùl a chur ri aslachadh muinntir cho dùrachdach agus cho diadhaidh riuthasan. Mar so mar an ceudna rinn na Galatianaich, 'nuair a bha iad cho dian ann a' bhi 'cur lagha Mhaois ri soisgeul Chriosd mar bhonn muinghin a thaobh Dhé. Mor so tha mòran 'n ar measg féin a' deanamh.

Cha-n àill leo muinghin a ghabhail o chliù Dhè, no o obair Chriosd, ach o'n cliù 's o'n obair féin ; ged tha e sgrìobhta thaobh so uile "Dhiùlt an Tighearna cuspairean do dhòchais, agus leo cha soirbhich thu" (Ier. ii 37). Tha iad a' cur an aghaidh muinghin *aig an àm a tha làthair*, oir tha sin a' filleadh ann gu bheil aite fois a pheacaich *guh-iomlan* a mach as féin,—ullamh, deanta, mar gu'm b'ann, le Dia. 'Se 's áill leo smuaineachadh gur ni mhuinghin so a tha a' tighinn uidh air n-uidh, chum a's mar sin gu 'm faigh iad ùine, agus le beagan dìchill ann an cleachdannaibh cràbhach, gu'n cuir iad ri'n stoc dhleasdanasan, urnuighean, fhaireachdainnean agus chràbhaidhean, ionnus gu'm feud iad deadhghean Dhé agradh le ni-éigin de "dhòchas iriosal," mar a their iad. Leis a' chùrsa caithe-beatha cràbhach so, tha iad a' saoilsinn gu'n d' rinn iad iad féin ni's taitniche do Dhia na bha iad 'n uair a thòisich iad air, agus gu bheil mòran tuilleadh còir aca air sùil a bhi aca ri fàbhar Dhé na bha aca mu'n do dheasaich iad mar so iad féin. Ann an so uile tha iad ag oidhirpeachadh àite-fois fhaghail ann am féin, an ni a dhìt Dia. Cha bu mhaith leo fois a ghabhail ann am féin gun urnuigh, no fèin gun obair, no féin gun chràbhadh ; ach tha iad 'g a shaoilsinn ceart agus tèaruinte fois a ghabhail ann am féin a tha ri urnuigh, agus ri obair, agus a tha cràbhach ; agus 's e so ris am bheil iad ag ràdh *irisleachd !* Ri muinghin shona a chreidmhich aon-fhillte, a tha 'gabhail focail Dhé air ball, agus a' socrachadh air, tha iad ag ràdh andànadas, no teas eanachainn ; air an neo chinnteachd thruagh féin, a th'air a' tarraing o fhéin-dheanadais, labhraidh iad mar *dhòchas iriosal.*

Cha'n urrainn cliù a' pheacaich e féin, ann an dreach air bith, no fo rian ath-leasachaidh air bith, aobharan a thoirt uaithe air son earbsadh a Dia. Ciod air bith mar a dh'ath-leasaichear e, cha'n urrainn e sìth a labhairt r' a choguis no barandas a thoirt da air son cunntadh air deadhghean Dhé; ni mò a's urrainn e còmhnadh a dheanamh gus a' bhearn a tha eadar e féin agus Dia a chàradh. Oir cha'n urrainn Dia gabhail ri ni goirid air iomlanachd 'n a leithid so a chùis, agus aig a' pheacach cha-n 'eil ni ach neo-iomlanachd r'a thairgseadh. Cha'n urrainn dleasdanasan agus cràbhaidhean neo-iomlan impidh a chur air Dia gu maitheanas a thabhairt. A bhàrr air so, tha e r'a chuimhneachadh gu'm feum *pearsa* àn fhir-aoraidh a bhi taitneach mu'n urrainn a *sheirbhis* a bhi taitneach; air chor a's nach urrainn ni a bhi chum feum do'n pheacach, ach sin a tha 'solar air son làn-dheadhghean d'a phearsa anns a' cheud dhol-sìos. Feumaidh am peacach dol gu Dia mar a tha e, air neo gun dol ann idir. Is e bhi feuchainn ri e féin oibreachadh le urnuigh a dh'ionnsuidh ni-éigin a's fearr na peacach air a dhìteadh, a bhi 'deanamh urnuigh 'na h-inneal féin-fhìreantachd; air chor a's, an àite 'bhi 'n a gnìomh duine ris an do ghabh Dia, gu bheil i air a tairgseadh mar luach a dheadhghean an t-airgiod a tha sinn a' pàigheadh dha air son gabhail ruinn, agus an duais leis am bheil sinn a' cur impidh air a' choguis sgur de bhi 'cur dragha òirnn le a h-uamhasan. Cha'n urrainn eòlas air bith air neach e féin, no mothachadh air féin-leasachadh eagalan coguis air a dùsgadh a chiùineachadh, no a bhi 'na bhonn dùil ri càirdeas Dhé. 'S e th'ann a

bhi 'gabhail comhfhurtachd o ar deadh dheanadais, no ar faireachdainnean maithe, no ar rùintean maithe, no ar n-urnuighean maithe, a bhi 'g ar mealladh féin, agus ag ràdh sìth 'n uair nach 'eil sìth ann. Cha'n urrainn neach a thart a chasg' le gainmheich, no le uisge as a Mhuir mhairbh; mar sin cha'n urrainn neach air bith fois fhaghail o 'chliù féin, ciod air bith co maith; no o 'ghnìomharaibh féin, ciod air bith cho cràbhach. Eadhon ged robh e iomlan, ciod an toil-inntinn a b'urrainn e 'mhealtainn ann a' bhi 'smuaineachadh air 'iomlanachd féin? Ciod an tairbhe, ma ta, no ciod an t-sìth a's urrainn a bhi ann a' bhi 'smuaineachadh air a neo-iomlanachd?

Eadhon ged robh iomadh ni maith mu 'thimchioll, cha b'urrainn iad sìth a labhairt; oir cha b'urrainn na nithe maithe a dh'fheudadh sìth a labhairt, deanamh suas air son nan droch nithibh a tha labhairt buaireis; agus nach bu bhochd an t-sìth fhéin-dheanta a bhiodh innte sin a dh'éirich o neach a bhi 'smuaineachadh uiread de mhaith, agus cho beag de dh'olc uime féin a's a b'urrainn e! Agus a bhàrr air so, nach mòr am buaireadh a bhiodh ann an so gu bhi 'deanamh an uilc a tha mu 'r timchioll beag, agus a mhaith mòr,—ann an cainnt eile, gu bhi, 'mealladh ar cridheachan féin. Is éigin gu'm bheil féin-mhealladh an còmhnuidh, ag éiridh, ann an tomhas mòr no beag, o'n dòigh cothromachaidh so oirnn féin. Fosgailte mar tha sinn do gach gnè buaidh-dhallaidh, tha e eu-comasach gur urrainn duinn a bhi'n ar breitheamhna neo-chlaon, no 'bhi "gun cheilg 'n ar spiorad" (Salm xxxii. 2), mar iadsan a tha 'faghail maitheanais gu saor, agus aig aon-àm.

Dh'fheudadh aon neach a ràdh, Cha-n 'eil mo pheacaidhean-sa ro mhòr, no ro lìonmhor; air chinnte feudaidh mi sìth a ghabhail. Dh'fheudadh aon eile a ràdh, Rinn mise suas air son mo pheacaidhean le mo ghniòmharaibh maithe,—feudaidh sìth a bhi agam. Dh'fheudadh aon eile a ràdh, Ghabh mise aithreachas de m'pheacadh,—feudaidh sìth a bhi agam. Dh'fheudadh aon eile a ràdh, Tha mi ri mòran urnuigh, mòran obair, tha mòran gràidh agam, tha mi 'toirt seachad mòrain,—feudaidh sìth a bhi agam. Cia mòr am buaireadh ann an so uile gu bhi 'gabhail a' bheachd a's fàbharraiche air féin, agus féin-dheanadais! Ach, an déigh so uile, bhiodh e dìomhain. Cha b'urrainn fìor shìth a bhi ann; oir cha bhiodh anns an stéidh ach gaineamh, 's cha'n e carraig. Tha an t-sìth agus a' mhuinighinn a tha 'tighinn o bhi 'cur r'a chéile puincean maithe ar cliù, no a' smuaineachadh mu ar deadh fhaireachdainnean, agus ar deadh dheanadais, no a' cur luach àraidh mu choinneamh ar creidimh, ar gràidh, agus ar naithreachais, ag éiridh o uabhar. 'S e is bonn doibh féin-fhìreantachd, no, air a' chuid a's lugha, féin-thaitneas.

Cha leasachadh air bith air a' chùis a bhi 'g ràdh gu bheil sinn a' sealltainn air na faireachdainnean maithe so annainn, mar obair an Spioraid, agus cha'n e ar cuid féin. Ann an aon seadh tha so a' toirt air falbh uaill, ach ann an seadh eile, cha-n 'eil. Tha e 'toirt air ar sìth tionndadh air an ni a th'annainn féin, agus cha'n ann air an ni a th' ann an Dia. Seadh, 's e th'ann a bhi deanamh feum de'n Spiorad air son crìochan féin-fhìreantachd. 'S e th' ann a bhi 'g ràdh gu bheil an Spiorad ag oibreachadh an

atharrachaidh annainn, a chum, le sin, gu'n toir e dhuinn bonn sìthe an taobh a stigh dhinn féin.

Gun teagamh tha sìth 'an co-chuideachd oibre an Spioraid annainn; ach cha'n ann do bhrìgh gu'n d'thug e dhuinn ni-éigin annainn féin o'n tarruing sinn sìth. Is e so a' ghnè sìthe sin a tha 'g éiridh o shlàinte spioradail bhi air a h-aiseag do'n anam, ach cha'n e sin ris am bheil an sgriobtur ag ràdh "sìth ri Dia." Cha-n 'eil i 'g éiridh o bhi *smuaineachadh mu'n* atharrachadh a tha air oibreachadh annainn, ach o'n atharrachadh féin, mar gu'm b'ann a dh'easbhuidh ar mothachaidh, no ar toile féin. Ma tha ball d'en chorp a chaidh a bhriseadh air a leigheas tha sinn air ball a' faghail furtachd; cha'n ann le bhi 'smuaineachadh mu'n bhall a leighiseadh, ach dìreach anns an t-socair agus a'chomhfhurtachd a tha 'n leigheas air toirt d' ar corp. Amhuil so, tha sìth ag éiridh o'n atharrachadh nàduir agus cliù a th' air oibreachadh leis an Spiorad; ach cha'n e so réite ri Dia. Cha'n e so an t-sìth a tha aithne air maitheanas a' toirt leis. Tha i 'dol 'na cuideachd, agus a sruthadh uaipe, ach tha 'n dà shìth tur eadar-dhealaichte o 'chéile. Agus ni mò cha-n 'eil an t-sìth a th' ann an co-lorg slàinte spioradail a bhi air a h-aiseag a' tighinn o bhi 'smuaineachadh mu'n atharrachadh a rinneadh oirnn, ach dìreach o'n atharrachadh féin.

Tha e 'fantuinn fior, ma ta, annainn féin nach 'eil againn àite-fois. Is e gnè na h-oibre *a' muigh*, cha'n e gnè na h-oibre a stigh a bheir riarachadh dhuinn. Is e "gun bhi' cur muinghin 's an fheoil" a dh'fheumas a bhi 'na fhocal-suaicheantais duinn, mar is e stéidh soisgeil Dé.

CAIB. III.

CLIU DHE AR N-AITE-FOIS.

Deut. xxxiii. 26, 27.	Ier. xvii. 13.	Eoin iii. 16.
Iob xxii. 21.	Nah. i. 3, 7.	Eoin xvii. 3.
Salm ix. 10.	Micah vii. 18.	Romh. ii. 4.
Salm xxxiv. 8.	Hab. iii. 17, 18.	Seumas i. 17.
Ierem. ix. 24.	Lucas ii. 14.	1 Eoin iv. 9, 10.

CHUNNAIC sinn nach urrainn sìth a' pheacaich teachd uaithe féin, no o eolas air féin, no o bhi 'smuaineachadh mu'ghnìomharan agus 'fhaireachduinnean féin, no o bhi 'creidsinn 'na chreidimh féin, no o fhéinmhothachadh air ath-leasachadh a rinneadh air a sheann nàdur féin.

Cia as, ma seadh, a tha i gu teachd? *Cionnus* a tha e 'g a faghail?

Is ann o Dhia a mhàin a's urrainn i teachd: agus is ann ann an gabhail eòlais air Dia a tha e 'g a faghail. Sgrìobh Dia leabhar chum e féin a dheanamh aithnichte; agus is ann 's an fhoillseachadh so air a chliù a tha am peacach gus an fhois sin fhaghail a tha e 'g iarraidh. Is e Dia féin àrd-thobar ar sìthe: is e 'fhìrinn fhoillsichte an cladhan troimh am bheil an t-sìth so a faghail slighe a steach thugainn; agus is e a Spiorad Naomh fear-mìneachaidh mòr na firinn sin duinn. "Gabh-sa nis eòlas air-san, agus bi 'an sìth" (Iob xxii. 21). Seadh; is e eòlas air Dia sìth.

Nan d' thuirt Dia ruinn nach *'eil* e gràsmhor, nach 'eil suim aige d'ar sonas, agus nach 'eil rùn air bith aige maitheanas a' thoirt duinn, cha b'urrainn sìth no dòchas a bhi againn. Nam b'ann mar so a bhitheadh, cha deanadh eòlas air Dia ach ar fàgail truagh. Bhiodh ar cor cosmhuil ri cor nan deamhan, a tha "a 'creidsinn, agus a' criothnachadh" (Seum. ii. 19). Agus mar bu mhò a bhiodh againn de dh'eòlas air a leithid so de Dhia is ann a's mò a chriothnaicheadh sinn. Oir cia eagalach an ni gu'm biodh an Dia mòr a rinn sinn, Athair mòr nan spiorad, 'n ar *n-aghaidh* agus cha-n ann *leinn!*

Iongantach e r'a ràdh, is e so an dearbh staid mi-shuaimhneis anns am faigh sinn mòran a tha, gidheadh, ag aideachadh a bhi 'creidsinn ann an Dia a tha "iochdmhor agus gràsmhor!" Leis a' Bhiobull 'n an làmhan, agus an crann-ceusaidh fa chomhair an sùl, tha iad a' siubhal gu seachranach ann an staid dorchadais agus eagail, dìreach ionann 's mar a bhitheadh nan d'fhoillsich Dia e féin ann am fuath agus ni h-ann 'an gràdh. Tha iad mar gu 'm biodh iad a' creidsinn an ni a tha calg-dhìreach an aghaidh an ni a tha 'm Bìobull a' teagasg dhuinn mu thimchioll Dhé, agus mar gu'm biodh iad a' toirt ciall as a' chrann-cheusaidh tur an aghaidh sin a tha an soisgeul a'cur an céill a tha e 'ciallachadh. Nan robh Dia uile 'n a ghruaim, agus am Biobull uile 'n a uamhasan, agus Criosd uile 'n a chruadhas neo-chaoin, cha b' urrainn iad so a bhi ann an suidheachadh ni's an-shocraiche agus ni's neo-chinntiche na tha iad.

Cionnus a tha so mar so? Nach do mhì-thuig

iad am Biobull? Nach do thog iad beachd mearachdach mu chliù Dhé, 'g a mheas mar gu'm bu "duine geur-theann" agus "maighstir cruaidh" e? Nach 'eil iad a' saoithreachadh chum gràs Dhé a leasachadh le ni-éigin air an taobh féin, mar gu'm biodh iad a' creidsinn nach bu leòr an gràs so gu coinneachadh ri 'n cor gus an tàlaidheadh iad d' an ionnsuidh féin e le deanadais dhùrachdach, no faireachduinnean dorcha, no dearbhaidhean eagalach, no cleachdanna spioradail uatha féin?

Chuir Dia an céill gu bheil e féin gràsmhor. "Is gràdh Dia." Làn-thaisbein e an gràs so ann am pearsa agus 'an obair a Mhic ghràdhaich. Tha e 'g innseadh gu bheil an gràs so air son nan daoine neodhiadhaidh, air son muinntir mi-naomha, air son muinntir neo-iomchuidh, air son luchd a' chridhe rag, air an son-san a tha marbh ann am peacadh. Mar is mò, uime sin, a's aithne dhuinn de'n Dia so agus de 'ghràs, is ann a's mò a lìonas a shìth sinn. Agus cha toir meud ar peacaidh, no cruas ar cridhe, no caochlaidheachd as faireachduinnean mi-mhisneach no mi-shuaimhneas duinn, ciod air bith mar a dh'fheudas iad ar *n-irioslachadh*, agus ar deanamh mi-thoilichte leinn féin.

Beachdaicheamaid air cliù Dhé:—naomh, gidheadh gràdhach; gun an gràdh a bhi 'beantuinn ris an naomhachd, no an naomhachd ris a' ghràdh; gu tur àrd-uachdranail, gidheadh neo-chrìochnach gràsmhor; gun an ard-uachdranachd a bhi a' cumhannachadh a' ghràis, no an gràs a' lasachadh na h-ard-uachdranachd; a' tarruing muinntir a tha neothoileach, gidheadh gun bhi a' bacadh an dream a

tha toileach, ma tha an leithide sin ann; a' beothachadh an dream a's àill leis, gidheadh gun tlachd aige ann am bàs an aingidh; a' co-éigneachadh *cuid* gu teachd a steach, gidheadh gu saor a' cuireadh *nan uile.* Amhairceamaid air ann an gnùis Iosa Criosd; oir is Esan dearbh ìomhaigh a phearsa, agus an neach a chunnaic Esan chunnaic e an t-Athair. Is e eòlas air a' chliù ghràsmhor sin, mar a tha e air a mhìneachadh leis a' chrann-cheusaidh, an t-sàr-leigheas air ar mi-shuaimhneas. Tha easbhuidh eòlais air Dia aig freumh ar n-eagalan agus ar cianalais. Tha fios agam nach urrainn feòil agus fuil Dia fhoillseachadh dhuit, agus gur e an Spiorad Naomh a mhàin a's urrainn do dheanamh comasach air eòlas a ghabhail aon chuid air an Athair no air a' Mhac. Ach cha bu mhaith leam gu'n smuainicheadh tu, car aon tiota, gu'm bheil an Spiorad so aindeonach air 'obair a dheanamh annad; ni mò bu mhaith leam do mhisneachadh anns an smuain uamhasaich, gu bheil *thusa* toileach am feadh a tha *esan* neo-thoileach; no gu bheil ard-uachdranachd Dhé 'na bhacadh air a' pheacach, no 'na chuingeachadh air an Spiorad. Anns a Bhìobull gu h-iomlan tha so uile air a mheas tur eu-comasach. A chaoidh cha chomasach gu'n treòraich na fìrinnean mòra mu àrd-uachdranachd Dhé agus mu obair an Spioraid sinn gu leithid so do chòmhstri eadar *peacach toileach agus Dia neo-thoileach.* Tha am Biobull uile air a sgrìobhadh leis an Spiorad, agus bha an Soisgeul air a shearmonachadh leis na h-abstoil air a leithid a dhòigh a's nach 'eil ceisd idir air a togail mu thoileileachd Dhé, no ni a threòraicheadh gus an amharus a's

lugha a thaobh e 'bhi ullamh gus na h-uile còmhnadh a tha feumail a bhuileachadh air a' pheacach. Uime sin tha na fìrinnean mòra mu thaghadh sìorruidh Dhé, agus mu'n t-saorsa a dh'oibrich Criosd d'a 'eaglais, 'nan còmhnadh agus 'n am misneach do'n anam. Ach, air am mìneachadh mar a tha iad le mòran, tha iad cosmhuil ri ballachan-bacaidh agus ni h-e fàraidhean gu streap thar balla-bacaidh an-toil an duine; agus tha anaman iomaguineach a tighinn gu bhi air an glasadh a suas ann an ceisdean diòmhair, domhain, agus 'an imcheistean féin-fhìr-eanach, as nach 'eil rathad a mach ach le bhi a' gabhail Dhé air 'fhocal.

Anns a' Bhiobull dh'fhoillsich Dia e féin. Ann an Criosd rinn e so gu ro-shoilleir. Rinn e so chum a's nach biodh mearachd mu a chliù air taobh an duine.

Tha pearsa Chriosd 'na foillseachadh air Dia. Tha obair Chriosd 'na foillseachadh air Dia. Tha briathran Chriosd 'n am foillseachadh air Dia. Tha esan anns an Athair, agus an t-Athair annsan. Is iad a bhriathran agus 'oibre-san briathran agus oibre an Athar. Anns a' phrasaich dh'fheuch e dhuinn Dia. Ann an sionagog Nasareit dh'fheuch e dhuinn Dia. Aig tobar Iacoib dh'fheuch e dhuinn Dia. Aig uaigh Lasaruis dh'fheuch e dhuinn Dia. Air sliabh nan crann-olaidh, 'nuair a ghuil e thairis air Ierusalem, dh'fheuch e dhuinn Dia. Air a' chrann-cheusaidh dh'fheuch e dhuinn Dia. Anns an uaigh dh'fheuch e dhuinn Dia. 'Na aiseirigh dh'fheuch e dhuinn Dia. Ma their sinn maille ri Philip, Foillsich an t-Athair dhuinne, agus is leòir leinn e, tha e a' frea-

gradh, "Am bheil mise ùine co fhada maille ribh, agus nach aithne dhuit fathast mi, Philip? An ti a chunnaic mise chunnaic e 'n t-Athair" (Eoin xiv. 8, 9). Is e an Dia so a tha Criosd a foillseachadh, mar an Dia d'am buin gràs fìreanach, agus fìreantachd ghràsmhor, an Dia ris am bheil againn r'a dheanamh.

Is e eòlas a bhi againn air a chliù, mar air a mhìneachadh mar so le Iosa agus a chrann-ceusaidh, sìth a bhi ' gainn. Is ann a dh'ionnsuidh an eòlais so air an Athair a tha an Spiorad Naomh a' treòrachadh an anama a tha e'toirt, le 'chumhachd neochrìochnach, o dhorchadas gu solus. Oir, air son gach ni a's aithne dhuinn mu Dhia, tha sinn fo chomain do'n Fhear-theagaisg so a thàinig o Dhia, do'n Fhear mhìneachaidh so, do'n aon so am measg mhile (Iob xxxiii. 23). Ach gu bràth na saoileadh am peacach gu bheil esan ni's toiliche air fòghlum na tha an Spiorad air teagasg. A chaoidh na h-abradh e ris féin, "Tha mi deònach eòlas a ghabhail air Dia, ach cha-n urrainn mi uam féin, agus cha teagaisg an Spiorad mi."

Cha leòir dhuinn a' ràdh ri neach a tha fo mhimhisnich, Is e do mhì-chreidimh a tha 'g ad' chumail truagh; a mhàin creid, agus bithidh na h-uile ni gu maith. Tha so fìor, ach cha-n 'eil ann ach firinn *choitchionn;* ni ann an iomadh cùis, nach 'eil a chum feum, do bhrìgh nach 'eil i a feuchainn do neach cionnus a tha i 'gabhail càraidh ris-san. Air a' phuinc so tha e gu tric am mearachd, a' smuaineachadh gur e 'th' ann an creidimh obair mhòr éigin a tha gu bhi air a deanamh, agus a chum am bheil e gu bhi 'saoithreachadh le 'uile neart, ag ùrnuigh, ré

na h-ùine, ri Dia gu'n cuidicheadh se e ann a' bhi 'deanamh na h-oibre mòire so; agus gur e th'anns a' mhi-chreidimh droch bhith a dh'fheumas a bhi air a spìonadh á bun mu 'm bi an soisgeul chum feum air bith dha.

Ach ciod is fior sheadh do'n chreidimh, agus do'n mhi-chreidimh so?

Anns gach uile mhi-chreidimh tha 'n dà ni so,—deadh bharail a bhi aig neach air féin, agus droch bharail air Dia. Co fhad 's a tha 'n dà ni so ann, tha e eu-comasach do'n neach a tha fo chùram fois fhaghail. Tha a dheadh bharail air féin a' toirt air a bhi 'smuaineachadh gu bheil e comasach gu leòir dha deadhghean Dhé a chosnadh le a dheanadais chràbhach, agus tha a dhroch bharail air Dia a' toirt air a bhi neo-thoileach, agus fuidh eagal, a chùis a chur gu h-iomlan 'na làmhaibh-san. Is e crìoch oibre an Spioraid Naoimh ann an dearbhadh peacaidh, barail a' pheacaich air féin atharrachadh, agus a mheas air a chliù féin a thoirt a nuas, air chor a's gu'n smuainich e uime féin mar tha Dia a' smuaineachadh, agus mar sin gu'n sguir e de 'bhi smuaineachadh gu bheil e comasach gu'm bi e air fhìreanachadh le maitheas air bith a bhuineas da féin. Air do'n Spiorad a' bharail mhaith a th'aig a' pheacach air féin atharrachadh, tha e an sin ag atharrachadh a dhroch bharail air Dia, air chor a's gu bheil e' toirt air a bhi 'faicinn gur e da rìreadh Dia nan uile ghràs a th'anns an Dia ris am bheil aige r'a dheanamh.

Ach tha an neach a tha fuidh iomagain ag àicheadh gu bheil barail mhaith aige air féin, agus ag aideachadh e féin a bhi 'n a pheacach. A nis, feud-

aidh duine so a *ràdh;* ach tha tuilleadh na 'bhi 'ga *ràdh* ann am fior *aithne* a bhi aige air. Os bàrr, feudaidh e bhi toileach ainm peacaich a ghabhail da féin an comh-choitcheantas r'a chomh-chreutairean, agus gidheadh gun bhi idir ag aideachadh e bhi 'n a leithid de pheacach 's a tha Dia ag ràdh a tha e,—a leithid de pheacach 's a tha a' cur feum air Slanuighear iomlan da féin,—a leithid de pheacach 's a tha a' cur feum air crann-ceusaidh, air fuil, agus air fireantachd Mic Dhé. Feudaidh nach 'eil a bharail air féin buileach cho olc a's gu bheil e mothachail air nach urrainn dùil a bhi aige ri ni o Dhia as leth a mhaitheis féin, no ath-leasachadh beatha, no coimhlionadh dùrachdach air dleasdanas, no barrachd air muinntir eile. Gabhaidh e mòran gus a' bharail mhaith a th'aig duine air féin a mhilleadh; agus eadhon an déigh dha a dheadh bharail air a chuid oibribh a chall, tha e 'cumail a dheadh bharail air a chridhe; agus eadhon an déigh dha sin a chall, tha e a greamachadh gu daingean ri 'dheadh bharail air a dhleasdanasan cràbhach, leis am bheil dòchas aige gu'n dean e suas air son droch oibre agus droch chridhe. Seadh, tha e'n dòchas gu'm bi e comasach air a bhi a' gluasad, a' faireachadh, agus ag urnuigh air leithid a' dhòigh a's gu'n aom e Dia gu beachd maith altrum uime, agus gu 'ghabhail a chum a dheadhghean.

Tha na h-uile oidhirp de'n t-seòrsa so ag éirigh o e bhi 'smuaineachadh gu maith uime féin ann an tomhas éigin; agus mar an ceudna o bhi 'smuaineachgu h-olc mu Dhia, mar nach gabhadh e ris mar a thà e. Nam b'aithne dha e féin mar is aithne do Dhia

e, cha mhò a bheireadh e ionnsuidh air a leithid so de dh'oidhirpean na smuainicheadh e air coiseachd suas ri aodann creige àird. Cia deacair a thoirt air duine smuaineachadh uime féin mar tha Dia a' smuaineachadh! Ciod ach uile-chumhachd an Spioraid Naoimh a's urrainn so a thoirt mu'n cuairt?

Ach tha an t-anam iarrtasach ag ràdh nach, 'eil droch bharail aige air Dia. Ach am bheil a leithid a bharail aige air a's a tha am Bìobull agus an crann-ceusaidh a' foillseachadh? Am bheil a leithid de bharail aige air a's a tha 'toirt air a bhi 'mothachadh gu bheil e gu h-iomlan tearuinte ann a' bhi 'cur 'anama 'na làmhan gràsmhor, agus ag earbsadh a ghleidhidh sìorruidh ris? Mar eil cia co fhad 's a tha a dheadh bharail air Dia a' ruigheachd, agus ciod is gnè dhi? Bu chòir do'n eòlas air Dia a tha 'n crann-ceusaidh a' toirt uaithe na h-uile teagamh a' chur a thaobh, agus an-earbsa fhoillseachadh anns an dreach a's duaichnidh, mar droch thuairisgeul air cliù Dhé, agus mar thuaileas air 'ainm gràsmhor. Is e mi-chreidimh, ma ta, a bhi 'creidsinn bréige agus a' cur cùl ris an fhìrinn. Tha e dubhadh a mach o'n chrann-cheusaidh ainm gràsmhor Dhé, agus a' sgriobhadh ainme eile air, ainm dé neo-aithnichte, anns nach 'eil sìth do'n pheacach, no fois dhoibhsan a tha sgìth.

Gabh, ma ta, ri cliù Dhé mar a tha e air a thoirt anns an t-soisgeul; leugh gu ceart ainm beannaichte mar tha e air a sgrìobhadh air a' chrann-cheusaidh; gabh am mìneachadh simplidh a th' air a thoirt air 'inntinn a thaobh nan daoine mi-dhiadhaidh, mar a tha e agad, ann am farsuingeachd, ann an sgeul

aoibhinn na sìthe. Nach leòir sin? Mur leòir na rinn Dia aithnichte dheth féin chum d' eagalan a' chiùineachadh, cha dean ni eile an gnothuch. Cha toir an Spiorad Naomh sìth dhuit gun suim de ciod na beachdan a th' agad mu chliù Dhé. B'e sin a bhi 'toirt gnùise do dh' aoradh dé bréige, an àite an Dé fhìor a th'air fhoillseachadh 's a' Bhiobull. 'S ann 'an co-cheangal ris an fhìrinn mu'n *Dia fhìor*, "Dia nan uile ghràs," a tha 'n Spiorad a' toirt sìthe. Is e gràdh an *De fhìor* a tha e 'dòrtadh anns a' chridhe.

Is e crìoch oibre an Spioraid ar deanamh eòlach air an aon Iehòbhah fhìor; chum annsan gu'm faigh sinn fois; cha-n e faireachduinnean àraidh oibreachadh annainn chum gu'n toir mothachadh air iad sin a bhi annainn oirnn smuaineachadh ni's fearr umainn féin, agus gu'n toir e dhuinn muinghin a thaobh Dhé. Tha na tha e' feuchainn duinn dhinn féin a mhàin olc; tha na tha e' feuchainn duinn de Dhia a mhàin maith, cha-n'eil e 'gar deanamh comasach air faireachadh, no air creidsinn, chum gu'm bi sinn air ar comh-fhurtachadh le ar faireachdainn no ar creidimh. Eadhon an uair a's cumhachdaiche a tha e'g oibreachadh annainn tha e 'tionndadh ar sùl' air falbh o 'obair féin annainn, chum a' suidheachadh air Dia, agus a ghràdh ann an Iosa Criosd ar Tighearna. Is e brìgh an t-soisgeil Ainm Iehòbhah mhòir, air fhoillseachadh ann an Iosa Criosd agus leis; cliù an Ti sin "anns am bheil sinn beò, agus a' gluasad, agus anns am bheil ar bith againn," an Dia a tha "ceart, gidheadh 'n a Shlànuighear" (Isa. xlv. 21), an Ti a tha *'fireanachadh nan daoine neo-dhiadhaidh.*

Anam iarrtanaich, tionndaidh do shùil ris a' chrann-cheusaidh agus faic dà ni, na *Ceusadairean* agus an *Ti a cheusadh.* Faic na *Ceusadairean* luchdfuath Dhé, agus a Mhic. Is iad sud *thu fein.* Leugh annta-san do chliù féin, agus leig dhìot a bhi smuaineachadh sin a dheanamh 'n a bhonn sìthe. Faic an Ti *a'cheusadh.* Is e Dia féin e; gràdh air fhoillseachadh 's an fheòil. Is e an ti a chruthaich thu, Dia air fhoillseachadh 's an fheòil, a' fulang, a' bàsachadh air son nan daoine neo-dhiadhaidh. An urrainn thu a ghràs a' chur an amharus? An urrainn thu droch smuaintean uime altrum? An urrainn thu ni 's fhaide iarraidh gu làn-mhuinghin gun sòradh a 'dhùsgadh annad? An dean thu mi-mhìneachadh air a' chruaidh-ghleachd anama, agus air a' bhàs sin le 'bhi 'g ràdh aon chuid nach 'eil iad a' ciallachadh gràis, air neo nach 'eil an gràs a tha iad a' ciallachadh air do shon-sa? Gairm gu d'chuimhne an ni sin a tha sgrìobhta—"Le sò is aithne dhuinn *gràdh Dhe*, do bhrìgh gu'n do chuir esan sìos 'anam féin air an son-ne" (1 Eoin iii. 16). "An so a ta *gràdh*, cha'n e gu'n do ghràdhaich sinne Dia, ach gu'n do ghràdhaich esan sinne, agus gu'n do chuir e a Mhac féin gu bhi 'n a ìobairt-réitich air son ar peacanna" (1 Eoin iv. 10).

CAIB. IV.

GRAS A REIR CEARTIS.

Ecsod. xxxiv. 6, 7.	Lucas ii. 14.	1 Cor. i. 30.
Salm cxvi. 5.	Ròmh. iii. 26.	Eabh. ii. 9.
Isa. xxxii. 17.	Ròmh. v. 21.	1 Eoin i. 9.

LABHAIR sinn mu chliù Dhé mar "Dhia nan uile ghràs" (1 Pead. v. 10). Chunnaic sinn gur ann ann am "blasadh gu bheil an Tighearna gràsmhor" a tha am peacach a' faghail sìthe (1 Pead. ii. 3).

Ach cumamaid 'n ar cuimhne gur e gràs Dé a tha *ceart* a th'anns a' ghràs so; is e gràs neach a tha 'na *Bhreitheamh* cho maith a's 'na *Athair* a th'ann. Ma's e 's nach faic sinn so, togaidh sinn an soisgeul am mearachd, agus thig sinn gèarr air a bhi 'cur meas araon air a mhaitheanas a tha sinn ag iarraidh, agus air an ìobairt mhòir tre am bheil e' tighinn d'ar n-ionnsuidh. Cha dean maitheanas gun bhonn, gun dealbh, a tha ag éiridh a mhàin o ghràdh athair-eil, no o chaoin-shuarachas deadh-nàdurhach mu'n pheacadh, an gnothuch. Feumaidh fios a bhi againn ciod a' *ghnè* maitheanais a th'ann; agus am bheil e 'tighinn o làn ghabhail a stigh air ar tur-chionntachd leis-san a tha gu "breith a thoirt air an t-saoghal ann am fìreantachd." Tha am maitheanas ceart a' tighinn cha'n ann o *ghràdh* a mhàin, ach o *lagh;* cha'n ann o *dheadh-nàdur*, ach o *fhìreantachd;* cha'n ann o chaoin-shuarachas mu'n pheacadh, ach o naomhachd.

Tha am fear-iarraidh nach 'eil ach leth-dhùrachadach a' dearmad so. Tha *'fhaireachduinnean* air an gluasad, ach cha'n 'eil a *choguis* air a' dùsgadh. Uime sin tha e toilichte le beachdan ro mhistéidheil mu thruas Dhé a mhàin ri mi-shonas a' pheacaich. 'Na shealladh-san cha'n 'eil ann an *cionta* an duine ach *mi-shealbh* an duine, agus ann an Dia bhi 'cur saor a' pheacaich cha'n 'eil e 'faicinn a bheag ach e bhi 'g amharc thairis air a' pheacadh. Cha'n 'eil e 'cur dragha air féin le bhi 'feòraich *cionnus* a tha am maitheanas a' tighinn, no ciod e fìor nàdur a' ghràidh sin a tha e 'g aideachadh ris an do ghabh e. Tha e furasda chur a chodal, do bhrìgh nach robh e riamh 'n a làn-fhaireachadh. Cha'n 'eil ann aig 'fheabhas, ach fear-éisdeachd an talaimh-chreagaich; ann an ùine gheàrr a' call an tomhais bhochd de ghàirdeachas a dh'fheudadh e fhaotainn; a' fàs 'n a *fhoirmealach;* no theagamh 'n a fhear-cluichidh ris a' pheacadh; no,maith a dh'fheudte 'n a fhear-faireachdainnean cràbhach.

Ach cha'n 'eil esan aig an robh a choguis air a lot cho furasda 'riarachadh. Tha e' faicinn gu bheil an Dia ris am bheil e 'g iarraidh bhi ann an deadhghean naomh, cho maith ri bhi gràdhach, agus gu bheil aige r'a dheanamh ri ceartas cho maith a's ri gràs, uime sin 's ann mu cheartas a mhaitheanais sin a tha gràs Dhé a' cumail a mach a ni e a cheud, fhiosrachadh. Feumaidh e 'bhi riaraichte air a phuing so, agus fhaicinn gu bheil an gràs 'n a ghràs a réir ceartais, mu'n urrainn e a mhealltuinn idir. Mar a's beòtha a mhothachadh air a neo-fhìreantachd féin 's ann a's mò a tha e' mothachadh an fheum air

cinnteachas fhaotainn air gu bheil an gràs a tha sinn a' deanamh aithnichte dha a réir ceartais.

Cha riaraich e e a ràdh gu'm feum gur gràs a réir certais e, do, bhrigh gu bheil e 'tighinn o Dhia ceart. Tha a choguis ag iarraidh ceartas na slighe tre'm bheil e a' tighinn fhaicinn. Gun so cha'n urrainn i bhi air a sìtheachadh, no air a' "glanadh;" agus cha'n 'eil an duine air a dheanamh "coimhlionta thaobh a choguis" (Eabh. ix. 9-14); ach is éigin gu'm bi a ghnàth mothachadh an-shocrach aige nach 'eil na h-uile ni ceart; gu'm feud a pheacaidhean éiridh là éigin 'n a aghaidh.

Cha ghabh a choguis daonnan sìtheachadh leis an ni a chiùinicheas an *cridhe.* Ni sealladh de ghràs so: ach cha dean ach sealladh de cheartas a' ghràis sud. Cha'n urrainn fìor shith a bhi ann as eugmhais so. Tha an lot air a leigheas gu h-eutrom, agus tha sìth air a labhairt, 'n uair nach 'eil sìth ann (Ier. vi. 14). Cha ghabh an lot leigheas ach a mhàin le bhi 'labhairt sìth *'n uair a tha sìth ann.*

Ach an so tha obair Chriosd a tighinn a stigh; agas tha crann-ceusaidh Fir-giùlain a' pheacaidh a' freagradh na ceiste a thog a choguis—"An e gràs a réir ceartais a th'ann?" Is i obair mhòr so na réite a tha nochdadh Dhé mar "an Dia ceart, gidheadh an Slànuighear "(Isa. xlv. 21); cha'n e mhàin ceart a *dh'aindeoin* e bhi fireanachadh nan neo-dhiadhaidh, ach ceart *ann a' bhi 'deanamh mar sin.* Tha i a feuchainn slàinte mar ghnìomh ceartais; seadh, mar aon de na gnìomharaibh ceartais a's àirde's urrainn Dia ceart a dheanamh. Tha i 'feuchainn maitheanais cha'n e mhàin mar ghnìomh Dé a tha ceart, ach mar

an ni a tha feuchainn cho ceart 's tha e, agus mar a tha e 'fuathachadh agus a' dìteadh an dearbh ni a tha e a' maitheadh.

Cluinn focal an Tighearna mu'n obair "chrìochnaichte" so. "Fhuair Criosd bàs air son ar peacanna" (1 Cor. xv. 3). "Lotadh e air son ar peacaidh-ne, bhruthadh e air son ar n-aingidheachdan" (Isa. liii. 5). "Thugadh Criosd suas aon uair a thoirt air falbh peacanna mhòrain" (Eabh. ix. 28). "Thug se e féin air ar son" (Tit. ii. 14). "Thugadh thairis e air son ar ciontaidh" (Ròmh. iv. 25). "A thug e féin air son ar peacanna" (Gal. i. 4). "Bhàsaich Criosd air son nan daoine neo-dhiadhaidh" (Ròmh. v. 6.) "Dh'fhoillsicheadh e chum peacadh a chur air cùl tre e féin ìobradh" (Eabh. ix. 26). "Dh'fhuiling Criosd air ar son-ne 's an fheòil" (1 Pead iv. 1). "Dh'fhuiling Criosd aon uair air son pheacanna, am fìrean air son nan neo-fhìrean" (1 Pead iii. 18). "Neach a ghiùlain ar peacanna e féin 'n a chorp féin air a' chrann" (1 Pead ii. 24).

Tha na briathran so a' labhairt mu ni-éigin a thuilleadh air gràdh. Tha gràdh anns gach aon diubh, gràdh domhain, fìor Dhé; ach mar an ceudna ceartas agus naomhachd; agus leanailteachd do-lùbaidh ri lagh. Cha'n eil seadh annta dealaichte ri lagh; lagh mar a's e bunait, posta, agus clach-dhùnaidh a' chruinne-ché.

Ach is e an co-cheangal ri lagh mar an ceudna an co-cheangal ri gràdh. Oir, mar a b' ann o lagh, 'n a iomlaineachd neo-chaochlaidheach, a dh'éirich e gu'm b' éigin bàs an Urrais a bhi, mar sin b' e an éigin so a tharruing a mach gràdh an Urrais, agus a

thug mar an ceudna dearbhadh glòrmhor air gràdh an Ti sin a rinn esan 'na ìobairt pheacaidh air ar sonne (2 Cor. v. 21). Oir nan robh duine gu bàsachadh air son duin' eile, 'n uair nach robh éigin ann air son e dheanamh sin, is gann a theireamaid ri 'bhàs dearbhadh air gràdh. Aig a chuid a b'fheàrr cha bhiodh ann ach gràdh amaideach, no, co dhiùbh, rathad faoin, dìomhain air fheuchainn. Ach bàsachadh air son neach, 'n uair a tha da rìreadh feum air—is e so an dearbhadh ceart air fìor ghràdh. Bàsachadh air son caraid 'n uair nach dean ni's lugha a thèarnadh, 's e so an dearbhadh air gràdh. 'Nuair is éigin gu'm faigh aon chuid esan no sinne am bàs, agus 'n uair tha esan, chum sinne a shaoradh o'n bhàs, a' bàsachadh e féin, is e so gràdh. Bha feum air bàs ma 's e a's gu'n robh sinne gu bhi air ar saoradh o'n bhàs. Rinn ceartas so 'na ni a b' éigin a bhi. Agus, chum an éigin eagalach so a' choinneachadh, ghabh Mac Dhé feòil, agus fhuair e bàs! Fhuair e bas, do bhrìgh gu'n robh e sgrìobhta, "An t-anam a chiontaicheas gheibh e bàs" (Esec. xviii. 4). Thug gràdh a nuas chum na prasaich e; thug gràdh suas chum a' chroinn-cheusaidh e! Fhuair e bàs mar fhear-ionaid a' pheacaich. Fhuair e bàs chum gu'n deanadh e 'n a ni ceart ann an Dia cionta a'pheacaich a dhubhadh a mach, agus peanas a' bhàis shìorruidh a thoirt as an rathad.

Mur b' e am bàs so, cha b' urrainn gràs agus cionta sealltuinn air a chéile 's an aghaidh; cha b'urrainn Dia agus am peacach tighinn fagus da chéile; thoirmisgeadh ceartas réite bhi eatorra. Agus tha fios againn gu bheil ceartas 'n a buaidh de'n diadh-

achd cho cinnteach ri gràdh. As eugmhais an dìolaidh so, cha bhiodh e ceart do Dhia gabhail ris a' pheacach, no tèaruinte do'n pheacach tighinn.

Ach a nis tha tròcair agus fìrinn air coinneachadh a chéile (Salm lxxxv. 10); a nis tha gràs 'na cheartas, agus ceartas 'na ghràs. Tha so a' riarachadh coguis a' pheacaich le bhi 'feuchainn da gràidh a réir ceartais air son nan daoine eucorach agus neo-ghràdhach. Tha e 'g innseadh dha, mar an ceudna, nach bi an réite a tha air a' toirt mu'n cuairt 's an rathad so am feasd air a gluasad, aon chuid 's a' bheatha so no 's a bheatha tha ri teachd. Is e réite réir ceartais a th' ann, agus seasaidh i ris na h-uile deuchainn, agus mairidh i tre 'n t-sìorruidheachd. Seasaidh an t-sìth coguis a tha air a faotainn mar so, ri dearbhadh, ri tinneas, ri leabaidh-bàis, ris a' bhreitheanas. Agus air dha fìor shealladh a bhi aige air so, feudaidh ceann-feadhna nam peacach a ràdh, "Có a dhìteas?"

Cia mòr an t-sìth do'n choguis leònta a th' anns an fhìrinn gu'n d'fhuair Criosd bàs air son nan daoine neo-dhiadhaidh; agus gur e na neo-dhiadhaidh a tha 'n Dia cothromach a' fìreanachadh. Tha an gràs cothromach so, a tha mar so a tighinn thugainn trìd obair giùlain-peacaidh an "Fhocail air a dheanamh 'n a fheòil," ag innseadh do'n anam nach urrainn dìteadh air bith a bhi do pheacach air thalamh a dh'aontaicheas a mhàin a bhi fo fhiachaibh do shaor-ghràdh so Dhé a tha, mar thobar uisge beo, a' briseadh a mach gu saor o bhonn a' chroinn-cheusaidh.

Ceart gidheadh *a' fìreanachadh* nan *daoine neo-*

dhiadhaidh! Ciod an deagh sgeul a tha 'n so! 'An so tha gràs; gràdh saor Dhe do'n pheacach; toirbheartas agus deadhghean na Diadhachd, gun suim air bith a bhi air a ghabhail de dh'airidheachd, no de thoilltinneas a' chreutair. Oir is e so ciall sgriobtuireil an fhocail sin "gràs" a tha cho tric air a mhi-thuigsinn.

Tha tobar an t-saor-ghràidh chothromaich so ann an uchd an Athar, far am bheil a chòmhnuidh aig an aon-ghin Mhic (Eoin i. 18). Cha'n 'eil e air a a ghintinn le ni air bith a mach á Dia féin. B' e *olcas*, cha'n e *maitheas* an duine, a tharruing a mach e. Cha b' e aon ni a' tarruing gu ni eile cosmhuil ris, ach gu ni eu-cosmhuil ris, a bh' ann; solus air a tharruing le dorchadas, agus beatha le bás. Cha'n eil e 'feitheamh ri bhi air iarraidh leinn; tha e 'tighinn gun e bhi air iarruidh, no air a thoilltinn. Cha'n e ar creidimh a tha 'ga chruthachadh no 'g a dhùsgadh; tha ar creidimh 'g aithneachadh mar a cheana ann am bith, 'n a lànachd dhiadhaidh agus eugsamhuil. Co dhiùbh chreideas sinn e no nach creid, tha an gràs cothromach so ann, agus tha e air ar son-ne. Tha mi-chreidimh 'g a dhiùltadh; ach tha creidimh 'g a ghabhail, a' deanamh gàirdeachais ann, agus a' beathachadh air. Seadh, tha creidimh a' gabhail ris a' ghràs so a tha réir ceartais, agus maille ris, maitheanas a réir ceartais, tèarnadh a réir ceartais, agus còir a reir ceartais air oighreachd na glòire shìorruidh.

CAIB. V.

FUIL A' CHRATHAIDH.

Gen. iii. 15.	Lebh. i. 3–5.	Dan. ix. 24.
Gen. iv. 4.	Lebh. xvi. 15–19.	Eoin i. 29.
Ecsod. xii. 7-13.	Isa. liii. 5.	Gal. iii. 13.

Ach tha fear-iarraidh a' feòraich, Ciod a's ciall gu sònruichte do'n Fhuil, mu'm bheil sinn a' leughadh na h-uiread? Cionnus a tha i 'labhairt sìthe? Cionnus a tha i "a' glanadh na coguis o oibribh marbha" (Eabh. ix. 14). Ciod an gnothuch a's urrainn a bhi aig fuil ris an t-sìth, ris a' ghràs, agus ris a' cheartas mu'n robh sinn a' labhairt?

Tha Dia a' toirt duinn an aobhair air son a' chudthrom a tha e' leigeil air an fhuil; agus ann an tuigsinn so, tha sinn a' faotainn a dh'ionnsuidh fìor bhun na steidhe a th' aig sìth a' pheacaich.

Anns na h-ìobairtean o shean, a làithibh Abeil a nuas, tha againn an iuchair a dh'fhosglas suas ciall na fola, agus tha iad a' mìneachadh c 'ar son a bha e feumail gu'm biodh i air a' dòrtadh "air son maitheanais pheacanna." B' e "Cha'n ann as eugmhais fola" (Eabh. ix. 7) an fhìrinn mhòr a bha Dia a' teagasg o'n toiseach; an sgrìobhadh a dh'fheudta ràdh a bh'air geatachan a' phàilliuin agus an teampuill. Ré tuilleadh na dà mhìle bliadhna ré linnean nam prìomh-aithrichean, cha robh ann ach aon ìobairt mhòr, an ìobairt-loisgte. Fo fhrithealadh

lagha Mhaois, bha i so air a roinn na h-earannan—mar bha, an ìobairt-shith, an ìobairt-eusaontais, an ìobairt-pheacaidh, &c. Ach annta so uile bha bladh na h-ìobairt-loisgte air a ghleidheadh,—leis an *fhuil* agus an *teine*, a bha coitchionn doibh uile. Bha an fhuil, mar chomharradh air aon a bhi 'gabhail àit' aon eile, agus an teine, mar shamhladh air fearg Dhé air an fhear-ionaid, air am faicinn anns na h-uile earann de naomh-sheirbhis Israeil; ach gu h-àraidh anns an ìobairt-loisgte laitheil, an t-uan maidne agus feasgair, a b' e fìor choslas agus buanachadh na h-ìobairt-loisgte a bh' ann o shean. B' ann ri so a bha sùil aig Eoin 'nuair a thubhairt e "Feuch uan Dé, a tha 'toirt air falbh pheacanna an t-saoghail" (Eoin i. 29). Be uan làitheil Israeil cridhe agus smior uile ìobairtean an t-Seann Tiomnaidh, agus b' i fuil an uain so a bha 'g an giùlan air ais a dh'ionnsuidh ìobairtean nan ceud linnean, agus air aghaidh a dh'ionnsuidh fola a' chrathaidh a bha gu nithean a's fearr a labhairt na fuil Abeil (Eabh. xii. 26).

Anns na h-ìobairtean so uile b' e dòrtadh na fola a bhi 'cur gu bàs. B' i an fhuil a' *bheatha* (Lebh. xvii. 11, 14; Deut. xii. 23); agus b' e dortadh na fola "dòrtadh a mach an *anama*" (Isa. liii. 12). B' e an dòrtadh-fola, no an toirt air falbh so air beatha dìoladh peanais a' pheacaidh; oir bha e air a bhagradh o thoiseach, "Anns an là a dh'itheas tu dheth gheibh thu gu cinnteach bàs" (Gen. ii. 17); agus tha e sgrìobhta, "An t-anam a chiontaicheas gheibh e sin bàs" (Esec. xviii. 3); agus a rìs, "Is e tuarasdal a' pheacaidh am bàs" (Ròmh. vi. 23).

Ach cha b' urrainn dòrtadh-fola ìobairtean Israeil peacadh a thoirt air falbh. Bha e 'feuchainn na dòigh anns an robh so gu bhi air a dheanamh, ach ann féin bha e 'na "ath-chuimhneachadh air peacaidhean" (Heb. x. 3) ni's mò na 'na dhìoladh (Heb. x. 11). Bha e ag ràdh gu'm feumadh beatha bhi air a' toirt air son beatha mu'm b' urrainn peacadh a bhi air a mhaitheadh; ach bha an gnàth ath-aithris a bha air a dheanamh air na h-ìobairtean a' feuchainn gu'n robh feum air fuil a bu bheartaiche na bha riamh air a crathadh air altair Mhoriah, agus air beatha bu luachmhoire na b' urrainn duine a thoirt seachad.

Bha an dortadh-fola mòr air a choimhlionadh; bha a bheatha a b'fheàrr air a toirt seachad, agus rinn *aon* bhàs Mhic Dhé an ni nach b' urrainn na h-uile bàs o shean a dheanamh. Bu leòir an aon bheatha aige-san; dhìol 'aon bhàs-san am peanas; agus cha'n 'eil Dia ag iarraidh dà bheatha, no dà bhàs, no dà dhìoladh. "Thugadh Criosd suas *aon uair* a thoirt air falbh pheachanna mhòrain" (Eabh. ix. 28). "A mheud gu'n d'fhuair e bàs, is ann do'n pheacadh a fhuair e bàs *aon uair* a mhàin" (Ròmh. vi. 10). "Thug e suas *aon* ìobairt air son peacaidh" (Eabh. x. 12).

B' e "crathadh na fola" (Ecs. xxiv. 8), a bhi 'deanamh feum de'n bhàs, le 'bhi 'g a chur air pearsaibh no air nithibh àraidh, air chor a's gu'n robh na pearsanna no na nithe so air am meas mar marbh, agus uime sin, mar gu'n d'fhuiling iad peanas an lagha. Cho fad 's a bha iad gun an peanas sin a dhìoladh, bha iad air am meas *neo-ghlan* agus neo-

iomchuidh air gun sealladh Dia orra ; ach cho luath 's a dhìol iad e, bha iad air am meas *glan* agus iomchuidh air son seirbhis Dhé. 'S a' chumantas 'n uair a leughas sinn mu *ghlanadh*, tha sinn a' smuaineachadh a mhàin air an t-seòl choitchionn a th'againn air sal a thoirt air falbh le h-uisge agus siabunn. Ach cha'n e so an samhladh a th' air a chiallachadh ann an co-chur na h-ìobairt. Tha an fhuil a' glanadh, cha'n ann cosmhuil ri "nàtar agus mòran sìopuinn" an fhàidh (Ier. ii. 22), ach le bhi 'gar deanamh 'n ar luchd-comhpàirt de *bhàs* an Fhir-ionaid. Oir ciod e a tha 'gar deanamh salach am fianuis Dé? Tha ar cionta, ar briseadh air lagh, agus sinn a bhi fo bhinn bàis an lorg ar n-eas-ùmhlachd. Rinn sinn cha'n e mhàin ni a tha Dia a'fuathachadh, ach ni a tha a lagh ceart a' cur an céill a tha airidh air bàs. Is e a bhinn bàis so a tha 'g ar dealachadh cho tur o Dhia—'g a dheanamh mi-cheart dhà-san ar beannachadh, agus cunnartach dhuinne dol d'a ionnsuidh. 'Nuair a tha sinn mar so air ar còmhdachadh thairis gu h-iomlan leis a' chionta sin d' am peanas am bàs, tha an fhuil air a toirt a stigh leis an Ard-Shagart mhòr. Tha an fhuil sin a' ciallachadh bàis ; 's e so dòigh-labhairt Dhé mu'n bhàs. Tha i 'n sin air a crathadh òirnn, agus tha mar so am bàs a's e peanas an lagha, a tighinn òirnn. Tha sinn a' faghail bàis. Tha sinn a' fulang na binn, agus mar so tha an cionta a' dol air falbh. Tha sinn air ar glanadh ! Tha am peacadh a bha mar sgàrlaid air a dheanamh mar shneachda, agus sin a bha mar chorcur air a dheanamh mar olainn. Is ann mar so a tha sinn a' deanamh feum de fhuil

Chriosd ann an creidsinn ; oir is e creidimh dìreach an gnathachadh a tha am peacach a' deanamh air an fhuil. Air dhuinn a bhi 'creidsinn na fianuis a tha Dia a' deanamh mu'n fhuil so, tha sinn a' tighinn gu bhi 'n ar n-aon ri Iosa 'n a bhàs, agus mar so tha sinn air ar meas ann an lagh, agus tha Dia a' buntainn ruinn, mar mhuinntir a dh'fhuiling am peanas gu h-iomlan, agus mar sin, a "ghlanadh o'm peacanna 'n a fhuil" (Taisb. i. 5).

Is i so sgeul aoibhinn na beatha tre an Ti sin a fhuair bàs. Is sgeul i a tha 'g innseadh dhuinn, cha'n e ciod a tha sinne gu *dheanamh*, chum a bhi air ar saoradh, ach ciod a *rinn* Esan. Is e so a mhàin a's urrainn eagalan a' pheacaich a chur nan tàmh ; a choguis a ghlanadh ; agus a thoirt air mothachadh mar dhuine a fhuair làn-mhaitheanas. Is e eòlas ceart air an ni a tha Dia a' ciallachadh ann an crathadh na fola, an aon rathad éifeachdach air iomaguinean an anama *a* tha fuidh àmhghar a chur air falbh, agus a thoirt a steach gu sìth iomlan.

Cha'n e foillseachadh air *cridhe* Dhé ann an Iosa Criosd a mhàin a th'anns an t-soisgeul. Tha gu h-àraidh *fìreantachd* Dhé air a' foillseachadh ann (Ròmh. i. 17) ; agus is e am foillseachadh so air an fhìreantachd a tha 'g a dheanamh da rìreadh 'n a "chumhachd Dhé chum slàinte" (Ròmh. i. 16). Ann an dòrtadh no fola tha Dia a' cur an céill ceartais a' ghràidh a tha e 'dòrtadh a nuas air cloinn nan daoine ; 'an so tha lagh agus gràdh air an deanamh réidh ; tha am peacadh air a dhìteadh, agus am peacach air a chur saor. Mar

"as eugmhais dòrtaidh fola nach 'eil maitheanas r'a fhaotainn" (Eabh. ix. 22); is amhuil sin tha an soisgeul a' cur an céill gu'n deachaidh an fhuil a' dhòrtadh tre am bheil maitheanas a' sruthadh d' ar n-ionnsuidh; agus a nis "tha fios againn gu'n d'thàinig Mac Dhé" (1 Eoin v. 20), agus gu'n "glan fuil Iosa Criosd sinn o gach uile pheacadh" (1 Eoin i. 7). Tha a' choguis air a riarachadh. Tha i 'mothachadh gur gràs ceart gràs Dhé, gur gràdh naomh a ghràdh. An sin tha i 'gabhail fois.

Cha'n ann le Criosd a thighinn 's an fheòil, ach le dòrtadh 'fhola, a tha sinn air ar saoradh. Cha'n e fear-mìneachaidh gliocais a mhàin a th' ann an Criosd Dhé; cha'n e fear-teasairginn a mhàin, no neach maitheasach, tròcaireach; agus tha iadsan gu mòr am mearachd a tha 'saoilsinn gu'n d'innis iad an soisgeul uile 'n uair a labhair iad mu Iosa mar a' foillseachadh gràidh Dhé. Mur e Criosd am *Fear-ionaid*, cha'n 'eil e ni air bith do'n pheacach. Mur d'fhuair e bàs mar *Fhear-giùlain peacaidh*, is ann gu dìomhain a fhuair e bàs. Na bitheamaid air ar mealladh air a phuinc so, no air ar cur am mearachd leò-san a tha 'smuaineachadh gu bheil iad a' searmonachadh an t-soisgeil 'n uair a tha iad a' cur an céill Chriosd mar am Fear-teasairginn. Ma tha mi a' tilgeadh ròpa gu duine a tha 'g a bhàthadh, tha mi a'm 'fhear-teasairginn. Ach am bheil Criosd tuilleadh na sin? Ma tha 'g a m' thilgeadh féin 's an fhairge, agus 'g a m' chur féin 'an cunnart, gu neach, eile a shaoradh, tha mi a m' fhear-teasairginn. Ach nach 'eil Criosd tuilleadh? An d'rinn e ach a bheatha 'chur 'an cunnart? Is e dearbh bhladh

tèarnaidh Chriosd gu'n do chuir se e féin 'nar n-àite—a bheatha-san air son ar beatha-ne. Cha d'thàinig e 'chur a bheatha 'an cunnart; thàinig e a dh'fhulang a' bhàis! Cha do shaor e sinn le beagan calldachd, beagan a thoirt suas, beagan saothair, beagan fulangais, "Shaor e sinn do Dhia le 'fhuil" (Taisb. v. 9): "fuil luachmhor Chriosd" (1 Pead i. 18). Thug e na bh' aige, eadhon a bheatha, air ar son. 'S i so a' ghnè saorsa a tha dùsgadh an òrain shona, "Dhàsan a ghràdhaich sinn, agus a dh'ionnlaid sinn o ar peacaibh 'n a fhuil féin (Taisb. i. 5).

Tha diadhachd an t-saoghail, aig an àm so, ag aomadh gu bhi 'cur cùl ris an fhuil, agus a bhi 'deanamh uaill ann an soisgeul aig nach 'eil feum air ìobairt, no air "Uan air a mharbhadh." Mar so, tha iad ag imeachd ann an slighe Chain (Iud. 11) Dhiùlt Cain an fhuil, agus thàinig e gu Dia as a h-eugmhais. Cha'n aidicheadh se e féin a bhi 'n a pheacach, air a dhìteadh gu bàs, agus 'an eisimeil bàis aoin eile chum a shaoradh. B' e so diùltadh follaiseach an duine air rathad beatha Dhé. Air ceann-toisich luchd-diùltaidh an ni ris am bheil cuid de luchd-fochaid gu mi-naomha ag ràdh "creidimh margaidh na feòla," tha sinn a' faicinn a' cheud mhortair; agus esan nach salaicheadh 'altair le fuil uain, tha e 'truailleadh na talmhainn le fuil a bhràthar.

Bha altairean nan cinneach dearg le fuil; agus tha iad mar sin gus an latha 'n diugh. Ach cha-n 'eil fhios aca ciod a tha iad a' ciallachadh ann a' bhi 'toirt leo na fola ud. Tha i co-cheangailte 'n an inntinnibh ri *dìoghaltas* a mhàin; agus tha iad 'g a

dòrtadh chum fearg nan diathan aca a chiùineachadh. Ach cha'n 'eil so 'n a aideachadh aon chuid air gràdh no air ceartas Dhé. "Annsan cha'n 'eil dian-chorruich;" am feadh nach 'eil an altairean-sa a' labhairt ach mu dhian-chorruich. Tha an fhuil a tha iad a' toirt leò 'na h-àicheadh araon air ceartas agus air gràs.

Ach seall air altairean Israeil. Tha fuil an sin; ach is aithne dhoibh-san a tha 'g a toirt leo, an Dia dh'ionnsuidh am bheil iad a' teachd. Tha iad 'g a toirt leo mar aideachadh air an cionta féin, ach, mar an ceudna air a ghràdh-san a tha 'maitheadh. Tha iad ag ràdh, "Tha mi toilltinneach air bàs; ach seasadh ann bàs so air son mo bhàis-sa; agus an gràdh nach b' urrainn ruigheachd orm air dhòigh eile, dò bhrìgh cionta, dòirteadh e mach e féin orm a nis."

Anam iomaguinich! Bi air d'fhaicill o mhearachd Chain, air an aon làimh, ann an tighinn gu Dia as eugmhais fola; agus bi air d'fhaicill o mhearachd nan cinneach, air an làimh eile, ann a' bhi a' mi-bhreithneachadh ciall na fola. Tuig inntinn agus rùn Dhé ann am "fuil luachmhoir" a Mhic. Creid a theisteas mu 'timchioll; mar sin bithidh do choguis air a sìtheachadh, agus gheibh d' anam fois.

Is ann a chum *bàis* Chriosd a tha sinn air ar baisteadh (Ròmh. vi. 3), agus uime sin is ann anns a' chrann-cheusaidh, a b' e an t-inneal-bàis, a tha sinn a "deanamh uaill" (Gal. vi. 4). Is e an crann-ceusaidh dhuinne dìoladh peanais a' pheacaich, pàigheadh nam fiachan, agus srachdadh na boinne,

no na làimh'-sgrìobhaidh a bha 'nar n-aghaidh. Agus mar is e an crann-ceusaidh am pàigheadh, 's e an aiseirigh a bhann-cuidhteachaidh air an iomlan a tha Dia a' toirt seachad, air a seulachadh le a làimh féin. Is e ar creidimh, cha'n e coimhlionadh a' phàidhidh, ach a mhàin an t-aideachadh a tha sinn a' deanamh air a' phàidheadh a dh'ìocadh le Mac Dhé. Leis an aideachadh so tha sinn a tighinn gu bhi 'n ar n-aon ris-san a bhàsaich agus a dh'éirich a rìs, air leithid a' dhòigh a's gu bheil sinn, á so suas, air ar meas mar an dream a dhìol am peanas, agus gu bheilear a' buntainn ruinn mar gu'm b' e sinn féin a fhuair bàs. Mar so tha sinn air ar "fìreanachadh o'n pheacadh" (Ròmh. vi. 7).*

*'Se na briathran mar a tha iad air an eadar theangachadh 'n ar cainnt-ne, "An ti a fhuair bàs, rinneadh saor e o'n pheacadh." Ach tha na focail "rinneadh saor," gu litireil, a' ciallachadh "air fhìreanachadh." Agus air ar deanamh 'n ar luchd-comhpàirt de fhìreantachd an Ti sin, cha'n e mhàin a thugadh thairis air son ar cionta, ach a thogadh suas a rìs air son ar fìreanachaidh.

CAIB. VI.

PEARSA AGUS OBAIR AN FHIR–IONAID.

Deut. xviii. 15, 19.
Isa. ix. 6.
Isa. liii. 8.
Ier. xxiii. 6.
Dan. ix. 26.
Sech. ix. 9.
Eoin i. 14.
Lucas iv. 18.
Ròmh. viii. 34.
Phil. ii. 7, 8.
1 Tim. iii. 16.
Eabh. xiii. 12.

THA beatha teachd d'ar n-ionnsuidh trìd bàis; agus mar so tha gràs a' meudachadh d' ar taobh ann an ceartas. Chunnaic sinn so ann an dòigh choitchionn a cheana. Ach tha ni-eigin tuilleadh againn r'a fhòghlum uime-san a bha beò, agus a fhuair bàs mar fhear-ionaid a' pheacaich. Mar is mò a's aithne dhuinn mu 'phearsa agus mu 'obair, 's ann a's mò a bhios sinn riaraichte ann an cridhe agus 'an coguis, leis an ullachadh a rinn Dia air son ar feum mòr.

Is e fear-giùlain ar peacaidh Mac Dhé, Mac sìorruidh an Athar. Uime-san tha e sgrìobhta, "Anns an toiseach bha am Focal, agus bha am Focal maille ri Dia, agus b' e am Focal, Dia" (Eoin i. 1). Is esan "dealradh a ghlòire, agus fìor ìomhaigh a phearsa" (Eabh. i. 3). Tha e "anns an Athair, agus an t-Athair ann-san" (Eoin xiv. 11) tha "an t-Athair a' gabhail còmhnuidh ann" (Eoin xiv. 9, 10); an ti a chunnaic esan chunnaic e an t-Athair; agus an ti a dh'éisdeas ris-san, éisdidh e ris an Ti a chuir uaith e. Is esan am "Focal a rinneadh 'na fheòil" (Eoin i. 14); "Dia air fhoill-

seachadh 's an fheòil" (1 Tim. iii. 16); "Iosa Criosd air teachd 's an fheòil" (1 Eoin iv. 2, 3). Is e 'ainm "Immanuel," Dia maille ruinne (Isa. vii. 14; Mata i. 23); Iosa, an Slànuighear (Mata i. 21); "Criosd," an t-Aon ungte, air a lìonadh leis an Spiorad gun tomhas (Eoin iii. 34); "Aon-ghin Mic an Athair, làn gràis agus fìrinn (Eoin i. 14).

Thàinig e a' searmonachadh soisgeil na rìoghachd, 's e sin, an deagh sgeul mu'n rìoghachd (Marc i. 14); a' teagasg nam mòr-chuideachdan a bha 'tional, timchioll air (Marc iv. 1); a' leigheas na muinntir thinn, a' fosgladh sùilean nan dall, agus a' dùsgadh nam marbh (Mata iv. 23, 24); a' gabhail pheacach d'a ionnsuidh, agus ag itheadh maille riu (Luc. xv. 2). "Thàinig e a shireadh agus a thèarnadh an ni sin a bha caillte (Luc. xix. 10); bha e 'dol mu'n cuairt a' labhairt bhriathran gràsmhor mar nach do labhair duine riamh, ag ràdh, "Is mise an t-Slighe, agus an Fhìrinn, agus a' Bheatha; cha tig aon neach chum an Athar ach tromham-sa" (Eoin xiv. 6). Bha e 'dol a mach agus a stigh mar an Slànuighear; agus 'n a bheatha gu h-iomlan tha sinn 'g a fhaicinn, mar am Buachaille ag iarraidh na caora chaillte, mar a' bhean ag iarraidh a buinn airgid a chaill i, agus mar an t-athair ag amharc a mach air son a mhic chaillte. Tha e "cumhachdach gu tèarnadh" (Isa. lxiii 1); "tha e comasach air saoradh gu h-iomlan" (Eabh. vii. 25); thàinig e gu bhi "'na Shlànuighear an domhain" (1 Eoin iv. 14).

Anns na nithibh so uile, a tha mar so sgrìobhta mu Iosa, tha deadh sgeul do'n pheacach; sgeul a bu chòir a tharruing, ann am muinghin aon-fhillte, gu

Dia; a thoirt air mothachadh gu'n robh a chùis air a togail ann am fìrinn le Dia; agus gu bheil smuaintean Dhé d'a thaobh, 'n an smuaintean sìthe agus gràis, cha'n ann 'n an smuaintean feirge. Tha Neamh air tighinn a nuas chum na talmhainn! Tha deadhghean ann do'n duine. Cha'n 'eil e gu bhi air a thoirt do làimh a nàmhaid mhòir. Ghabh Dia a phàirt, agus thàinig e stigh eadar e agus Satan. Cha'n 'eil an saoghal so gu bhi air a losgadh suas, ni mò tha iadsan a tha chòmhnuidh ann gu bhi air an deanamh 'nam fògarraich shiòrruidh o Dhia. Tha an dorchadas a' dol seachad, agus tha an solus fìor a' dealrachadh.

Gidheadh cha'n e pearsa Chriosd, no a bhreith, no a bheatha a dh'fhòghnas. Cha'n eil ach toiseach na deadh sgéil anns gun do ghabh Mac Dhé daonnachd fhìor gidheadh gun pheacadh, de dhearbh chorp na h-òighe; gu'n d'rinneadh e 'na chnàimh d'ar cnàimh, agus 'n a fhéoil d' ar feòil, 'n a dhearbh shliochd na mnà; gun do ghabh e còmhnuidh 'n ar measg re aimsir:—'Se so uile an Alpha, ach cha'n e an Omega. Bha so air fheuchainn do Israel, agus dhuinne mar an ceudna, ann am brat-roinn an teampuill. Bha am brat ud 'n a shamladh air 'fheòil (Eabh. x. 20); agus, cho fad 's a bha e slàn, cha robh comas dol a steach do'n ionad 's an robh làthaireachd dhlùth Dhé. Cha robh am fear-aoraidh gu dearbh air a smàdadh air falbh; ach bha aige ri seasamh fad as. Bha am brat-roinn ag ràdh ris a' pheacach, Tha an Diadhachd air an taobh a stigh; ach bha e 'g ràdh mar an ceudna, Cha'n urrainn thu dol a steach gus am bi tuilleadh air a dheanamh.

Bha an Spiorad Naomh, le so, a' ciallachadh nach robh an t-slighe chum an ionaid bu ro naomha fathast air a fosgladh. Rinn reubadh a' bhrat-roinn, 's e sin, ceusadh an "Fhocail air a dheanamh 'n a fheòil," an t-slighe fhosgladh gu h-iomlan.

Air an aobhar so tha an Spiorad Naomh a' pasgadh suim na deadh sgéil ann an aon no dhà de phuincean àraidh. Is iad so iad; Bha Criosd air a cheusadh. Fhuair Criosd bàs. Bha Criosd air adhlacadh. Dh'éirich Criosd a rìs o na marbhaibh. Chaidh Criosd suas air ionad àrd. Tha Criosd 'n a shuidhe aig deas làimh Dhé mar ar "Fear-tagraidh maille ris an Athair; (1 Eoin ii. 1) "beò gu sìo 'a-ruidh gu eader-ghuidhe a dheanamh air ar son" (Ròmh. viii. 24; Eabh. vii. 25).

Is ann anns na fìrinnean mòra so a tha 'n deadh sgeul air a cumail. Tha iad beag 'an àireamh agus tha iad so-thuigsinn, air chor a's gu'm feud leanabh an cuimhneachadh agus an tuigsinn. Is iad na boc-sachain a tha 'cumail nan suedan neamhaidh. Is iad na cupain a tha 'cumail an uisge bheò air son an anama thartmhoir, na bascaidean òir anns an do chuir Dia aran na beatha, an t-aran fìor a thàinig a nuas o neamh, ni ma dh'itheas neach dheth cha'n fhaigh e bàs am feasd. Is iad na leabhraichean anns a' bheil sgrìobhta gu h-aithghearr eachdraidh air tròcair mhòr Dhé; eachdraidh cho simplidh a's gu'm feud an "duine baoghalta" a leughadh agus a tuigsinn, cho fìor agus cho cinnteach a's nach urrainn uile ghliocas an t-saoghail, no uile ais-innleachdan ifrinn a dearbh-chinnteachd a charachadh.

Is e eòlas air na nithibh so slàinte. Orra so tha

sinn a' socrachadh ar muinghin; oir is iad foillseachadh air Ainm Dhé; agus tha e sgrìobhta, "Cuiridh iadsan d' an aithne d' ainm an dòigh annad" (Salm ix. 10).

Eisdeamaid ri searmonachadh abstolach, agus faiceamaid mar tha na fìrinnean a dh'ainmich sinn air un cur mar *chinn* nan ceud searmoinean a bha air an searmonachadh,—mar a bha searmoin Pheadair ann an Ierusalem, no searmoinean Phòil ann an Corintus agus 'an Antioch. B' e searmoin Pheadair ann an Ierusalem (Gnìomh. ii. 29-36) gu'n deachaidh Iosa o Nasaret a chaidh a cheusadh, a thogail o na marbhaibh, agus àrdachadh gu rìgh-chaithir Dhé, air dha bhi air a dheanamh araon 'na Thighearna agus 'na Chriosd. Chuir an t-abstol so an céill mar "dheadh sgeul." B' ionann brìgh searmoin Phòil ann an Antioch; Eadhon, aithris air na fìrinnean a thaobh bàis agus aiseirigh Iosa; agus bha co-chur na searmoin ud anns na briathraibh so, "Uime sin biodh fhios agaibh-sa, fheara agus a bhràithre, gur ann tre'n duine so a ta maitheanas pheacanna air a shearmonachadh dhuibh; agus trìd-san a ta gach neach a chreideas air a shaoradh o na h-uile nithibh" (Gnìomh. xiii. 38, 39). Tha e 'toirt duinn a' chunntais a leanas air a shearmonachadh, "Os bàrr, a bhràithre, tha mi "cur an céill duibh an soisgeul a shearmonaich mi dhuibh, ris an do ghabh sibhse mar an ceudna, agus anns am bheil sibh 'n 'ur seasamh: troimh mar an ceudna am bheil sibh air bhur tèarnadh, ma chumas sibh gu daingean an ni a shearmonaich mi dhuibh, mur do chreid sibhse gu dìomhain. Oir thug mi dhuibh air tùs an ni a fhuair mi mar an

ceudna, Gu'n d'fhuair Criosd bàs air son ar peacanna a réir nan sgriobtur: agus gu'n d'adhlaiceadh e, agus gu'n d'éirich e a rìs air an treas là a réir nan sgriobtur" (1 Cor. xv. 1–4). An sin tha e ag ràdh mar an ceudna: "Is ann mar so a tha sinne a' searmonachadh, agus is ann mar so a chreid sibhse" (ii. 11).

B'ann mar so a shearmonaich na h-abstoil. B'e so soisgeul Phòil. Dh'aithris e beagan nithean mu thimchioll Chriosd, maille ri dearbhadh air am fìrinn agus an cinnteachd, chum gu'n creideadh na h-uile a chluinneadh, agus gu'm biodh iad air an tèarnadh. Anns na fìrinnean so tha gràdh Dhé do pheacaich air a chur an céill; agus tha an t-slàinte mhòr air a foillseachadh. Is e so an soisgeul a tha 'na "chumhachd Dhé chum slàinte do gach neach a chreideas: oir tha fìreantachd Dhé air a foillseachadh ann tre chreidimh gu creidimh" (Ròmh. i. 16, 17). B'e bu bhrìgh dha, cha-n e, "Dean so no sud; saothraich agus bi 'g urnuigh, agus gnàthaich na meadhonan;"—cha *soisgeul* sin ach *lagh;* ach, Rinn Criosd na h-uile ni. Rinn e uile e' n uair a thugadh thairis e air son ar ciontaidh, agus a thogadh suas a rìs e air son ar fìreanachaidh" (Ròmh. iv. 25). Rinn e uile e 'nuair a "rinn e sìth tre fhuil a chroinncheusaidh-san" (Col. i. 20). "Tha e crìochnaichte" (Eoin xix. 30). Tha a *dheanamh-san* cho coimhlionta a's nach d'fhàg e ni air bith gu bhi air a dheanamh *leinne.* Cha-n 'eil againne ach ri dol a steach do'n aoibhneas a tha 'g éiridh o thios a bhi againn gu'm bheil an t-iomlan deanta! "Is i so an fhiannis, gu'n d'thug Dia dhuinn beatha mhaireannach: agus tha a' bheatha so 'n a Mhac" (1 Eoin v. 11).

Ach tionaileamaid r' a chéile cuid do "ràidhean fìora Dhé" mu Chriosd agus 'obair. Annta so gheibh sinn mìneachadh Dhé air na fìrinnean mu'n do labhair sinn a cheana. Chi sinn ciod an seadh a tha an Spiorad Naomh a' toirt asda so, agus mar sin "cha bhi ar creidimh ann an gliocas dhaoine, ach 'an cumhachd Dhé" (1 Cor. ii. 5). B'ann mar so a thug ar Tighearna e féin, mu'n d'fhàg e 'n saoghal, air falbh mi-chreidimh na muinntir a bha fo theagamh mu'n cuairt da. Chuir e 'n cuimhne dhoibh am focal sgrìobhta, "Mar so tha e sgrìobhta, agus mar so b'éigin do Chriosd fulang, agus éirigh o na marbhaibh an treas là; agus aithreachas agus maitheanas peacaidh 'bhi air an searmonachadh 'n a ainm-san do na h-uile chinnich, a' tòiseachadh aig Ierusalem" (Lucas xxiv. 46).

Eisd, ma ta, ri focal an Tighearna! Oir théid neamh agus talamh thairis, ach cha téid na briathran so thairis. "A thugadh thairis air son ar ciontaidh, agus a thogadh suas a rìs air son ar fìreanachaidh" (Ròmh. iv. 25). "Cha d'òrduich Dia sinn chum feirge; ach chum slàinte fhaotainn tre ar Tighearna Iosa Criosd, a fhuair bàs air ar son, chum co aca is faireach no codal dhuinn, gu'm bitheamaid beò maille ris" (1 Tes. v. 9, 10). "Leis an toil so tha sinne air ar naomhachadh tre toirt suas cuirp Iosa Criosd aon uair" (Eabh. x. 10). "Ann an àm iomchuidh bhàsaich Criosd aon uair air son nan daoine neodhiadhaidh" (Ròmh. v. 6). "Is e Criosd a fhuair bàs, seadh tuilleadh fòs, a dh'éirich a rìs, agus a ta air deas làimh Dhé, neach a ta mar an ceudna a' deanamh eadar-ghuidhe air ar son-ne" (Ròmh. viii.

34). "A thug e fèin air son ar peacanna" (Gal. i. 4). "Shaor Criosd sinne o mhallachadh an lagha, air dha bhi air a dheanamh 'n a mhallachadh air ar son" (Gal. iii. 13). "Anns am bheil againn saorsa tre 'fhuil-san, maitheanas nam peacadh, a rèir saoibhreis a ghràis" (Eph. i. 7). "Dh'irioslaich se e féin agus bha e ùmhal gu bàs, eadhon bàs a' chroinncheusaidh" (Phil. ii. 8). "Cuimhnich gu'n do thogadh o no marbhaibh Iosa Criosd, do shìol Dhaibhidh, a réir mo shoisgeil-sa" (2 Tim. ii. 8). "A thug e féin air ar son" (Tit. ii. 24). "Thugadh Çhriosd suas aon uair a thoirt air falbh pheacanna mhòrain" (Eabh ix. 28). "Chum gu'n deanadh Iosa an sluagh a naomhachadh le 'fhuil féin, dh'fhuiling e mar an ceudna an taobh a muigh do'n gheata" (Eabh. xiii. 12). "Dh'fhuiling Criosd mar an ceudna air bhur son" (1 Pead. ii. 21). "Neach a ghiùlain ar peacanna e féin 'n a chorp féin air a' chrann" (1 Pead. ii. 34). "Dh'fhuiling Chriosd féin aon uair air son pheacanna, am fìrean air son nan neo-fhìrean" (1 Pead. iii. 18). "Dh'fhuiling Criosd air ar son-ne 's an fheòil" (1 Pead. iv. 1). "Is esan an ìobairt-réitich air son ar peacanna" (1 Eoin ii. 2). "Dhàsan a ghràdhaich sinn, agus a dh'ionnlaid sinn o ar peacaibh 'n a fhuil féin" (Taisb. i. 5). "Is mise an Ti a tha beò, agus a bha marbh; agus, feuch, tha mi beò gu saoghal nan saoghal" (Tais. i. 18). "Mharbhadh thu, agus shaor thu sinne do Dhia le t'fhuil féin" (Taisb. v. 9).

Is fìrinnean Dhe iad so uile, air an sgrìobhadh ann am briathraibh Dhé. Tha na briathran so dìleas agus fìor; tha iad a' teachd uaithe-san do nach co-

masach breug a dheanamh ; agus tha iad cho fìor anns na làithibh deireannach so a's a bha iad o chionn ochd ceud deug bliadhna ; oir "seasaidh focal ar Dé-ne gu sìorruidh" (Isa. xl. 8 : 1 Pead. i. 25). Annta so tha sinn a' faotainn mìneachaidh cinnteach air na nithean a bha na h-abstoil a' cur an céill a thachair ; agus ann an sin tha sinn a' fòghlum na deadh sgéil mu'n rathad anns an d'thàinig slàinte o Dhia ceart a dh'ionnsuidh an duine a tha eucorach. FHUAIR IOSA BAS ! Is e sin pàigheadh nam fiach, fulang a' pheanais, bàs a' bhais ! DH'ADHLAICEADH E. Is e sin an dearbhadh air gu'n robh a bhàs'n a fhìor bhàs, a' cur feum air uaigh mar sinne. DH'EIRICH E A RIS. Le sin tha Dia a' cur an céill gu'm bheil esan, am Breitheamh ceart, riaraichte leis a' phàidheadh, cho maith a's leis-san a dh'ìoc e.

Am b'urrainn sgeula a's fèarr agus a's aoibhniche do'n pheacach na so a bhi? Ciod tuilleadh is urrainn esan iarraidh chum a riarachadh ach sin a thug a leithid do làn-riarachadh do'n Tighearna naomh, Dia néimh agus na talmhainn ? Mur foghainn so, cha-n urrainn dùil a bhi aige ri tuilleadh. Mur leòir so, is ann gu dìomhain a fhuir Criosd bàs.

Thug Dia mar so "'fhìreantachd am fagus" (Isa. xlvi. 13). Cha ruig sinn a leas dol suas do neamh air a son : bhiodh sin a' ciallachadh nach d'thàinig Criosd riamh a nuas. Ni mò a ruigeas sinn a leas dol sìos do dhoimhneachdaibh na talmhainn air a son ; bhiodh sin ag ràdh nach robh Criosd riamh air adhlacadh agus nach d'éirich e a rìs. Tha i am fagus. Tha i cho fagus 's a tha am focal mu'timchioll, a tha 'teachd a steach d'ar cluasaibh (Ròmh.

x. 10). Cha ruig sinn a leas sinn féin a chur thuige chum a toirt am fagus, no ni a dheanamh chum a tàladh d'ar n-ionnsuidh. Tha i cheana cho fagus, cho ro fhagus, a's nach urrainn sinn a toirt ni's dlùithe. Ma dh'fheuchas sinn ri faireachduinnean blàth agus suidhichean-inntinn maith a chur air chois, a chum faghail thairis air fuigheall astair a dh'fheudas sinn a shaoilsinn i bhi uainn, cha téid leinn; cha-n e mhàin do bhrìgh nach urrainn na cleachdanna so againn sin a dheanamh a tha sinn a' feuchainn r'a dheanamh, ach do bhrìgh nach 'eil feum air saothair air bith d'en t-seòrsa. Tha an ni deanta cheana. Thug Dia 'fhìreantachd am fagus do'n pheacach. Is e gnothuch a' chreidimh cha-n e a bhi ri h-obair, ach sgur, do dh'obair; cha-n e ni air bith a dheanamh, ach aideachadh gu'm bheil na h-uile ni deanta; cha-n e an fhìreantachd a thoirt am fagus, ach gàirdeachas a dheanamh innte mar cheana am fagus. Is e so "focal fìrinn an t-soisgeil" (Col. i. 5).

CAIB. VII.

FOCAL FIRIN AN T-SOISGEIL.

Salm xxxvi. 5-9.	Esec. xxxiv. 16.	Eoin iii. 16.
Salm lxxxvi. 5-15.	Micah vii. 18.	2 Cor. v. 18, 19.
Isa. xii. 1-3.	Lucas ii. 9. 14.	1 Tim. i. 11-16.

CIONNUS a thig mi am fianuis Dhé, agus a sheasas mi 'n a làthair, le muinghin shona air mo thaobh-sa, agus deadhghean gràsmhor air a thaobh-san?

Is i so ceisd a' pheacaich; agus tha e 'g a feòraich do bhrìgh gu'm bheil fios aige gu'm bheil *cionta* eadar e féin agus Dia. Gun teagamh b'i so ceisd Adhaimh, 'nuair a dh'fhuaigh e duilleagan na craoibh-fhìge r'a chéile air son còmhdach. Ach cha b'fhada gus an d'thugadh air a mhothachadh nach deanadh na duilleagan-fìge an gnothuch. Feumaidh e bhi air a chòmhdach *gu h-iomlin*, cha-n ann '*an cuid* a mhàin; agus sin le ni-éigin nach urrainn eadhon sùil Dhé faicinn triomhe. Mar tha Dia a tighinn fagus, tha e 'mothachadh a chuid dhuilleagan-fìge a bhi gun fheum, agus tha e 'ruith a stigh am measg duillich tiugh Edein chum e féin fholach o shùil Dhé. Tha an Tighearna 'tighinn dlùth do'n duine 's e fo gheilt-chrith, agus a' toirt air a mhothachadh *nach dean* 'ionad-folaich an gnothuch. Tha e 'n sin a' tòiseachadh air innseadh dha ciod *a ni* an gnothuch. Tha e 'foillseachadh còmhdaich a's fearr agus ionad folaich a's fearr. Tha e 'g a fhoillseach-

adh féin mar Dhia a' ghràis, an Dia a tha 'fuathachadh a' pheacaidh, gidheadh a tha 'gabhail pàirt a' pheacaich an aghaidh nàmhuid a' pheacaich—an t-seann nathair. Agus so uile tre shìol na mnà—an "duine" a's e am fìor "ionad-fasgaidh" (Isa. xxxii. 2). Feudaidh Adhamh a nis tiuighead na coille fhàgail gu tearuinte; a' mothachadh anns a' ghràs so a th'air fhoillseachadh gur urrainn e "seasamh" (Ròmh. v. 2) an làthair Dhe gun eagal no nàire. Tha e air cluinntinn na deadh sgéil; agus goirid mar tha i, dh'aisig i a mhuinghin agus chaisg i a gheilt.

Cluinneamaid an deadh sgeul, agus cluinneamaid i mar a rinn Adhamh,—o bhilean Dhé féin. Oir tha an ni sin a tha air fhoillseachadh chum gu'n creideamaid e air a chur f'ar comhair air ùghdarras Dhé, agus cha-n ann air ùghdarras duine. Tha sinn cha-n e mhàin gus an fhìrrin a chreidsin, ach tha sinn gus a creidsinn *do bhrìgh gu'n do labhair Dia i.* Feumaidh stéidh Dhiadhaidh 'bhi aig a' chreidimh.

Tionailidh sinn r'a chéile beagan de na fìrinnean so; ag iarraidh air an anam iomaguineach beachd-smuaineachadh orra *mar o Dhia.* Na h-abradh e gur aithne dha iad cheana; ach gabhadh e ar cuireadh gu siubhal maille ruinne air feadh raoin fìrinn an t-soisgeil. Is ann o Dhia féin a dh'fheumas sinn fòghlum; agus is an a mhàin le bhi 'g éisdeachd ri dearbh bhriathra Dhé a thig sinn gu fìor eolas air ciod e an soisgeul. Is iad a bhriathra féin a's fìrinniche, a's simplidh, agus a's fearr. Cha-n e mhàin gur iad a's dòcha coinneachadh r'ar cor; ach is iad na briathran a gheall e onoireachadh agus a bheannachadh.

Cluinneamaid ma ta, briathra Dhé a thaobh a "ghràis," no a "shaor-ghràidh," no a "thròcair" féin. "Chaidh an Tighearna seachad fa 'chomhair, agus ghairm e, an Tighearna, an Tighearna Dia, iochdmhor agus gràsmhor, fad-fhulangach, agus pailt ann an caoimhneas agus 'am fìrinn, a' gleidheadh tròcair do mhìltibh, *a' maitheadh aingidheachd, agus eusaontais, agus peacaidh*" (Escod. xxxiv. 6, 7). "Tha'n Tighearna *fad-fhulangach* agus *mor-thròcaireach*" (Aireamh xiv. 18). "Is *lìonmhor* a *thròcairean*" (2 Sam. xxiv. 14). "*Gràsmhor* agus *tròcaireach* tha'n Tighearna bhur Dia" (2 Eachd. xxx. 9). "Is Dia thusa a tha *ealamh gu maitheanas a thoirt seachad, gràsmhor* agus *tròcaireach*" (Neh. ix. 17). "*Gu bràth mairidh a thròcair* (1 Eachd. xvi. 34). "Tha thusa a' Thighearna, *maith* agus *iochdmhor*, agus *pailt ann an tròcair* dhoibh-san uile a ghairmeas ort" (Salm lxxxvi. 5). "Tha thusa a' d' Dhia iochdmhor, agus gràsmhor, mall chum feirge, agus pailt ann an tròcair agus am fírinn" (Salm lxxxvi. 15). "Is mòr *do thròcair* gu ruig na neamha" (Salm lvii. 10). "Is mòr do *thròcair* os ceann nan neamh" (Salm cviii. 4). "Tha a *chaomh thròcairean* os ceann 'oibre uile" (Salm cxlv. 9). "Cò a's Dia ann cosmhuil riutsa, a *mhaitheas aingidheachd*, agus a ghabhas seachad air eusaontas iarmaid 'oighreachd? Cha ghléidh e a chorruich gu sìorruidh, a chionn gur *toigh leis tròcair*" (Mic. vii. 18). "Gràdhaichidh mi iad gu saor" (Hos. xiv. 4.). "Is ann mar so a *ghràdhaich* Dia an saoghal, gu'n d' thug e 'aon-ghin Mhic féin" (Eoin iii. 16). "Tha Dia a' moladh a ghràidh féin duinne" (Ròmh. v. 8). "Dia, *a tha*

saoibhir ann an tròcair, air son a *mhòr-ghràidh leis an do ghràdhaich e sinn*, eadhon air dhuinn a bhi marbh ann am peacaibh" (Eph. ii. 4). "*Caoimhneas agus gràdh* Dhé ar Slànuighir do dhaoinibh" (Tit. iii. 4). "A réir a *thròcair* féin shaor e sinn" (Tit. iii. 5). "An so *dh'fhoillsicheadh gràdh Dhé* dhuinne, do bhrìgh gu'n do chuir Dia 'aon-ghin Mhic do'n t-saoghal, chum gu'm bitheamaid beò trìd-san; an so a ta gràdh, cha-n e gu'n do ghràdhaich sinne Dia, ach gu'n do *ghràdhaich esan* sinne, agus gu'n do chuir e a Mhac féin gu bhi 'n a ìobairt-réitich air son ar peacanna" (1 Eoin iv. 9, 10). "Aon-ghin Mic an Athar, *làn gràis* agus fìrinn" (Eoin i. 14); "thainig *an gràs* agus an fhìrinn le Iosa Criosd" (Eoin i. 17); "focal a *ghràis*" (Gniomh. xiv. 3); "soisgeul gràis Dhé" (Gniomh. xx. 24).

Is iad sin beagan de bhriathraibh an Ti do nach comasach breug a dheanamh, mu thimchioll a ghràis, no a shaor-ghràidh féin. Tha na briathran so dìleas agus fìrinneach; agus ged is beag aideachadh, maith a dh'fheud-te, a rinn sinne air iad a bhi mar sin, agus ged is beag aire a dh'fheudadh sinn a thoirt do'n deadh sgeul a tha iad a' cur an céill, gidheadh tha iad uile freagarrach chum sìth a labhairt ris an anam a's mò a tha fo thrioblaid, agus a's truime air am bheil uallach. Tha gach aon de na briathraibh gràis so cosmhuil ri reul a' boillsgeadh anns an speur chruinn, ghuirm os ar ceann; no cosmhuil ri tobar uisge a' taomadh a mach 'ùraileachd am measg chreagan agus ghaineimh an fhàsaich. Is beannaichte iadsan d'an aithne an fhuaim aoibhneach so (Salm lxxxix. 15).

Na abradh neach air bith,—Is aithne dhuinn na h'earannan sin uile; ciod am feum a th'ann an leughadh agus an ath-leughadh bhriathran air am bheil sinn cho eòlach? Is mòr sin air gach dòigh. Gu h-àraidh do bhrigh gur ann 'an leithide so de dh'iomradh air saoibhreas saor ghràidh Dhé a tha 'n soisgeul air a phasgadh suas; agus is ann a mach asda so a tha an Spiorad a' frithealadh soluis agus sìthe dhuinn. Is iad so na briathran air an toigh leis onoir a chur mar a theachdairean aoibhneis a dh'ionnsuidh an anama. Cluinn, ma ta, annta so guth gràidh an Spiuraid, cho maith ri gràdh an Athar agus a' Mhic! Mur faigh thu sìth 'tighinn a mach asda a' d'ionnsuidh a cheud uair a leughas tu iad, leugh a rithist iad. Mur faigh thu bheag an dara uair, leugh iad uair eile fathast. Mur faigh thu ni an ceudamh, no am mìleamh uair, beachdaich a rithist orra. "Tha focal Dhé *beo* agus *cumhachdach*" (Eabh iv. 12); is iad a bhriathran "briathra *na beatha*" (Gniomh. vii. 38); tha 'fhocal *beo*, agus *mairidh* e gu sìorruidh (1 Pead. i. 23); tha 'fhocal mar *theine*, agus mar *òrd* a bhriseas a' charraig 'n a bloighdibh (Ier. xxiii. 29). Is e an soisgeul "cumhachd Dhé" (Ròmh. i. 16); agus is ann le foillseachadh *na fìrinn*" a tha sinn 'g ar moladh féin do choguis nan uile dhaoine ann an sealladh Dhé (2 Cor. iv. 2).

Cha-n 'eil briathran ann, air neamh no air talamh, cosmhuil ri briathran Dhé. Is ann air an aobhar so a tha thu gu beachdachadh le aire air an ni "a tha sgrìobhta;" oir sgrìobh E fein e; agus sgriobh e air do *shon-sa* e. Na smuainich gu'm bheil e dìomhain

na h-earannan so a leughadh a rithist agus a rithist. Dealraichidh iad fadheòidh ; agus lasaidh iad suas an t-anam dorcha sin agad le dearbh ghàirdeachas nam flaitheas.

Is tric a sheall thu suas ris an speur ann an eadar-sholus an anmoich, a' rannsachadh air son reul a bha dùil agad fhaotainn 'na h-àite gnàthaichte. Cha-n fhaca tu i 'n toiseach, ach bha fios agad gu 'n robh i 'n sin, agus gu 'n robh a solus gun lughdachadh. Mar sin, an àite do shùil a dhùnadh no tionnadh air falbh gu cuspair éigin eile, bhuanaich thu a' dearcadh leis an tuilleadh agus an tuilleadh aire air an àite anns an robh fios agad i bhi. Air dhuit a bhi 'g amharc thàinig an reul mar gu 'm b' ann a mach as an speur gu h-athaiseach, fann ; agus chrìochnaich do rannsachadh foighidneach ann am faghail a mach an t-seud a bha thu 'g iarraidh.

Is ann dìreach mar so a thachair do na h-earannan sin a tha 'labhairt riut mu shaor ghràdh Dhé. Tha thu 'g ràdh, Dh'amhairc mi steach annta, ach cha-n 'eil ni air bith annta air mo shon-sa. Na tionndaidh air falbh uatha, mar gu'm b' aithne dhuit iad cho maith cheana, a's nach urrainn thu ni ùr fhaotainn annta. Cha-n fhaca tu iad fathast. Tha iongantasan, os ceann na h-uile luach, foluichte anns gach aon diubh. Rannsaich iad, agus beachdaich le aire orra. Tha an Spiorad Naomh ro dheònach a' ghlòir a tha annta fhoillseachadh dhuit. Is e a dhreuchd, is e a thlachd a bhi 'n a fhear-teagaisg a' pheacaich. Cha bhi e air dheireadh ortsa ann an toilealachd. Tha e anabarrach cudthromach gu 'n cuimhnicheadh tu so ; air eagal gu 'n cuireadh tu doilgheas air agus gu'm

fuadaicheadh tu e le t-anearbsa. A chaoidh na caill sealladh air an fhìrinn mhòir so, gur e *anearbsa à Dia* an t-olc sin annad a tha ' n a fhreumh seirbhe do'n anam ; an-earbsa as an Athair, a ghràdhaich an' saoghal cho mòr a's gu'n d'thug e seachad a Mhac ; an-earbsa as a' Mhac a thàinig a shireadh agus a theàrneadh an ni sin a bha caillte ; an-earbsa as an Spiorad Naomh, aig am bheil a chaomh thròcairean os do cheann, agus d'an obair ghràidh Criosd Dhé fhoillseachadh do t' anam, A bhàrr air so, thoir an aire, ann a' bhi 'g a d'theagasg-sa gu'm bheil e a, cur onoir air 'fhocal féin agus a' glòireachadh Chriosd. Cha ruig thu leas, ma seadh, a bhi amharusach gu'm bheil e caoin-shuarach mu d'thimchioll, no a chur an teagamh e bhi toileach air sùilean t-inntinn a shoillseachadh. Am feadh a tha dearbh-bheachd agad gur e a theagasg-san a mhàin a's urrainn a bhi chum fìor fheum dhuit, na cuir doilgheas air le bhi 'dealachadh a ghràidh, ann an sgrìobhadh a Bhìobuill air do shon, o a thoilealachd gu bhi 'toirt ort a thuigsinn. Esan a thug dhuit am focal mìnichidh e air do shon e. Cha-n 'eil e 'seasamh fad air ais uait no o 'fhocal féin, mar gu'm biodh feum aige air impidh bhi air a chur air, no bhi air a cheannach le d'ghnìomharan agus le d'ùrnuighean, gus an fhìrinn nèamhaidh fhoillseachadh dhuit. Earb as air son teagaisg. Blais agus faic gu'm bheil e maith. Gabh cothrom air ball air a ghràdh agus a chumhachd.

Na abair, cha-n 'eil còir agam air earbsadh as gus am bi mi air m' iompachadh. Tha thu gu earbsadh as *mar pheacach*, cha-n ann mar dhuine iompaichte. Tha thu gu earbsadh as *mar tha thu*,

cha-n ann mar tha dòchas agad a bhios tu air do dheanamh, 'an ùine gheàrr. Cha-n e t'iompachadh do bharandas air son earbsadh as. Is e peachadh mòr duine neo-iompaichte nach 'eil e ag earbsadh as an Dia a rinn e; an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh; agus cionnus a's urrainn e bhi cho *amaideach*, gun a ràdh *cho aingidh*, a's gu'n iarradh e barandas air son a' pheacaidh a' thréigsinn? Ciod a theireadh tu ri gadaiche a theireadh. Cha-n 'eil barandas agam air sgur de ghoid; feumaidh mi feitheamh gus am bi mi air mo dheanamh a'm dhuine onorach an sin bheir mi thairis e? Agus ciod a their mi ri neach nach 'eil ag earbsadh á Dia, a their rium nach 'eil barandas aige air 'an-earbsa a thoirt thairis, do bhrìgh nach 'eil còir aige air earbsadh á Dia gus am bi e air iompachadh? Is e aon de na nithibh a's mò ann an iompachadh *tionndadh o an-earbsa gu earbsa.* Mur eil còir agad air tionndadh air ball o an-earbsa gu earbsa, cha-n 'eil t-an-earbsa 'n a peacadh. Ach ma's e an-earbsa as an Spiorad Naomh aon de d'pheacaidhean a's mò, cia co amaideach 's a tha e a ràdh, cha-n 'eil còir agam air earbsadh as gus am bi mi air m'iompachadh! Oir nach e sin dìreach a bhi 'g ràdh, cha-n 'eil còir agam air earbsadh as gus an earb mi as?

Tha thu 'g ràdh gu'm bheil fios agad gu'm bheil Dia gràsmhor, gidheadh, le d'ghiùlan, tha thu 'feuchainn nach 'eil thu 'creidsinn e bhi mar sin; no, co dhiùbh nach 'eil e cho gràsmhor a's gu'm bheil e toileach 'fhocal fein a mhìneachadh dhuit. Tha thu 'creidsinn e bhi cho gràsmhor a's gu'n d'thug e seachad 'aonghin Mic; gidheadh, tha an rathad air am bheil

thu 'buntuinn ris, a thaobh 'fhocail, a' feuchainn nach 'eil thu creidsinn gu'm bheil e toileach a Spiorad a thoirt chum 'fhìrinu a dheanamh aithnichte. Ni h-eadh, tha thu 'saoilsinn thu féin a bhi mòran ni's toiliche a bhi air do theagasg na tha esan air teagasg, ni's toiliche a bhi air do bheannachadh na tha esan air beannachadh.

Tha thu ag ràdh, Feumaidh mi *fuireach* gus an soillsich Dia m'inntinn. Na'n d'thuirt Dia riut gur e fuireach an rathad gu solus, bhiodh tu ceart. Ach cha d'thuirt e riut ann an àit air bith *fuireach;* agus cha-n 'eil 's a' bheachd a th' agad air fuireach ach leithsgeul air son gun earbsadh as air ball. Ma tha do dhòigh-sa air dol mu'n chùis ceart, is éigin gu'n d'thuirt Dia araon, "Thig" agus "Fuirich." "Thig a nis, ach na tig a nis"—dà ni a tha 'n aghaidh a chéile. 'Nuair a tha duine saoibhir caoimhneil a' cur fios gu bacach bochd tighinn d'a ionnsuidh air ball agus gu'n deanar air a shon, tha e 'cur a charbaid chum a ghiùlan. Cha-n 'eil e 'g ràdh, "Thig; ach gidheadh, o'n a tha thu bacach, agus nach 'eil seòl iomchair agad, feumaidh tu na h-uile maoidhean a's urrainn thu a dheanamh, agus na h-uile meadhon a tha 'd' chomas a chleachdadh, gu thoirt ormsa mo charbad a chur air do shon." Tha an cuireadh agus an carbad a' dol cuideachd. Is mò gu mòr a tha so fìor a thaobh Dhé agus a theachdaireachd. Tha 'fhocal agus a Spiorad a' dol cuideachd. Cha-n e gu'm bheil an Spiorad *ann* an fhocal, no an cumhachd *ann* an teachdaireachd, mar a their cuid gu h-amaideach riut. Tha iad eadardhealaichte, ach tha iad a' dol cuideachd. Agus tha

do mhearachd-sa a' co-sheasamh ann a' bhi 'smuaineachadh gu'm feud esan a chuir an dara h-aon gun bhi toileach an t-aon eile a chur. Tha thu 'smuaineachadh gur esan, cha-n e thu féin, a tha 'cruthachadh na h-eadar-ùine ris am bheil thu ag ràdh "fuireach;" ged is e th'anns an fhuireach so da rìreadh a bhi 'diùltadh le comhairle shuidhichte géill a thoirt do ni a tha Dia ag àithneadh, agus a' rùnachadh, an àite sin, ni-eigin eile a dheanamh nach d'àithn e; a' rùnachadh leithsgeul a dheanamh de 'bhi deanamh an ni sin eile, air son gun bhi 'deanamh an dearbh ni a th' air àithneadh! Is ann mar so a tha thu 'cur na coire uait féin le bhi 'tagradh do neo-chomais: seadh, tuilleadh, tha thu 'cur coire air Dia, mar nach biodh e toileach an ni sin a dheanamh air ball a tha e ro thoileach a dheanamh.

Tha Dia ag àithneadh gabhail *gun dàil* r' a Mhac, creidsinn *gun dàil* 's an t-soisgeul. Tha thu a' seachnadh an dleasdanais so fo'n leithsgeul, o nach urrainn thu gabhail ri Criosd thu féin, gu'm feum thu dol agus iarraidh air do dheanamh comasach air sin a dheanamh. Leis an leithsgeul so tha thu 'feuchainn ri faighinn cuidhte 's mothachadh claoidhteach air an fheum a th' air ùmhlachd *air ball.* Tha thu 'cur sàmhach do choguis leis an smuain gu'm bheil thu 'deanamh 'n a's urrainn duit, aig a' cheart àm, agus nach 'eil thu mar sin ciontach de mhi-chreidimh, mar bha thu roimhe, a mheud gu'm bheil thu 'g *iarraidh* 'bhi creidsinn, agus gu'm bheil thusa 'deanamh *do chuid féin* anns a' ghnothuch mhòr so!

Cha dean e 'n gnothuch. Is i an àithne, "Creid anns an Tighearna Iosa Criosd." Cha-n 'eil ni a's

lugha na so taitneach do Dhia. Agus ged is e dleasdanas gach uile dhuine bhi 'g ùrnuigh, dìreach mar is e dleasdanas gach uile dhuine Dia a ghràdhachadh, agus a reachdan a choimhead, gidheadh cha-n fheud thu thu féin a mhealladh leis an smuain gu'm bheil thu 'deanamh an ni cheirt, 'n uair tha thu a mhàin *ag ùrnuigh gu'n creideadh* tu, an àite *bhi a' creidsinn.* Feudaidh an gaduìche iarrtus a bhi aige air sgur de ghoid, agus a bhi 'g ùrnuigh gu'm biodh e air a dheanamh comasach air a toirt thairis; gidheadh tha e fathast 'n a ghaduiche gus an toir e da rìreadh thairis i.

Cha-n i 'cheisd am bheil no nach 'eil ùrnuigh 'na dleasdanas, ach am bheil e 'n a ni ceart agus taitneach do Dhia a bhi 'g urnuigh *ann am mi-chreidimh.* Is e dleasdanas gach uile dhuine bhi 'g ùrnuigh; agus tha e cho amaideach 's a tha e neo-sgriobtuireil a ràdh gu'm bheil duine bhi neo-iompaichte 'g a fhuasgladh o'n dleasdanas so. Ach 's i so an fhìor phuing a tha sinn a sparradh dhachaidh air a' pheacach, An ann gu ùrnuigh chreidmheach, no gu ùrnuigh mhi-chreidmheach a tha Dia 'g a d' ghairm? Is e 'th' ann an ùrnuigh gun chreidimh urnuigh ri Dia neo-aithnichte, agus cha-n urrainn e bhi 'n a dhleasdanas duit a bhi 'g ùrnuigh ri Dia neo-aithnichte.

Feumaidh tu dol gu d' ghlùinibh, a' creidsinn aon chuid gu'm bheil Dia toileach, no *nach 'eil* e toileach do bheannachadh. Ma tha thu 'creidsinn nach 'eil e toileach, cha-n urrainn dùil a bhi agad ri freagradh no beannachd. Ma tha thu 'creidsinn gu'm bheil a toileach, *tha thu da rìreadh, ged is ann gun fhios duit, a' creidsinn cheana;* mar tha e

sgrìobhta, "Is éigin do'n ti a thig a dh'ionnsuidh Dhé a chreidsinn gu 'bheil e ann, agus gur e an Ti e a bheir duais do'n dream a dh'iarras e gu dìchiollach" (Eabh. xi. 6). Ann a bhi 'cumail a mach dleasdanais a bhi 'g ùrnuigh roimh chreidsinn, cha-n fheud e bhi gu 'bheil thu 'ciallachadh gur e do dhleasdanas dol gu Dia ann am mi-chreidimh. Cha-n urrainn gur e tha thu 'ciallachadh a ràdh gur còir dhuit dol gu Dia, a' creidsinn nach 'eil e toileach do bheannachadh, chum a's le bhi 'g urnuigh mar sin gu'n cuir thu impidh air gu thoirt ort a chreidsinn gu 'bheil e toileach. Am bheil thu gu buanachadh ann am mi-chreidimh gus an tuit creidimh a steach annad ann an rathad mìorbhuileach éigin, agus an co-éignich Dia thu gu creidsinn? Am feum thu dol gu Dia le urnuigh a tha neo-thaitneach dha, chum 'aomadh gu comas urnuigh thaitneach a dheanamh a thoirt dhuit? An e so a tha thu 'ciallachadh le dleasdanas a bhi 'g ùrnuigh chum creidsinn? Mur e, is e mealladh agus peacadh a th'ann.

A' tuigsinn ùrnuigh anns an t-seadh sgriobtuireil, theirinn ris na h-uile duine a bhi *'g urnuigh*, ceart mar theirinn ris na h-uile duine *creidsinn*. Oir tha ùrnuigh a' filleadh a stigh creidimh. Tha i 'gabhail a stigh gur aithne do'n duine ni-eigin mu'n Dia dh'ionnsuidh am bheil e 'dol; agus is e sin creidimh. "Ge be a ghairmeas air ainm an Tighearna, tèarnar e" (Ròmh. x. 13). Ach maille ri so, tha an t-abstol ag ràdh, "Cionnus a ghairmeas iad airsan anns nach do chreid iad?" (Ròmh. x. 14). Nach 'eil an rann mu dheireadh so a' dol gu fìor fhreumh na cùise a tha r' ar n-aghaidh? Is e dleasdanas gach neach

"gairm air ainm an Tighearna" (Ioel ii. 32; Gnìomh. ii. 21); seadh, is e peacadh mòr nam mi-dhiadhaidheach nach'eiliad a' deanamh mar sin (Salm xiv. 4; Ier. x. 25). Gidheadh tha an t-abstol ag ràdh, "Cionnus a ghairmeas iad airsan anns nach do chreid iad?"

Ach cha téid mi ni's faide steach 's a' phuing so anns an àite so. Feudaidh gu'n tig i r' ar n-aghaidh a rithist. 'S a' cheart àm chuirinn dìreach 'na d'chuimhne an sgeul mu shaor ghràdh Dhé ann an tabhairt a Mhic gu saor. Eisd ris an ni a tha e féin ag innseadh dhuit mu thimchioll so, agus biodh aithne agad air an Dia a tha 'g iarraidh ort gairm air 'ainm; oir na'm b'aithne dhuit an Dia so agus tiodhlac mòr a ghràidh, dh'iarradh tu airsan, agus bheireadh e uisge beò dhuit (Eoin iv. 10). Cuimhnich nach e th'anns an t-soisgeul clàr-ainme de dhleasdanasan a tha r' an coimhlionadh, no de fhaireachdainnean a tha ri bhi air an gineamhuin, no de shuidhichean-inntinn a dh'ionnsuidh am bheil sinn gu sinn féin oibreachadh le ùrnuigh, chum a thoirt air Dia beachd maith a bhi aig' òirnn, agus a chum sin féin a dheanamh iomchuidh air son maitheanas fhaotainn. 'S e an soisgeul an deadh sgeul mu'n obair mhòir a rinneadh air a' chrann-cheusaidh. Tha eòlas air an obair chrìochnaichte sin a' toirt sìthe air ball.

Leugh a rithist agus a rithist na briathran iongantach a thug mi air aghaidh o 'leabhar féin. Is e leabhar beò, cha-n e leabhar marbh a th' anns a' Bhìobul; leabhar Dhé, cha-n e leabhar duine; leabhar iomlan, cha-n e leabhar neo-iomlan. Rannsaich e, cnuasaich e, cladhaich a steach ann. "A mhic"

arsa Dia ar n-Athair, "gabh m'fhocail; taisg m' àitheantan maille riut; aom do chluas ri gliocas; dean greim daingean air teagasg; do m' ghliocas thoir an aire, agus ri m' thuigse aom do chluas; gléidh mo bhriathran, agus taisg m' àitheantan maille riut." Na abair gur ann air son cloinne Dhé a mhàin a tha na teachdaireachdan so; oir, mar gu'm b'ann chum so a bhacadh, tha Dia mar so a' labhairt ris na "daoine baoghalta," ris an "luchd-fochaid," ris na "h-amadain," "Pillibh ri m' achmhasan;" a' nochdadh dhuinn gur ann 'an éisdeachd r'a 'bhriathra-sa tha an duine baoghalta, am fear-fochaid, an t-amadan, a' sgur de bhi mar sin, agus a tighinn gu bhi 'n an cloinn. Na bi 'dol air d'ais gu d'sheana chàs a thaobh d'fheum air an Spiorad Naomh; oir, mar gu'm b'ann chum so a choinneachadh, tha Dia, anns an earann de'n fhìrinn a thug sinn air aghaidh, ag ràdh, "Feuch, dòirtidh mi mach mo Spiorad oirbh; ni mi aithnichte mo bhriathran dhuibh" (Gnàth. i. 23). Cha b' àill le Dia leigeil leat, car aon mhionaid, a bhi 'cur an teagamh gu'm bheil esan toileach a Spiorad a chur an co-chuideachd 'fhocail.

Thoir urram do bhriathra Dhé; agus thoir urram dhàsan a sgrìobh iad, le 'bhi 'g earbsadh as air son eadar-mhìneachaidh agus soluis. Na toir mi-mheas orra le bhi 'g ràdh "litir mharbh" riu. Cha-n 'eil iad marbh. Ma ghnàthaicheas tu an samhladh "bàs" anns a' chùis so, gnàthaich gu cothromach e. Tha iad 'n am "boltrach bàis chum bàis anns an dream a sgriosar;" ach cha-n 'eil so ach a' feuchainn na beathalachd eagalaich a th' annta. Mar a tha fuil Chriosd aon chuid a' glanadh no a dìteadh, is

amhuil a tha briathran an Spioraid aon chuid a' marbhadh no a' toirt beò. "Na briathran a tha mise a' labhairt ribh, is Spioraid agus is beatha iad" (Eoin vi. 63).

A rìs tha mi 'g ràdh riut, Thoir urram do bhriathra Dhé. Biodh iad ro mhòr agad. Tha na briathran, "Dhoibhsan a bheir urram dhòmhsa bheir mise urram," cho fìor mu'n Sgriobtur 's a tha iad mu Dhia an Sgriobtuir. Tha sìth, solus, comhfhurtachd, beatha, slàinte, naomhachd paisgte suas annta. "Bheothaich t'fhocal mi" (Salm cxix. 50). "Gu bràth cha dì-chuimhnich mi do reachdan: oir leò-san bheothaich thu mi" (Salm cxix. 93).

Is ann tre *chreidsinn na fìrinn* a thagh Dia sinn o thùs chum slàinte (2 Tesul. ii. 13). Is ann "*le focal na fìrrin*" a ghin e sinn (Seum i. 18); agus tha so uile ann an làn cho chòrdadh ris an fhìrinn mhòir gu'm bheil an duine gu tur neo-chomasach, agus gu'm bheil feum aige air an Spiorad Uile-chumhachdach.

"Uime sin, is ann o éisdeachd a thig creidimh, agus éisdeachd tre fhocal Dhé" (Ròmh. x. 17). "Eisdibh, agus mairidh 'ur n-anam beò" (Isa. lv. 3)

CAIB. VIII.

CREID AGUS TEARNAR THU.

Gen. xv. 6.	Mata viii. 8-13.	Gnìomh. x. 43.
Isa. xxvi. 4.	Marc ii. 5.	1 Tim. i. 16.
Hab. ii. 4.	Eoin vi. 26-69.	1 Eoin v. 10.

Is e an Spìorad Naomh a mhàin a's urrainn ar tarruing chum a' chroinn-cheusaidh, agus ar ceangal ris an t-Slànurghear. Ma shaoileas neach gur urrainn e 'n gnothuch a dheanamh as eugmhais an Spioraid, tha aige fathast r' a fhòghlum cho peacach agus neochomasach 's a tha e féin. Cha bhiodh an soisgeul 'n a dheadh sgeul dhoibhsan a tha marbh 'am peacadh, mur biodh e 'g innseadh mu ghràdh agus mu chumhachd an Spioraid Naoimh, cheart cho soilleir 's a tha e 'cur an céill gràidh agus cumhachd Firio naid nam peacach.

Ach, am feadh a tha so r'a chumail 'nar beachd, feudaidh sinn feuchainn ri fòghlum o'n Sgriobtur ciod a tha sgrìobhta mu'n bhann a tha 'g ar ceangal fa-leth ri crann-ceusaidh Chriosd; 'g ar deanamh, le sin, 'n ar lachd-comhpairt de'n mhaitheanas agus de'n bheatha a tha 'n crann-c eusaidh sin a' foillseachadh.

Mar so, ma ta, tha e sgr ìobhta, " Le gràs tha sibh air bhur tèarnadh, tre chreidi mh; agus sin cha-n ann uaibh féin: is e tìodhlac Dhé e" (Eph. ii. 8).

Is e *creidimh*, mata, a' bhan n, an aon bhann eadar

am peacach agus Fear-giùlain a' pheacaidh. Cha-n e creidimh, mar obair no mar chleachdadh inntinn a dh'fheumas a bhi air a dheamamh gu ceart, chum ar deanamh iomchuidh no freagarrach air son maitheanais. Cha-n e creidimh, mar dhleasdanas diadhaidh troimh am feumar dol a réir riaghailtean àraidh, chum Criosd a ghluasad gus na sochairean a tha 'sruthadh o' obair féin a thoirt duinn. Ach creidimh a mhàin mar an ni sin a tha 'gabhail ri teisteas Dhé mu thimchioll a Mhic. Cha-n e creidimh mar a tha e 'n a fhreumh naomhachd, no mar an ni anns am bheil fillte stigh sìol gach uile òirdheirceis spioradail agus gach uile dheadh obair; ach is e creidimh a mhàin, agus sin dìreach mar ag aideachadh iomlanachd na h-ìobairt mòire air son peacaidh, agus fìrinn teisteis an Athar mu'n iomlanachd sin; mar a tha Pòl a' sgrìobhadh chum nan Tesalonianach, "chreideadh ar fianuis-ne 'n 'ur measg-sa" (2 Tes. i. 10). Cha-n e creidimh mar bhonn airgid, no mar ni anns a' bheil toillteanas; ach creidimh a' gabhail Dhé air 'fhocal, agus a' toirt creideis da mar a' labhairt na fìrinn onoraich, 'n uair tha e 'cur an céill gu'n do "bhàsaich Criosd air son nan daoine neo-dhiadhaidh" (Ròmh. v. 6), agus gu' bheil a' bheatha a th' anns a' bhàs sin air son pheacach, r' a faghail "gun airgiod, agus gun luach" (Isa. lv. 1).

Ach fòghlumamaid na nithibh mu thimchioll a' chreidimh so o bhilibh Dhé féin. Tha mi 'leigeil mòr chudthrom air so ann am buntainn ri muinntir a tha fuidh iomaguin. Oir mar is mò a théid againn air sùil agus coguis a' pheacaich a shocrachadh air briathra Dhé féin, 's ann is dòcha sinn a sheòladh

gu ceart, agus sinn a dh'fhaotainn làthaireachd an Spioraid Uile-chumhachdaich, an Ti a mhàin a's urrainn léirsinn a thoirt do na doill. Is ni gu sònruichte a tha an neach a tha fuidh iomaguinn a' faghail ro dhuilich a dheanamh, dealachadh ri mòran de'n mhothachadh agus de'n teagasg a bh' aige roimhe. Uime sin tha e ro fheumail beachdachadh le aire air briathran Dhe iad féin, leis am bheil am peacach air a dheanamh glic chum slàinte. Oir tha iad araon a' tilgeadh bun os cionn an ni a tha neo-fhìor agus neochoimhlionta, agus a' teagasg an ni a tha fìor agus coimhlionta.

Thugamaid fainear cia cho tric agus cho diongmhalta 's a tha Dia a' labhairt mu "chreidimh" agus mu "chreidsinn." "As eughmhais *creidimh* cha-n 'eil e 'n comas a thoileachadh" (Eabh. xi. 6). "Tha fìreantachd Dhé air a' foillseachadh ann tre *chreidimh* gu *chreidimh*" (Ròm. i. 17). "Fìreantachd Dhé tre *chreidimh* Iosa Criosd, do na h-uile, agus air na h-uile a *chreideas*" (Ròm. iii. 22). "Neach a shònruich Dia 'n a ìobairt-réitich, tre *chreidimh* 'n a fhuil . . . . . chum 'fhìreantachd fhoillseachadh; chum gu'm biodh e cothromach, agus gu'm fìreanaicheadh e an tì a *chreideas*, ann an Iosa" (Ròm. iii. 23–26). "Ge be *chreideas*, saorar e" (Marc xvi. 16). "A mheud as a ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhi 'n an cloinn do Dhia, eadhon dhoibh-san a tha '*creidsinn* 'n a ainm" (Eoin i. 12). "Mar a thog Maois suas an nathair 's an fhàsach, is ann mar sin is éigin do Mhac an duine bhi air a thogail suas; chum a's ge be neach a *chreideas* ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha mhaireannach aige. An ti a

chreideas ann, cha dìtear e, ach an ti *nach* creid, tha e air a dhìteadh cheana, a chionn nach *do chreid* e 'an ainm Aoin-ghin Mhic Dhé" (Eoin iii. 14–18). "An ti a chreideas anns a' Mhac, tha a' bheatha mhaireannach aige; ach an ti *nach 'eil a' creidsinn* anns a' Mhac, cha-n fhaic e beatha" (Eoin iii. 36). "An ti a dh'éisdeas ri m'fhocal-sa, agus a tha *creidsinn* anns an Ti a chuir uaith mi, tha a' bheatha mhaireannach aige" (Eoin v. 24). "Is i so obair Dhé gu'n *creid* sibh anns an ti a chuir e uaith" (Eoin vi. 29). "An ti a chreideas annam-sa, cha bhi tart gu bràth air" (Eoin vi. 35). "Is i so toil an Ti a chuir uaith mi, gu'm biodh a' bheatha mhaireannach aig gach neach a chi am Mac, agus a *chreideas* ann" (Eoin vi. 40). "An ti a chreideas annam-sa, ged gheibheadh e bas, bithidh e beo; agus ge b' e neach a ta beo, agus a' creidsinn annam-sa cha-n fhaigh e bàs am feasd" (Eoin xi. 25, 26). "Thàinig mi a' m' sholus chum an t-saoghail, chum ge b'e *chreideas* annam, nach fanadh e 'an dorchadas" (Eoin xii. 46). "Tha iad so sgrìobhta, chum gu'n *creideadh* sibh gur e Iosa an Criosd Mac Dhé, agus *a' creidsinn* duibh, gu'm biodh beatha agaibh troimh 'ainm-san" (Eoin xx. 31). "Trìd-san tha gach neach a *chreideas* air a shaoradh o na h-uile nithibh" (Gnìomh. xiii. 39). "*Creid* anns an Tighearna Iosa Criosd, agus tèarnar thu" (Gnìomh. xvi. 31). "Dhàsan tha na fàidhean uile a' thoirt fianuis, gu'm faigh gach neach a *chreideas* ann maitheanas 'n am peacaibh tre 'ainm-san" (Gnìomh. x. 43). "Do'n ti nach dean obair, ach a ta '*creidsinn* anns an Ti a dh'fhìreanaicheas an duine mi-dhiadhaidh, measar a chreidimh mar fhìr-

eantachd" (Gnìomh. iv. 5). "Is e Criosd crìoch an lagha, chum fìreantachd *do gach neach a chreideas*" (Ròm. x. 4). "Ma dh'aidicheas tu le d'bheul an Tighearna Iosa, agus ma *chreideas* tu ann do chridhe, gu'n do thog Dia o na marbhaibh e, gu'n saorar thu" (Ròm. x. 9). "Bu toil le Dia, le amaideachd an t-searmonachaidh, iadsan a thèarnadh a ta *creidsinn*" (1 Cor. i. 21). "Is i so 'àithne-san gu'n *creideamaid* ann an ainm a Mhic Iosa Criosd" (1 Eoin iii. 23). "Fhuair sinn aithne air agus *chreid* sinn an gràdh a tha aig Dia dhuinn" (1 Eoin iv. 16). "Ge b'e neach a chreideas gur e Iosa an Criosd, ghineadh o Dhia e" (1 Eoin v. 1). "An ti a *chreideas* ann am Mac Dhé tha 'n fhianuis aige ann féin; an ti nach *creid* Dia, rinn e breugaire dheth, do bhrìgh nach do chreid e an fhianuis a rinn Dia mu thimchioll a Mhic" (1 Eoin v. 10). "Ge b'e nach creid, dìtear e" (Marc xvi. 16).

Is iad so cuid de na h-earannan lìonmhor a tha 'teagasg dhuinn ciod a' bhann-ceangail a tha eadar am peacach agus an t-slàinte mhòr. Tha iad a' feuchainn duinn gur e ar creidsinn air teisteas Dhé mu thimchioll a shaor ghràidh féin, a tha 'g ar deanamh 'n ar luchd-comhpairt de na beannachdan a tha 'n teisteas sin a' foillseachadh. Cha-n e gu 'bheil iad a' cur toillteanais no éifeachd shlàinteil air bith as leth gnìomh a' chreidimh. Tha iad a' feuchainn gur e *cuspair* a' chreidimh,—a' phearsa, no an ni, no an fhìrinn air am bheil an creidimh a' deanamh greim,— a tha 'n a shìth agus 'n a chomhfhurtachd do'n anam. Gidheadh tha iad air mhodh ro shòluimte a' cur an céill an fheum a th' air creidimh,

agus meud peacaidh a' mhì-chreidimh. Annta tha Dia ag agradh *creidimh air ball* o na h-uile a chluinneas a theisteas. Ach cha-n 'eil e' toirt gnùise air bith do fhéin-fhìreantachd na muinntir a tha 'feuchainn ri gnìomh a' chreidimh a choimhlionadh chum iad féin a dheanamh iomchuidh air son deadhghean Dhé ; aig am bheil an diadhachd a' co-sheasamh ann an cleachdadh ghnìomharan creidimh de sheòrsa éigin ; aig am bheil an comhfhurtachd ag éirigh o bhi 'smuaineachadh air na cleachdanna sin a bha, 'n am barail, cho maith air an coimhlionadh ; agus aig am bheil an dearbhachd a' tighinn o bhi 'g an cunntadh so suas aig àmaibh àraidh, agus a' beachdachadh air a' ghnè òirdheirc a bh' ann an iomadh dhiubh.

Ann an cuid a dh'àitean gheibh sinn am focal *earbsa* a' tachairt 'an àite *creidimh.* Tha an t-aobhar air son so soilleir : an teisteas ris am bheil an creidimh a' gabhail, is teisteas i a thaobh pearsa agus a dheadhghean, agus mar sin, tha creidsinn an teisteis agus earbsa as a' phearsa 'n an nithean a tha dosgaraidh. Is e gabhail ri teisteas Dhé a bhi 'cur muinghin 'an Dia féin agus 'n a Mhac Iosa Criosd. Uime sin tha an Sgriobtur a' labhairt mu " earbsa," no mu " mhuinghin " mar an ni a tha 'g ar saoradh, mar gu'n abradh e ris a' pheacach, " Tha Dia cho gràsmhor, a's nach 'eil agad ach do chùis, ciod air bith cho olc 's a tha i, a chur 'n a làmhan, agus t'anam earbsadh ri 'ghleidheadh, agus bithidh tu air do shaoradh."

Ann an cuid a dh'àitean tha e air a ràdh gu'm bheil sinn air ar saoradh le *eòlas* air Dia no air

Criosd; 's e sin, dìreach le aithne bhi againn air Dia mar a rinn e aithnichte e féin ann an Iosa Criosd. (Isa. liii. 11; 1 Tim. ii. 4; 2 Pead. ii. 20). Mar so labhair Iosa, "Is i so a' bheatha mhaireannach, eòlas a bhi aca ortsa an t-aon Dia fìor, agus air Iosa Criosd a chuir thu uait" (Eoin xvii. 3). Agus mar gu'm b'ann chum simplidheachd a dheanamh ni's simplidh, tha 'n t-Abstol, ann an labhairt air na fìrinnean mu bhàs, mu adhlacadh, agus mu aiseirigh Chriosd, ag ràdh, "Troimh mar an ceudna am bheil sibh air bhur tèarnadh, ma chumas sibh *air chuimhne* an ni a shearmonaich mi dhiubh" (1 Cor xv. 1, 2).

Mar so tha Dia a' co-cheangal slàinte ri "creidsinn," "earbsadh," "aithneachadh," "cuimhneachadh." Ach cha-n ann 'n ar gnìomh creidimh, no earbsa, no aithneachaidh, no cuimhneachaidh a tha 'n t-slàinte, ach anns an ni, no a' phearsa a th'air a chreidsinn, no as am bheilear ag earhsadh, no a th'air aithneachadh, no air a chuimhneachadh. Ni mò a tha slàinte air a toirt mar dhuais creidimh no eòlais. Is iad na nithean a tha air an creidsinn agus air an aithneachadh ar slàinte. Ni mò a tha sinn air ar saoradh, no air ar comhfhurtachadh le bhi 'smuaineachadh mu ar gnìomh creidimh, no bhi 'faighinn cinnteachd air a' ghnè agus na buaidhean ceart a bhi ann a bheireadh ar Dia a bhi toilichte leis, agus leinne air a sgàth. B'e so a bhi 'deanamh creidimh 'n a obair anns am bheil airidheachd, no, co dhiùbh, 'n a obair a tha 'g uidheamachadh; agus an sin cha bhiodh gràs 'n a ghràs ni's mò. B'e so da rìreadh a bhi deanamh ar *creidimh* 'n a earann de obair Chriosd,—a' bhuille-

crìochnachaidha a th' air a toirt do 'n obair mhòir a ghabh Mac Dhé os làimh, a bhiodh, gun so, neo-fhoirfe, no, co dhiùbh, neo-fhreagarrach do'n pheacach, mar pheacach. Ris an duine a tha deanamh 'fhois de 'chreidimh agus 'earbsa féin, agus a tha 'feuchainn r'a choguis a shìtheachadh le bhi 'tional dhearbhaidhean air am fìrinn agus am feobhas, tha sinn ag ràdh, luchd comhfhurtachaidh nach fiù iad uile! Tha mi 'faghail soluis le bhi 'deanamh feum de m' shuilean; cha-n ann le bhi smuaineachadh mu'n fheum a tha mi 'deanamh dhiubh, no le mion-rannsachadh ealanta air na h-earannan de'm bheil iad air an deanamh suas. Mar sin tha mi 'faotainn sìthe le creidsinn, agus ann an creidsinn; cha-n ann le bhi 'smuaineachadh mu m' chreidimh, no le feuchainn ri dhearbhadh dhomh féin cho maith 's a choimhlion mi gnìomh a' chreidimh. Dh'fheudamaid cho maith uisge a tharruing á gainmheich an fhàsaich, a's sìth a tharruing as ar gnìomh creidimh féin. Ni creidsinn anns an Tighearn Iosa Criosd na h-uile ni air ar son; cha dean creidsinn 'n ar creidimh féin, no earbsadh as ar n-earbsa féin, ni air bith.

Mar so is e creidimh a' bhann-ceangail eadar sinn agus Mac Dhé; agus sin cha-n ann do bhrìgh ni air bith ann féin, ach do bhrìgh gur ann trìd fìrinn air a h-aithneachadh, agus air a creidsinn, a's urrainn an t-anam greim fhaghail air nithibh no air pearsaibh. Tha creidimh 'n a neo-ni ach mar a tha e 'deanamh greim air Criosd; agus tha e 'deanamh so le bhi deanamh greim air an fhìrinn no an teisteas mu 'thimchioll. "Is ann o éisdeachd a thig creidimh," tha an t-abstol ag ràdh, agus "éisdeachd *tre fhocal Dhé.*"

"Bithidh eòlas agaibh air *an fhìrinn*, agus ni *an fhirinn* saor sibh" tha an Tighearn ag ràdh (Eoin viii. 32); agus a rithist, "do bhrìgh gu 'bheil mise ag innseadh na fìrinn cha-n 'eil sibh 'g a m' chreidsinn. . . . . Agus ma tha mi ag innseadh na fìrinn, c'ar son nach 'eil sibh 'g a m' chreidsinn?" (Eoin viii. 45, 46). Tha againn mar an ceudna cainnt mar a leanas. "Leò-san aig am bheil eòlas *na fìrinn*" (1 Tim. iv. 3); "dhoibh-san nach 'eil ùmhal do'n *fhìrinn*" (Ròm. ii. 8); "mar a tha an *fhìrinn* ann an Iosa" (Eph. iv. 21); "creidsinn na *fìrinn*" (2 Tes. ii. 13); "aidmheil na *fìrinn*" (2 Tim. ii. 25); "slighe na *fìrinn*" (2 Pead. ii. 2); "gu 'bheil sinn de'n *fhìrinn*" (1 Eoin iii. 19); "as eugmhais na *fìrinn*" (1 Tim. vi. 5); "naomhaich iad tre'n *fhìrinn*" (Eoin xvii. 11); "tha mi a' labhairt bhriathra na *fìrinn*" (Gnìomh. xxvi. 25); "Spiorad na *fìrinn*, treòraichidh e sibh chum gach uile *fhìrinn*" (Eoin xvi. 13). Ro chomharraichte, agus airidh air a bhi air an cuimhneachadh, ann an co-cheangal ris a' phuing so, tha rabhaidhean an Tighearna ann an cosamhlachd an t-sìoladair, gu h-àraidh, na briathran a leanas; "Is e an sìol focal Dhé. Iadsan ri taobh an rathaid, is iad sin a dh'éisdeas: 'na dhéigh sin tha an diabhul a' teachd, agus a' togail air falbh *an fhocail* as an cridheachaibh, *air eagal gu'n creideadh iad* agus gu'm biodh iad air an saoradh" (Luc. viii. 11, 12). Cha lugha na sin a tha briathran an deisciobuil ghràdhaichte airidh air a bhi air an cuimhneachadh;—"Agus thug an ti a chunnaic sin fianuis, agus *tha 'fhianuis fìrinneach;* agus tha *fios aige gu 'bheil e 'labhairt na fìrinn*, CHUM GU'N CREIDEADH

SIBHSE" (1 Eoin xix. 35); agus, a rìs, "Tha iad so *sgrìobhta*, CHUM GU'N CREIDEADH SIBH gur e Iosa an Criosd, Mac Dhé, agus a' creidsinn duibh gu'm biodh agaibh beatha troimh 'ainm-san" (Eoin xx. 31).

Tha an duine nàdurra a' fuathachadh na fìrinn so mu Chriosd agus 'obair mar shagart, do bhrìgh gu 'bheil e 'fuathachadh Chriosd féin. "Dh'fhuathaich iad mi," tha an Tighearn ag ràdh (Eoin xv. 25); seadh, tuilleadh, "dh'fhuathaich iad mi *gun aobhar*" (Salm lxix. 4). Cha-n e mearachd a tha 'n duine a' fuathachadh, ach fìrinn; agus uime sin, tha feum air obair an Spioraid chum am fuath so a thoirt air falbh,—chum am peacach a dheanamh uiread agus toileach air eòlas a ghabhail air an fhìrinn agus air an Ti fhìor. Gidheadh cha-n 'eil Dia mall chum an Spiorad a thabhairt;—agus tha ceud-thòiseachadh cùraim agus iomaguin a' feuchainn gu 'bheil ni-eigin a thuilleadh air "feòil agus fuil" aig obair anns an anam.

Ach ged dh'fheumas e cumhachd an Spioraid Naoimh chum creidmhich a dheanamh dhinn, cha-n e 's aobhar da so gu 'bheil creidimh 'n a ni dìomhair, no'n a chleachdadh no oidhirp mhòir anama a dh'fheumar dol troimhe gu cothromach chum gu'm bi Dia toilichte leis agus leinne; ach do bhrìgh ar gràin air an fhìrinn a tha r'a creidsinn, agus ar fuatha do'n Ti as am bheil e air iarraidh oirnn earbsadh. Cha-an 'eil aon de chleachdanna na h-inntinn a's simplidh na creidsìnn; gidheadh cha lughaid a tha dh'fheum air cumhachd Dhé. Na biodh an neach a tha fuidh iomaguin a' deanamh creidimh 'n a ni dìomhair, no 'n a ni mòr, mar gu'm b'ann chum

a bhi 'cumail a mach gu 'bheil toillteanas no éifeachd ann dheth féin chum esan fhìreanachadh; gidheadh, air an làimh eile, a chaoidh na biodh e 'g a dheanamh 'n a ni simplidh, furasda, chum a bhi 'feuchainn nach 'eil feum air obair an Spioraid. Mar is simplidh a chi e creidimh a bhi, 's ann is mò a chì e a chionta féin a bhi ann a' bhi 'diùltadh creidsinn, agus 'fheum air an Fhear-chuideachaidh nèamhaidh chum buaidh a thoirt air naimhdeas eagalach a' chridhe a tha 'cur an aghaidh gabhail ann an simplidheachd ris an fhìrinn. Tha freumh an duilgheadais a th'ann an creidsinn a' co-sheasamh ann an smior féin-fhìreantachd; agus tha na *spàirnean* gu creidsinn, na h-*oidhirpean* gu earbsadh, mu 'm bi daoine a' labhairt, 'nan taisbeanadh air an fhéin-fhìreantachd so. Tha na cleachdanna spioradail so cho fad o bhi 'n an comharan air mhaith, a's gu 'bheil iad gu tric 'n am foillseachadh a mhàin air uabhar spioradail,—'n an dearbhaidhean air neart anabarrach féin-fhìreantachd; tha eadhon ro dhùrachd na spàirne a' feuchainn déinead na féin-fhìreantachd. Tha e ni's miosa na bhi dìomhain, ma ta, bhi feuchainn ri comhfhurtachd a thoirt do anam iomaguineach le bhi 'g amharc air na cleachdanna, no na h-oidhirpean so mar dhearbhaidhean air creidimh. Tha iad 'n an dearbhaidhean aon chuid air aineolas no air mi-chreidimh,—dearbhaidhean air rùn suidhichte a' pheacaich ni air bith a dheanamh seach creidsinn gu 'bheil na h-uile ni deanta. Cha-n e teagamhan an dearbhadh a's fèarr air creidimh; agus tha oidhirpean air a bhi 'cur an gnìomh an ni mhòir so ris an abrar creidimh 'n an dearbhaidhean a mhàin air neach a bhi dall do iobairtréite chrìochnaichte Mhic Dhé.

Cha-n 'eil dad aig a' pheacach an aghaidh ni mòr éigin ris an abrar creidimh a dheanamh chum deadhghean Dhé a chosnadh; ni h-eadh, 's e so dìreach a tha dhìth air; oir tha e 'toirt do cothroim air *oibreachadh air son* a shlàinte féin. Ach tha e 'diùltadh 'àite-seasaimh a ghabhail air *obair a tha cheana deanta*, agus mar sin sgur de bhi 'cleachdadh 'anama chum a bhi 'toirt mu'n cuairt réite, air son an robh na h-uile ni a tha feumail air an coimhlionadh o cheann ochd ceud deug bliadhna, air crannceusaidh an Ti "a rinneadh 'n a ìobairt-pheacaidh air ar son-ne, ged nach b'aithne dha peacadh; chum gu'm bitheamaid air ar deanamh 'n ar fìreantachd Dhé ann-san" (2 Cor. v. 21).

CAIB. IX.

CREID DIREACH A NIS.

Salm xcv. 7, 8. Amos v. 4. Eabh. iv. 7-13.
Isa. lvi. 6. Eoin xii. 36. Taisb. xxi.

THA thu dùrachdach a nis; ach tha eagal orm gu 'bheil thu 'deanamh do dhùrachd 'n a Chriosd dhuit féin, agus da rìreadh 'g a dheanamh 'n a aobhar air son gun earbsadh a Criosd *air ball.* Tha thu saoilsinn gu'n trèoraich do dhùrachd air aghaidh gu creidimh, ma bhios e dian gu leòir, agus ma bhuanaichear ann fada gu leòir.

Ach tha leithid 'a ni ann a's dùrachd an rathad clì; dùrachd ann am *mi-chreidimh,* agus a' cur dùrachd an àite creidimh ann an Iosa. Cha-n fheud thu eagalan do choguis a chiùineachadh leis an dùrachd so agad. Is e dùrachd mhi-chreideach a th'ann; agus cha dean sin an gnothuch. Is e tha Dia ag iarraidh creidimh aon-fhillte air an fhianuis a thug e dhuit mu 'Mhac. Tha thu ag ràdh, Cha-n urrainn mi creidimh a thairgseadh dha, ach is urrainn mi dùrachd a thoirt leam d' a ionnsuidh; agus le dùrachd a thoirt dha, tha mi 'n dòchas gu'n cuir mi impidh air gu creidimh a thoirt dhomh. Is e so féin-fhìreantachd. Tha e 'feuchainn gu 'bheil thu a' meas araon creidimh agus dùrachd mar ni eigin a tha gu bhi air a dheanamh chum Dia a thoileachadh, agus a dheadhghean a

chosnadh. Tha thu 'g ràdh, Is e creidimh tiodhlac Dhè, ach cha-n e dùrachd; tha sin 'n a m' chomas féin; uime sin saothraichidh mi, agus ni mi spàirn, agus urnuigh gu dùrachdach, 'an dòchas nach fada gus an gabh Dia truas de m' spàirnean dùrachdach, ni h-eadh, a' faireachadh gu h-uaigneach gur gann a bhiodh e cothromach ann a leithid do dhùrachd a chur an neo-shuim. A nis, ma thuirt Dia 'n àit air bith gur e dùrachd mhi-chreideach, no gnàthachadh mi-chreideach air meadhonan an rathad gu creidimh fhaotainn, cha-n urrainn dòmh-sa cur an aghaidh thu dhol air aghaidh mar sin. Ach cha-n 'eil mi faicinn gu'n d'thubhairt e so, no gu'n robh na h-abstoil a' cur luchd-iarraidh air a leithid so de rian air son creidimh fhaotainn. Tha mi 'faotainn gu'n do dhruid na h-abstoil a steach an luchd-éisdeachd chum *creidimh agus aithreachais air ball;* 'g a 'n toirt aghaidh ri h-aghaidh ri cuspair mòr a' chreidimh, agus ag àiththneadh dhoibh an ainm an Dé bheò creidsinn, dìreach mar a dh'àithn Iosa do'n duine aig an robh an làmh sheargta a sìneadh a mach. Cha d'thug an Tighearna dha seòlaidhean a thaobh oibre a tha dol air thoiseach, no a thaobh oidhirpean agus spàirnean agus gnàthachadh mheadhonan, ann an rathad ullachail. Is iad so oidhirpean an duine air drochaid a chur thar na doimhne mòire de 'dheanamh féin; dòighean an duine air seachnadh na ceist' uamhasaich, a thaobh a thur neo-chomais féin; innleachdan neo-sgriobtuireil an duine chum *sleamhnachadh a mach* as a neo-chomas gu comas, a mach à mi-chreidimh gu creidimh; innleachd an duine air son Dia a chuideachadh gus

a shaoradh; fàradh de dheanamh an duine féin, air son streap suas uidhe bheagasan t-slochd uamhasach, an dòchas gu'n gabh Dia truas ri a strì dhùrachdaich, agus gu'n dean e 'n còrr uile a tha feumail.

A nis dh'àithn Dia do na h-uile dhaoine anns gach àit' aithreachas a dheanamh; ach cha d'thug e dhuinn' ann an àit' air bith, seòlaidhean air son aithreachas fhaotainn. The e 'g àithneadh do pheacaich creidsinn, ach cha-n eil e 'comharrachadh a mach cùrsa ullachaidh troimh am feum iad dol, chum le sin gu'n gluais iad esan gu ni-eigin a thoirt doibh nach 'eil e o'n toiseach ro thoileach a thabhairt. Is ann mar so a tha e 'g a 'n "druideadh a stigh ann am mi-chreidimh." Is ann mar so a tha e 'g a'n toirt gu mothachadh araon air meud agus air cionta an neo-chomais, agus mar so, 'g an co éigneachadh gus na h-uile dòchas gu'n dean iad ni air bith chum iad féin a thèarnadh a thoirt thairis;—'g an iomain a mach as na h-uile dìdean bréige, agus a' feuchainn doibh nach 'eil anns na h oidhirpean so anns a' bheil iad a' buanachadh ach bacaidhean, cha-n e cuideachadh, agus nach 'eil annta ach dìreach cho liugha diùltadh air a chabhair féin a tha dlùth,—cho liugha oidhirp anearbsach air impidh a chur airsan chum sin a dheanamh a tha e *cheana* ro thoileach a dheanamh air an son.

Is e an strì so gu creidsinn am foillseachadh mòr air féin-fhìreantachd. Cha-n e obair a th'ann an creidsinn, ach sgur de obair; agus 's e an strì so ri bhi creidsinn dìreach oidhirp a' pheacaich air obair a dheanamh deth sin nach obair idir, saothair a dheanamh deth sin a's e bhi 'gabhail fois o shaothair.

Cha-n àill le peacaich an greim a leigeil as de na dòchasan a bh' aca roimhe, agus tuiteam a steach do ghàirdeanan Chriosd. C'ar son? Do bhrìgh gu 'bheil iad fathast ag earbsadh as na dòchasan so, agus nach 'eil iad ag earbsadh as an ti sin a tha 'labhairt riu 's an t-soisgeul. At àit, uime sin, a bhi 'g a d' mhisneachadh gu thu féin a chleachdadh ni's mò agus ni's mò anns na h-oidhirpean tòiseachail so, tha mi 'g innseadh dhuit gu 'bheil iad 'n an innseadh brònach air féin-fhìreantachd. Tha iad a' gabhail a stigh mar fhìrinn nach do làn-chrìochnaich Criosd 'obair, agus nach 'eil Dia toileach creidimh a thoirt duit gus an oibrich thu air le argumaidean agns le liosdachd fad mhìosan agus bhliadhnachan. Tha Dia air a' mhionaid so toileach do bheannachadh; agus cha-n e th'anns na spàirnean so agad-sa, mar tha thusa saoilsinn, oidhirpean iriosal air a' bheannachadh a gabhail, ach oidhirpean uaibhreach aon chuid chum à chur uait, air neo, chum greim fhaotainn air 'n a d' rathad féin. Cha-n urrainn thu, le d'uile spàirnean, an Spiorad Naomh a dheanamh ni's toiliche air creidimh a thoirt duit na tha e air a' mhionaid so. Ach tha d' féin-fhìreantachd a' cur cùl ris an fhìrinn bheannaichte so; agus nan robh mise gu misneach a thoirt duit anns na "h-oidhirpean" so, bhithinn ag àrach t'fhéin-fhìreantachd agus do dhìùltaidh air gràs so an Spioraid.

Tha thu ag ràdh nach urrainn thu do chridhe atharrachadh no ni maith air bith a dheanamh. Tha mise 'g ràdh sin cuideachd. Ach tha mi 'g ràdh tuilleadh. Cha-n 'eil thu idir a' tuigsinn meud do neo-chomais agus do chionta. Tha iad so mòran

ni's mò agus ni's miosa na tha thu 'saoilsinn. Agus is e do bheachd neo-iomlan d'an taobh so a's aobhar thu bhi dol a dh'ionnsuidh nan oidhirpean so. Cha-n 'eil thu mothachail air d'anmhuinneachd, a dh'aindeoin na tha thu 'g ràdh. Is e so a tha 'g a d'chumail o Dhia agus a' cumail Dhé uait sa.

Tha Dia ag àithneadh dhuit creidsinn agus aithreachas a dheanamh. Is ann air do chunnart a bheir thu oidhirp air an dleasdanas so, a tha mar fhiachaibh ort a choimhlionadh air ball, atharrachadh le bhi 'cur 'n a àite ni-eigin a tha ri bhi air a dheanamh roimh-làimh, agus a dh'fheudas d'eagalansa a chiùineachadh, agus do choguis a chur a chodal, ach anns nach 'eil tairbhe aon chuid chum Dia a dheanamh réidh riut, no chum do thogail gu suidheachadh ni's tèaruinte no ni's so-shàbhalaidh, mar a tha thu 'saoilsinn. Oir tha sinn air ar saoradh tre *chreidimh*, cha-n ann le oidhirpean chum "Dia neothoileach" aomadh gu creidimh a thoirt dhuinn. Ann an dol gu Dia tha sinn gu ghabhail mar fhìrinn gun teagamh gu'n coimhlion e 'fhocal, agus gu'n cleachd e réir a chliù. Tha ar tagraidheam gu bhi, cha-n ann ri Dia *neo-thoileach*, ach ri Dia a tha *toileach*. Cha-n 'eil sinn gu feuchainn le ar n-urnuighean, no ar dùrachd ri impidh a chur air Dia gu bhi gràsmhor, no slàinte a thoirt le ainneart o làimh aoin a tha cruaidh, agus a' toirt seachad le maoidheadh. Tha Dia a' sparradh a shlàinte òirnn, agus a' cur an céill e bhi neo-chrìochnach toileach ar beannachadh air a' mhionaid so.

Tha Dia ag àithneadh dhuit creidsinn; agus am feadh nach 'eil thu a' creidsinn, tha thu a'

deanamh breugaire dheth-san, tha thu a' cur cùl ris an fhìrinn; oir is e mi-chreidimh da rìreadh, creidsinn air breug. Seadh, tha Dia ag àithneadh dhuit creidsinn; agus is e nach 'eil thu a' creidsinn am peacadh a's miosa de d' pheacaidhean; agus is ann le bhi 'g a fhoillseachadh mar do pheacadh a's miosa a tha Dia 'g a d'dhùnadh a stigh chum a' chreidimh. A nis, ma tha thu 'feuchainn ri leithsgeul a' pheacaidh so a ghabhail; ma tha thu a' cur an ungaidh mhiodalaich so ri d'anam, eadhon, gu'm bheil thu leis na h-oidhirpean dùrachdach agus saoithreachail so, a' lughdachadh a' pheacaidh uamhasaich so, agus a' fàgail do staid mhi-chreidich ni's lugha cionta; tha thu a' mealladh do choguis, agus a' cur air falbh uait na laimhe nèamhaidh sin a tha, leis an dearbhadh so air do mhi-chreidimh, 'g a d'dhùnadh a stigh chum a' chreidimh.

Cha chuimhne leam so fhaicinn air a chur an céill 'an àite s am bith ni's féarr no ann an leabhar le *Fuller* do'n ainm, "An Soisgeul airidh air gach uile chor air gabhail ris." Bheir mi air aghaidh beagan earannan deth:—"Cha-n e mhàin gur e dleasdanas mhinisteirean an luchd-éisdeach neo-iompaichte earalachadh iad a chreidsinn ann an Iosa Criosd chum tèarnaidh an anama; ach *is ann air ar cunnart a dh'earalaicheas sinn iad chum ni air bith goirid air so, no nach 'eil a' filleadh a stigh so.* Tha sinn air tuiteam gu rathad *déiligidh* cho las ris a mhuinntir neo iompaichte a's nach mòr nach do chaill sinn Spiorad nan ceud luchd searmonachaidh; agus uaithe so tha e 'tachairt gur urrainn peacaich de gach seòrsa suidhe cho socrach 'n ar n-àitean-aoraidh.

Bha Criosd agus 'abstoil, gun obadh air bith, a'gairm air peacaich iad a dheanamh aithreachais agus a chreidsinn an t-soisgeil; ach tha sinne, air dhuinn a bhi 'sealltuinn orra mar chreutairean bochd, neo-chomasach agus truaillidh, ullamh gus an earann so de mhinistreileachd an t-soisgeil a leigeadh seachad. Tha cuid, air dhoibh a bhi 'meas a leithid sin de nithibh mar nithean os cionn çomais an luchd-éisdeachd, a tha 'g an toileachadh féin le bhi a' sparradh orra nan nithean a's *urrainn* iad a choimhlionadh, am feadh a tha iad fathast a' buanachadh 'n an naimhdean do Chriosd; mar a tha a bhi 'g an giùlan féin gu cubhaidh ann an comunn dhaoine, a bhi 'leughadh nan Sgriobtuirean, agus a' frithealadh mheadhonan nan gràs. Agus mar so tha luchd-éisdeachd de'n t-seòrsa so a' suidhe aig socair 'n ar coimhthionalaibh. Ach do bhrigh nach 'eil so a filleadh a stigh *cionta* sam bith air an taobh-san, tha iad a'suidhe gu neo-chùramach, a' saoilsinn gur e na bheil air iarraidh orsa-san iad a luidhe anns an t-slighe, agus a dh'fheitheamh ri àm an Tighearna. Ach an e so teagasg nan Sgriobtur? C'àit' am bheil e r'a fhaicinn gu'n do bhuin na fàidhean, no na h-abstoil ris a' ghnè neo-chomais sin a tha 'g éirigh o fhuath a bhi 'rioghachadh 's an anam, mar ni a tha 'gabhail leithsgeul muinntir? Agus c'àit an d'thàinig iad a nuas 'n an earalachadh gu nithibh a dh'fheudadh a bhi air an deanamh le muinntir am feadh a tha iad fathast 'n an naimhdean do Dhia? An àite bhi 'fagail a mach gach ni a tha de ghnè spioradail a chionn nach b'urrainn an luchd-éisdeachd fhaghail 'n an cridhe gabhail ris, feudar a ràdh gu

tèaruinte nach d'earalaich iad ni eile ach so, a' meas a leithid so do neo-chomas cha-n e mhàin mar ni nach 'eil a' lughdachadh dleasdanais, ach mar ni a tha deanamh na muinntir a tha fuidhe airidh air an achmhasan a's géire. . . . . Tha aithreachas a thaobh Dhé agus creidimh a thaobh an Tighearn' Iosa Criosd air an aideachadh a bhi 'n an dleasnanais, ach cha-n e dleasdanais a tha r'a bhi air an coimhlionadh dìreach air ball. Tha am peacach air a mheas mar neo-chomasach air an coimhlionadh, agus uime sin cha n 'eil iad air an sparradh air; ach 'n an àite sin, tha e air a sheòladh a bhi 'g ùrnuigh air son an Spioraid Naoimh chum a dheanamh comasach air aithreachas a dheanamh agus creidsinn. Tha e cosmhuil gur *urraimn* e so a dheanamh a dh'aindeoin fuath a chridhe do gach ni de'n t-seòrsa. Ach ma tha e air iarraidh air duine sam bith a bhi 'g ùrnuigh air son an Spioraid Naoimh, 'feumaidh gur ann aon chuid gu tréibhdhireach agus an ainm Iosa, air neo gu neo-thréibhdhireach agus ann an rathad éigin eile. Tha mi 'saoilsinn gu'n aidichear gu'm bheil an dara dòigh so 'n a gràinealachd ann an sealladh Dhé; agus uime sin cha-n urrainn e bhi air iarraidh air so a dheanamh; agus a thaobh na ceud dòigh, tha so cheart cho deacair agus cho fad' an aghaidh a chridhe fheòlmhoir 's a tha aithreachas agus creidimh fhéin. Tha e, da rìreadh a tighinn chum an aon ni; oir *cha ni air bith eile iarrtus tréibhdhireach an déigh bheannachdan spioradail, air a chur suas ann an ainm Iosa, ach ùrnuigh a' chreidimh.*"

Is e an ni mòr a b'àill leam a sparradh air do

choguis *an cionta uamhasach* a th' ann am mi-chreidimh. Is e buanachadh ann am mi-chreidimh buanachadh anns a' pheacadh a's ro mhiosa; agus is e buanachadh ann do bhrìgh (mar tha thu ag ràdh) *nach urrainn thu 'leasachadh*, an t-antromachadh a's ro mhiosa air do pheacadh. Their am misgear gnàthaichte "nach urrainn e 'leasachadh;" their am fear a tha cleachdte ris na mionnan "nach urrainn e 'leasachadh;" their am mi-chreidmheach gnàthaichte "nach urrainn e 'leasachadh." An gabh thu leisgeul a' mhisgeir? No nach abair thu ris gur e an dearbh ni a's miosa m'a chor, agus gu'm bu chòir dha nàire bhi air dheth fhéin air son a leithid de leisgeul a chleachdadh? An abair thu, Tha fios agam nach urrainn thu do chleachdanna misgeach a thoirt thairis, ach is urrainn thu dol agus a bhi 'g ùrnuigh ri Dia gu'n deanadh e comasach thu air na cleachdanna so a thoirt thairis, agus theagamh gu'n éisd Dia riut, agus gu'n dean e comasach thu air so a dheanamh? Ciod a bhiodh ann an so ach a bhi 'g ràdh ris dol air aghaidh ag òl agus ag ùrnuigh uair mu'n seach; agus gu'm feudadh e bhi gu'n éisdeadh Dia ri 'chuid ùrnuighean misgeach, agus gu'n tugadh e dha stuamachd? Cha bhuineadh tu mar so ri *misge;* am bu chòir dhuit buntainn mar so ri *mi-chreidimh?* Nach bu chòir dhuit an cionta a th' ann a sparradh dhachaidh; agus fheuchainn do'n pheacach, 'n uair a tha e 'g ràdh, "Cha-n urrainn mi mo mhi-chreidimh a leasachadh," gu'm bheil e' cur an céill an dìtidh a's miosa dha féin, agus ag radh, Cha-n urrainn mi gun bhi an-earbsach an Dia, Cha-n urrainn mi gun Dia

fhuathachadh, Cha-n urrainn mi gun bhi 'deanamh breugaire do Dhia; agus gu'm bu cheart cho maith dha a ràdh, Cha-n urrainn mi gun bhi a' goid, agus ag innseadh bhreug, agus a' mionnachadh.

Na labhradh neach gu bràth mu mhi chreidimh mar *mhi-shealbh.* Tha e uamhasach peacach. Is e a fhreumh aingidheachd anabarrach a' chridhe. Cia olc a dh'fheumas an cridhe sin a bhi 'n uair nach aill leis eadhon *creidsinn!* Nan lughdaicheadh ar neo-chomas agus cruas ar cridhe ar cionta, an sin mar a b' aingidh a dh'fhàsamaid, 's ann a bu lugha bhiodh againn ri freagradh air a shon, agus a bu lugha bhiodh againn de chionta. Is e am peacach a tha 'gràdhachadh a' pheacaidh cho mòr a's "nach urrainn" e dealachadh ris a's mò cionta. Tha am fear a tha 'g ràdh, "Cha'n urrainn" mi Dia a ghràdhachadh a' cur an céill gur e féin aon de na peacaich a's miosa; ach tha esan a tha 'g ràdh, "Cha-n urrainn" mi eadhon creidsinn, a' gabhail dha féin cionta mu'm feud sinn le fìrinn a ràdh gur e a's duibhe agus a's mallaichte air fad.

O, an cionta do labhairt a th'ann an aon mhionaid de mhi chreidimh! ann an aon ghnìomh anama mhi-chreidmhich! Cia mòr a's mò na sin ann am mi-chreidimh bunailteach fhichead no thrì fichead bliadhna! Tha goid aon uair olc ni's leòir, cia mòr a's miosa na sin neach a bhi 'n a mhèirleach cleachdail, aithnichte! Tha sinn 'g a mheas olc ni's leòir 'n uair a tha duine air a ghlacadh le misge, cia mòr a's mö na sin 'n uair a tha againn r'a ràdh uime, nach 'eil e *uair idir* stuama. Is amhuil so a' choire a tha sinn a' cur as leth an duine nach do ghabh fathast

eòlas air Criosd. Tha e 'n a mhi-chreidmheach *bunailteach.* Tha a bheatha 'n a h aon chùrsa gun bhriseadh do mhi-chreidimh, agus, uime sin, do aoradh mearachdach, ma tha e 'g aoradh idir. Tha gach mionaid ùr 'n a gnìomh mi-chreidimh; 'n a cur an gnìomh as ùr air a' pheacadh a's miosa; peacadh nam peacaidhean; peacadh an coimeas ris nach 'eil goid, agus misge, agus mortadh, uamhasach mar a tha iad, ach suarach,

O anam iomaguinich, deanadh smuaineachadh air a chionta so, do choguis a ghearradh a dh'ionnsuidh a bheò! O, criothnaich, 'n uair a smuainicheas tu air ciod e bhi, cha-n e rè latha no uaire, ach rè do bheatha 'n a d'DHUINE MI-CHREIDEACH!

CAIB. X.

EASBHUIDH COMAIS GU CREIDSINN.

Esec. xxxvi. 26-27.	Gnìomh v. 31.	Eph. iii. 20.
Lucas xi. 9-13.	1 Cor. ii. 3, 5.	1 Tim. i. 14.
Eoin i. 12.	2 Cor. xii. 9.	Seumas i. 5, 6.

THA thu ag ràdh, is aithne dhomh na nithe sin uile, gidheadh cha-n 'eil iad a' toirt sìthe sam bith a' m'ionnsuidh.

Ma's ann mar sin a tha 'chùis, tha mi ro theagmhach am *bheil* aithne agad orra; agus bu mhaith leam gu'n tòisicheadh tu air a bhi ann an teagamh air a' phuing so. Tha thu 'tighinn tuilleadh a's furasda gu co-dhùnadh gu'r *aithne* dhuit iad. Do bhrìgh nach e'il iad a' toirt a dh'ionnsuidh d'anama na sìthe a tha Dia ag ràdh a tha iad cinnteach a thabhairt, b'e bu ghlice dhuit a bhi fuidh amharus am bheil d'eòlas ceart. Ma tha lighiche cinnteach a' seòladh cungaìdh-leighis chinntich air son galair éigin, agus ma tha mise 'faotainn, air dhomh deuchainn a thoirt dith, nach 'eil na ghabh mi a' deanamh feum dhomh, tha mi 'tòiseachadh air a bhi fuidh amharus gu'n d'fhuair mi cungaidh chèarr air chor-eigin, an àit an ni a sheòl esan.

A nis am bheil thu cinnteach gur i an fhìrinn a tha thu ag ràdh a's aithne dhuit *dearbh shoisgeul* gràis Dhé? No am bheil innte ach ni-éigin cosmhuil

ris? Agus nach feud e bhi gur e an t-aobhar nach 'eil thu 'faghail sithe o'n ni sin a tha thu 'creidsinn, *dìreach nach 'eil sìth ann?* Fhuair thu greim air mòran de na nithibh maithe, ach chaidh thu am mearachd, maith a dh'fheudte, air an aon ni a rinn 'n a "fhuaim aoibneich" e. Theagamh gu'm bheil thu a' creidsinn an t-soisgeil gu léir, saor o'n aon ni a tha 'g a dheanamh 'n a naidheachd mhaith do pheacach. Tha thu a' faicinn a' chroinn-cheusaidh mar a' toirt slàinte glé fhagus; ach gun bhi cho ro dhlùth a's g'um bheil i 'beantuinn riut far am bheil thu; gun bhi cho fìor dhlùth a's nach 'eil uidhe bheag, dìreach leud boise, no leud ròineig, r'a bhi air a dheanamh suas le d'ùrnuighean no d'oidhirpean, no d'fhaireachduinnean féin. "Tha gach ni," tha thu ag ràdh, "làn-ullamh; ach, an déigh sin, tha an easbhuidh faireachaidh sin annam féin!" Ah, sin far am bheil! Tha am mìr beag sin de dh'obair a dh'fhàg Criosd gun chriòchnachadh, agus a tha thusa a' feuchainn aon chuid ri 'chriòchnachadh, no ri impidh a chur air-san le d'ùrnuighean chum a chrìochnachadh air do shon! Is e an easbhuidh faireachaidh sin an òirleach bheag de dh'astar a tha agad r'a fhaotainn air atharrachadh, mu'm bi iomlanachd oibre Chriosd éifeachdach air do shon!

Bu chòir gu'm biodh aithne air neo-mhothachadh amhuil mar fhaireachadh air cionta, 'n a aon de d' aobharan air son earbsadh as ni's mò, an àit thu bhi 'g a dheamamh 'n a aobhar air son gun earbsadh as idir. Am buineadh leanabh ri athair no ri mathair mar so? An deanadh e anmhuinneachd cuirp 'n a aobhar air son a bhi an-earbsach á gràdh a'

phàraint? Nach ann a bhiodh e mothachail air an anmhuinneachd sin a bhi làn-aithnichte do'n phàrant agus gu'm b'e an dearbh ni a bha 'tarruing a mach an tuilleadh gràidh agus teòmachd? Cha chuireadh leanabh làidir na h-uiread a dh'fheum air cùram agus caomhalachd. De chàch uile 's e an truaghan neo-chomasach, pairiliseach a bu dòcha truas a bhi dheth, agus sùil a bhi air. Cleachd mar so a thaobh Chriosd; agus dean an cruas cridhe sin 'n a bharrachd aobhair air son earbsadh as, agus an tuilleadh luach a chur air 'obair chrìochnaichte.

Tha an suidheachadh inntinn so a' feuchainn nach 'eil thu a' creidsinn an ni cheirt: ach ni-eigin eile nach leighis do lot; no air a' chuid a's lugha, gu 'bheil thu a' measgadh ni-eigin leis an ni cheart a chuireas an neo-bhrigh na h-uile buaidh-leighis a th' ann.

Feumaidh tu tòiseachadh *aig an toiseach* aon uair eile; agus dol air d'ais a dh'ionnsuidh nan ceud-thoiseacha a's simplidh de dh'fhìrinn Dhé, a tha paisgte suas anns na fìrinnean mòra gu'n d'fhuair Iosa bàs, agus gu'n d'éirich e rìs: fìrinnean a tha tuilleadh a's beag air an tuigsinn, seadh, air am bheil tuilleadh a's beag luach aig mòran; fìrinnean a mheas na h-abstoil cho anabarrach cudthromach, agus air an do leig iad na h-uiread do thaic; fìrinnean as an do tharruing na ceud chreidmhich, gun dàil sheachduinnean no mhìosan, an sìth agus an aoibhneas.

Tha thu 'g ràdh, *Cha-n urrainn mi creidsinn.* Seallamaid a stigh anns a'ghearan so agad.

Tha fios agam gu 'bheil an Spiorad Naomh cho

do-sheachnaidh chum thu chreidsinn a's a tha Criosd chum thu dh'fhaotainn maitheanais. Tha obair an Spìoraid Naoimh calg-dhìreach agus cumhachdach; agus cha-n fhaigh thu cuidhte 's do dhuilgheadasan le bhi 'feuchainn ri chur a nùnn ort féin nach 'eil 'na 'oibreachadh ach oibreachadh fir teagaisg a tha 'cur fìrinn fa d' chomhair. Is e slàinte *air son* a' pheacaich obair Chriosd; is e slàinte *anns* a' pheacach obair an Spioraid. Is esan fear-tòiseachaidh agus fear-criòchnachaidh na slàinte so a th'anns an leth a steach. Tha e ag oibreachadh chum gu'n creideadh tu, cheart cho cinnteach 's a tha e 'g oibreachadh annad an déigh dhuit creidsinn, agus mar thoradh air thu chreidsinn.

'An àit a bhi 'n a aobhar mi-mhisnich 's ann a tha an teagasg so 'n a aobhar misnich do-labhairt do'n pheacach; agus aidichidh e so ma tha aithne aige air e féin a bhi 'n a chreutair tur neo-chomasach mar a tha'm Bìobull ag ràdh a tha e. Mur '*eil* e gu h-iomlan truaillidh, measaidh e an teagasg mu obair an Spioraid a bhi 'n a bhacadh agus 'n a thàmailt, dìreach mar a mheasadh coisiche treun sgairteil gu'm biodh tu araon 'g a bhacadh agus a' toirt tàmailt dha, nan abradh tu ris nach urrainn e a thurus a ghabhail gun ghreim a ghabhail air do ghàirdean. Ach a chionn, ma's ann mar sin a tha, gur urrainn se e féin a shaoradh gun mhòran cuideachaidh, dh'fheudadh e dìreach obair an Spioraid a chur a thaobh air fad, agus a shlighe oibreachadh do nèamh leis féin.

'S e mar tha, nach b'urrainn dòchas a bhi air son

creutair a tha gu h-iomlan truaillidh a dh'easbhuidh oibre uile-chumhachdaich an Spioraid.

Tha thu a' labhairt mu mhi-chomas air creidsinn mar gur e bhiodh ann duilgheadas éigin air son nach deach ullachadh a dheanamh; agus mar gu'm biodh tu air do thilgeadh sìos gu goirt an lorg fhaghail a mach. Cha bhiodh tu 'n a leithid do mhi-mhisnich nan d'fhuair thu mach gu'm b' urrainn thu creidsinn uait féin as eugmhais an Spioraid; agus bheireadh e mòr fhurtachd dhuit nam biodh e air a ràdh riut gu'm b'urrainn thu an gnothuch a dheanamh gun chòmhnadh an Spioraid anns a' chùis. Nan tugadh so furtachd dhuit, tha e soilleir *nach 'eil muinghin agad 's an Spiorad;* agus bu mhaith leat an cumhachd a bhi ann do làmhaibh féin, do bhrìgh gu 'bheil thu 'creidsinn gu 'bheil thu féin ni's toiliche na esan. Nam biodh tu ach a'tuigsinn na fìrinn bheannaichte, gu 'bheil esan mòran ni's toiliche na tha thusa, dheanadh tu gàirdeachas gu 'bheil an cumhachd 'n a làmhaibh-san seach 'n a d' làmhaibh féin. Bhiodh tu mòran ni's cinntiche 'n a d' inntinn féin gun ruigeadh tu air a' chrìoch a tha 's an amharc 'n uair a tha an neart a tha feumail ann an lamhaibh cho neo-chrìochnach gràsmhor; agus mheasadh tu gu'm biodh an duin' a theireadh riut gu 'bheil an neart uile a tha feumail agad annad féin, a tilgeadh sìos do dhòchais a's fèarr, agus 'g a d' spùinneadh de d' ionmhas neamhaidh.

Cia mòr an dian-thoil leis am bheil cuid a' deanamh greim air a' bheachd gur urrainn iad creidsinn, agus aithreachas a dheanamh, agus pilleadh, uatha féin, mar gu'm bu chomhfhurtachd, so do'n anam

an-shocrach! Mar gu'm b'e so réiteachadh air 'imcheistean dorcha! An comhfhurtachd dhuit thu thoirt a chreidsinn ort féin nach 'eil thu gu tur gun neart? An urrainn thu an rathad fhaotainn gu sìth le bhi 'lughdachadh tomhais do thruaillidheachd agus do neo-chomais? Am furtachd do d'spiorad a tha fuidh uallaich thu bhi air do shaoradh o éigin a bhi gu h-iomlan fo chomain do Spiorad Dhé air son creidimh agus aithreachais? An tèaruinn e thu o shearbhadas eu-dòchais e bhi air a ràdh ruit, ged nach 'eil agad neart gu leòir gu do dheanamh comasach air Dia a ghràdhachadh, gidheadh, do bhrìgh beagan neirt a tha fathast a' fantainn agad, gur urrainn thu an gnìomh so a's lugha de uile ghniomharaibh na diadhachd a choimhlionadh, eadhon, creidsinn ann am Mac Dhé?

Ma 's e so d'fhaireachadh, tha e soilleir nach aithne dhuit meud do ghalair, no doimhneachdan do dhroch chridhe féin; cha-n 'eil thu 'tuigsinn na deadh sgéil a th' air a toirt thugad le Mac Dhé,—sgeul mu shaorsa iomlan o gach ni a tha 'g a d' shàrachadh, co dhiùbh a's e cionta no neo-chomas. Dhì-chuimhnich thu 'n fhìrinn bheannaichte, "*Anns an Tighearna* tha agam fìreantachd agus neart" (Isa. xlv. 24). Tha do neart, cho maith ri d'fhìreantachd, ann an neach eile; gidheadh, am feadh a tha thu 'g aideachadh so a bhi fìor a thaobh an aon ni, tha thu 'g a àicheadh a thaobh an ni eile. Dhi-chuimhnich thu, cuideachd, gàirdeachas an abstoil ann an neart an Tighearna; a mhothachadh, 'n uair a bha e lag, an sin gu'n robh e làidir, agus a rùn suidhichte, gu'n deanadh e uaill 'n a anmhuinneachd-

aibh, chum gu'n gabhadh cumhachd Chriosd còmh nuidh air (2 Cor. xii. 9).

Ma tha thu 'tuigsinn an fhìor shoisgeil, mheasadh tu gu' bheil am fear a tha 'feuchainn ri 'dhearbhadh ort gu 'bheil gu leòir de neart air fhàgail agad gus an gnothuch a dheanamh as eugmhais an Spioraid, 'n a nàmhaid cho mòr do 'n chrann-cheusaidh agus do d'anam ris an fhear a tha air son a thoirt ort a chreidsinn nach 'eil thu uile gu léir ciontach, ach gu 'bheil fathast tomhas de mhaitheas a' fantuinn agad, agus, uime sin, nach ruig thu leas a bhi gu h-iomlan an eisimeil fola agus fìreantachd Immanueil air son maitheanais. Tha "gun neart" cho fìor mu d'staid 's a tha "gun mhaitheas." Nan tuigeadh tu an soisgeul, b'e bhi 'faighinn a mach thu bhi tur neo-chomasach, dìreach a bhi 'faighinn a mach gur tu an dearbh pheacach dh'ionnsuidh am bheil an t-slàinte mhòr air a cur; gu'n robh do neo-chomas air fhaicinn roi'-làimh, agus ullachadh air a dheanamh air a shon, agus gu 'bheil thu anns an dearbh shuidheachadh a tha 'cur feum air, a tha 'g iarraidh, agus a gheibh còmhnadh an Spioraid uile-chumhaçhdaich.

Gus am faigh thu thu féin anns a' cheum so a's ìsle do dh'anmhuinneachd, cha-n 'eil thu ann an suidheachadh (ma dh'fheudas milabhairt mar sinn) gu gabhail ri còmhnadh o nèamh. Is e am beachd a th' agad air beagan comais a bhi agad a tha 'cur air falbh comhnaidh an Spioraid, ceart mar a tha beachd air beagan maitheis a' cur air falbh iobairt-réitich an t-Slànuighir. Is e nach 'eil thu 'faicinn nach 'eil neart agad a tha 'g a d' chumail gun chreid-sinn.

Cho fada 's a tha thu 'saoilsinn gu' bheil beagan neirt agad bi'dh tu feuchainn ris an neart sin a chleachdadh ann an deanamh ni-eigin,—agus gu sònruichte ann an coimhlionadh, gu d' riar fhéin agus riar Shàtain, a' ghnìomh no a' chleachdaidh mhòir anama sin ris an abrar "creidimh." Ach an uair a gheibh thu mach nach 'eil neart air bith air fhàgail agad, sguiridh tu, ann an eu-dòchas beannaichte, do dh' obair —agus (mu'n toir thu fainear)— creididh tu! Oir mur e creidsinn sgur a dh'obair, tha e gu dò-sheachnaidh agus air ball a' leantuinn 'n a lorg. Chaith thu an stoc beag neirt a shaoil thu bhi agad, ann an greimeachadh gu daingean ri taodaibh féin-fhìreantachd; ach a nis 'n uair a tha dearbhadh air thu bhi gun neart idir air a thoirt dhachaidh ort, tha thu 'tuiteam ann an gàirdeanaibh Iosa. Ach so cha dean thu am feasd, 'fhad 's a tha thu 'saoilsinn gu 'bheil neart agad gu creidsinn.

Bha Pòl, an déigh a bhi ré iomadh bliadhna a' creidsinn, fathast a' tarruing a neirt o Chriosd a mhàin; cia mòr a's mò na sin a dh'fheumas tusa agus muinntir eile a dheanamh nach do chreid riamh idir. Thubhairt *esan*, "Tha mi 'gabhail tlachd ann am anmhuinneachdaibh," 's e sin, ann a m' easbhuidh neirt. Tha *thusa* ag ràdh, Tha mi air mo thilgeadh sìos do bhrìgh so.

Tha iadsan a their riut gu 'bheil beagan neirt air fhàgail agad, agus gu 'bheil thu gus an neart sin a chleachdadh ann an creidsinn agus 'an deanamh aithreachais, 'n an naimhhean do d'shìth, agus 'n an luchd-tilgidh bun os ceann an t-soisgeil. Tha iad ionann a's ag ràdh gur e obair a th' ann an creidimh,

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

agus gu 'bheil thu gus an obair sin a dheanamh chum a bhi air do shaoradh. Tha iad a' deanamh fanoid ort. Ann an géilleadh dhoibhsan tha thu a' seasamh anns an t-suidheachadh sin a tha a' cràdh, agus a' cur an aghaidh an Spioraid a tha a' strì riut; tha thu gu h-àrdanach ag agradh as leth an duine a thuit, neirt a bhuineas a mhàin do chreutair nach do thuit; tha thu 'g àicheadh iomlanachd an ullachaidh a rinn Dia air son a' pheacaich, ann an lànachd an Tì sin anns am b'e deadh thoil an Athar gu'n còmhnuicheadh gach uile iomlanachd.

Tha na briathran a leanas, o sheann ùghdar airidh air a bhi air an cothromachadh :—Feòraich dheth ciod e sin a tha e 'faotainn a' deanamh creidsinn cho deacair? An e cion toil a bhi air fhìreanachadh agus air a shaoradh? An e cion toil a bhi air a shaoradh le Iosa Criosd chum cliù gràis Dhé ann-san, agus a chum cur an neo-bhrigh gach uile uaill ann féin? Is cinnteach gu'n àicheadh e so. An e amharus a thaobh fìrinn teisteis an t-soisgeil? Cha ghabh e dhànachd gu'n aidich e so. An e teagamh mu chomas no mu thoil Chriosd gu saoradh? 'S e so a bhi 'cur an aghaidh teisteis Dhé anns an t-soisgeul. An ann do bhrìgh gu 'bheil e teagmhach mu chòir a bhi aige ann an Criosd agus 'n a shaorsa? Tha thu 'g innseadh dha gu 'bheil creidsinn ann an Criosd a' deanamh suas còir ann. Ma their e nach urrainn e creidsinn ann an Iosa Criosd a thaobh cho duilich 's a tha e an creidimh so a ghnìomhachadh, agus gu 'bheil feum air cumhachd diadhaidh, nach 'eil esan a' faotainn, chum a tharruing a mach, tha thu 'g innseadh dha nach e obair a th' ann an creid-

sinn ann an Iosa Criosd, ach socrachadh air Iosa Criosd; agus gu 'bheil an leithsgeul so cho mi-reusanta a's a bhiodh e do 'fhear a tha sgìth le turus, agus nach urrainn dol ceum ni's faide, a ràdh, "Tha mi cho sgìth a's nach urrainn mi luidhe sìos," 'n uair, da rìreadh, nach urrainn e aon chuid seasamh no imeachd. Cha-n urrainn am peacach bochd, sgìth, am feasd creidsinn ann an Iosa Criosd gus am faigh e mach nach urrainn e ni sam bith a dheanamh air a shon féin; agus 'n a cheud chreidsinn an comhnuidh tha e 'dol gu Criosd air son slàinte mar dhuine gun dòchas agus gun chabhair ann féin. Agus le leithid so a reusonachadh ris o'n t-soisgeul oibrichidh, an Tighearn (mar is tric a rinn e) creidimh, agus aoibhneas agus sith, ann an creidsinn."

Tha thu bhi 'g a d' chur féin 'an iomacheist leis a' chion comais so a' feuchainn gu 'bheil thu dol air d'aghaidh an taobh cèarr. Tha thu fathast fo 'n bheachd gur obair a tha gu bhi air a deanamh leatsa a th' anns a' chreidsinn so, agus nach e a mhàin aideachadh air obair a tha dèanta le neach eile. Bu deòin leat ni-eigin a dheanamh chum sìth fhaotainn, agus tha thu 'saoilsinn nam b'urrainn thu ach an ni mòr so ris an abrar creidimh a dheanamh, gu'n d'thoireadh Dia dhuit sìth mar dhuais. A réir a' bheachd so, is e *luach* a th' ann an creidimh cho maith ri *obair*; am feadh nach e aon chuid dhiubh a th' ann; ach sgur a dh' *obair*, agus a dh' oidhirpeachadh air *pàidheadh* air son slàinte. Cha-ne creidimh a' bheinn a dhìreadh; ach toirt thairis a bhi 'feuchainn ris, agus leigeil le Criosd do ghiùlan suas 'n a ghàirdeinibh.

Tha thu mar gu'm biodh tu 'n dùil gur e do *ghnìomh* creidimh féin a tha gus do shaoradh, an àite *cuspair* do chreidimh, as eugmhais nach 'eil do ghnìomh creidimh féin, ciod air bith cho maith 's a tha e air a dheanamh, ach 'n a neo-ni. Air dhuit a bhi 'saoilsinn gur obair chumhachdach a th' anns a chreidsinn so, tha thu 'feòraich, "Cionnus a tha mi gus a faotainn dèanta gu ceart?" Ach cha-n 'eil do shìth gu tighinn o dheanadas air bith de'n t-seòrsa, ach gu h-iomlan uaithe-san a tha' n t-Athair a' comharrachadh, "Feuch, mo sheirbhiseach a thagh mi." Mar gu'n abradh e, "Seall ris-san mar a sheall Israel ris an nathair umha ; dì-chuimhnich gach uile ni timchioll ort féin ; do chreidimh, do shuidhich-idhean-inntinn, d'aithreachas, d'ùrnuighean ; agus seall ris-san." Is ann ann-san, agus cha-n ann 'n a d' ghnìomh bochd féin a tha slàinte. Is ann annsan agus 'n a ghràdh neo-chrìochnach a tha thu gu d' aitefois fhaghail. Is ann a mach uaithe-san, cha-n ann o d'chleachdadh anama féin mu 'thimchioll, a tha sìth gu tighinn. Cha dean a bhi 'sealltuinn air do chreidimh féin ach d'fhéin-fhìreantachd a chuideachadh ; tha e cosmhuil ri bhi leigeil le d' làimh chlì fios a bhi aice ciod a tha do làmh dheas a' deanamh. Is e bhi 'g iarraidh riarachaidh a thaobh *gnè* no a thaobh *tomhais* do chreidimh mu'n gabh thu comhfhurtachd o obair Chriosd, a bhi 'gluasad mar nach biodh an obair sin ni's leòir dhith féin chum sìth a thoirt dhuit cho luath a's a ghabhas tu rithe : agus mar nach biodh foghainteachd innte chum comhfhurtachd a thoirt do 'n pheacach gus am bi i air a leasachadh le tomhas àraidh de mhothachadh cràbh-

ach; ann an cainnt ghoirid, mar gu'm biodh anns a' chulaidh-chomhfhurtachaidh a th'innte ni-eigin do-innseadh aig am bheil a h-éifeachd an crochadh gu sònruichte air feabhas do ghnìomh creidimh féin, agus air soirbheachadh d'oidhirpean ann a bhi 'g a chur 'an cleachdadh.

Cha-n 'eil do neo-chomas, ma ta, a' co-sheasamh ann a d' eu-comas air a' ghnìomh mhòr creidsinn so a choimhlionadh, ach ann a d' eu-comas air sgur de'n leithidibh sin uile do dh 'oidhirpean féin-fhìreanach air gnìomh air bith a choimhlionadh, no ni air bith a *dheanamh* chum thu bhi air do shaoradh. Air chor a's gur e mar a tha 'chùis, nach fhaca tu fathast a leithid a dh'fhoghainteachd anns an aon obair mhòir a chrìochnaich Mac Dhé air a' chrann-cheusaidh a's a bheireadh ort d' oidhirpean truagha air ni-eigin oibreachadh a mach de d' chuid féin a thoirt thairis gu tur. 'N uair a dh'fheuchas an Spiorad Naomh dhuit làn-fhoghainteachd na h-iobairt-réite mòire air son a' pheacaich *dìreach mar tha e*, bheir thu thairis d'oidhirpean air gnìomh no obair a dheanamh, agus, an àite d'uile chleachdanna de'n t-seòrsa sin, gabhaidh tu ris an ni a rinn Criosd.

Cha-n e obair an Spioraid duine a dheanamh comasach air ni-eigin a *dheanamh* a thèarnas e no a chuidicheas gus a thèarnadh, ach a dhealachadh o' uil' oidhirpean agus a dheanadais féin, co dhiùbh a tha iad maith no olc, air chor a's gu'm bi e toilichte leis an t-slàinte a chrìochnaich Fear-saoraidh na muinntir chaillte.

Cuimhnich an ni ris am bheil thusa 'g ràdh do *neo-chomas* gu 'bheil Dia ag ràdh do *chionta* ris;

agus gur e neo-chomas *toileil* a th' ann. Cha robh e air a chur annad le Dia: oir rinn e thu le làn-chomas air na h-uile ni 'dheanamh a tha e 'g iarraidh ort a dheanamh. Tha thu 'toirt eas-ùmhlachd agus a' mi-chreidsinn *de d' dheòin.* Cha-n 'eil aon 'g a d' cho-éigneachadh gu aon chuid diubh. Is e do dhiùltadh air Criosd *roghainn shaor agus shuidhichte do thoile féin.*

Is ni eagalach aingidh a th' anns an neo-chomas so agad. Is e suim do thruaillidheachd e. Tha e 'g a d' dheanamh ni's coslaiche ris an diabhul na tha, ach beag, ni air bith eile. Neo-chomasach air Dia a ghràdhachadh, no eadhon air creidsinn 'n a Mhac! Comasach a mhàin air 'fhuathachadh agus air cùl a chur ri Criosd! O an cionta uamhasach! Aingidheachd do-labhairt cridhe an duine!

An e da rìreadh *nach urrainn* thu a tha 'g a d' chumail air ais o Chriosd? Cha-n e, ach *nach àill* leat. Cha d'fhuair thu air d'aghaidh cho fada ri, Cha-n urrainn mi. 'Se *nach àill* leat a's fìor chùisbhacaidh aig an àm a tha làthair. "*Cha-n àill* leibh teachd a m' ionnsuidh-sa, chum gu'm faighead sibh beatha" (Eoin v. 40). "Ge b' e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha gu saor" (Taisb. xxii. 17).

Nan labhradh do chridhe mach, theireadh e "Ma ta, an déigh na h-uile ni, *cha-n urrainn* mi, agus *cha-n àill* le Dia. Tha mi 'deanamh na's urrainn mi gu creidsinn, ach cha chuidich an Spiorad mi." Agus ciod e so ach a bhi 'g ràdh, "Tha Dia cruaidhchridheach agam gu gnothuch a dheanamh ris, nach cuidich leam, agus nach gabh truas dhìom?" Ciod

air bith a dh'fheudas do chridhe ceannairceach a ràdh, tha briathran Chriosd fìor, *Cha-n* àill leibh. An ni a labhair e 'n uair a bha e 'gul thairis air Ierusalem tha e 'labhairt riutsa. "*B' àill leamsa, ach cha b'àill leibhse*" (Mata xxiii. 37). "Is briathran eagalach," deir *Dr Owen*, "cha b'àill leibh." Ciod air bith a ghabhas muinntìr orra, 's e *toil* agus *dannarrachd* a tha aig grùnnd an diùltaidh so." Agus oh! cia mòr an neart, cho maith ri cionta, a dh' fheumas a bhi 's a' mhi-chreidimh so, 'n uair nach urrainn ni ach uile chumhachd an Spioraid Naoimh a spionadh á bun!

Tha thu an imcheist le teagasg àrd-uachdaranachd agus taghaidh Dhé. Tha iongantas orm gu'n tuislicheadh neach air bith a tha 'creidsinn gu' bheil Dia ann, orra so. Oir ma tha Dia ann, "Righ sìorruidh, neo-bhàsmhor, agus neo-fhaicsinneach," cha-n urrainn e gun bhi 'n a àrd-uachdaran, cha-n urrainn e gun deanamh a rèir a thoile féin, agus gun ròghnachadh a réir a rùin féin. Feudaidh tu na teagasgan so fhuathachadh, ach cha-n urrainn thu faotainn cuidhte 's iad ach le àicheadh gu 'bheil Bith neo-chrìochnach glic, glòrmhor, agus cumhachdach idir ann. Cha bhiodh Dia 'n a Dhia, mur biodh e mar so àrd-uachdranail, 'n a dheanadais 's an àm a tha làthair, agus 'n a shuidhichidhean o shìorruidheachd.

Ach cionnus a bheireadh e saorsa dhuit o d'imcheistean thu dh' fhaighinn cuidhte's àrd-uachdranachd agus taghadh? Abair gu'n robh iad so air an cur a thaobh, gidheadh tha thu fathast a' fantuinn n' a d'chreutair truaillidh, neo-chomasach mar a bha

thu roimhe. 'S i an fhìrinn gu' bheil fior dhuil-gheadas a' pheacaich a' co-sheasamh, cha-n ann aon chuid ann an àrd-uachdranchd no ann an taghadh, ach 'n *a thruaillidheachd féin.* Nan lùghdaicheadh e a thruaillidheachd na "teagasgan cruaidh," so (mar a their cuid riu) a bhi air an cur air falbh, no nan deanadh so e ni's comasaiche air creidsinn agus aith-reachas a ghabhail, bhiodh an cruaidh-chàs 'n a luidhe aig an dorus aca; ach mur deanadh e so, an sin cha-n 'eil na teagasgan so nam bacadh idir. Ma's e àrd-uachdranachd Dhé a tha 'g a chumail o theachd gu Criosd, tha aobhar mòr aig a' pheacach air gearan an aghaidh an teagaisg. Ach ma's e a thruaillidheachd féin a tha 'g a chumail, nach amaideach a bhi 'cur an aghaidh fìrinn nach do chuir uiread ri sràbh de bhacadh ann an rathad a phillidh ri Dia. Chuidich an taghadh iomadh anam do nèamh; ach cha do bhac e aon riamh. Is e truaillidheachd a' chùis-bhacaidh; 's e an taghadh rathad Dhé air buadhachadh air a' chùis-bhacaidh sin. Agus mur 'eil buaidh air a thoirt air a' chuis-bhacaidh sin anns na *h-uile,* ach a mhàin ann an *cuid,* cò a gheibh coire? An robh Dia ceangailte ri buaidh a thoirt air anns na h-uile? An robh e fo fhiachaibh na h-uile duine 'thoirt gu Criosd, agus na h-uile àithinne a spionadh as an losgadh? Na cuir coire air Dia air son an ni sin a bhuineas a mhàin duit féin; ni mò na biodh frionas no buaireas ort mu 'àrd-uachdranachd-san, an uair a's e fior fhreumh an uilc do chridhe anabarrach aingidh.

CAIB. XI.

NEO-MHOTHACHADH.

Isa. i. 18.	Ier. iii. 22.	Mata. iv. 23,24.
Marc ii. 17.	Luc. xix. 10.	2 Pead. iii. 9.

THA thu 'g ràdh nach 'eil mothachadh agad air thu féin a bhi 'n a d' pheacach; nach 'eil thu "iomaguineach" gu leòir; nach 'eil thu "aithreachail" gu leòir.

Mar sin bitheadh e. Gidheadh feòraicheam dhìot ceisdean mar a leanas :—

1. *Am bheil do dhìth mothachaidh-sa ag atharrachadh an t-soisgeil?* Am bheil e 'deanamh na deadh sgéil ni's neo-shaoire, ni's neo-bheannaichte, n's neo-fhreagarraiche? Nach e th'ann sgeul aoibhneach mu gràdh Dhé dhoibhsan a tha neo-airidh, dhoibhsan a tha neo-ionmhuinn, dhoibhsan a tha neo-mhothachail? Cha-n 'eil thusa bhi neo-mhothachail air d'uallaichean a' buntainn ri nàdur an t-soisgeil, no a' deanamh caochlaidh air cliù gràsmhor an Ti o'm bheil e a' tighinn. Tha e freagarrach air do shon mar tha thu, agus tha thusa ro fhreagarrach air a shonsan. Tha e 'tighinn thugad díreach far am bheil thu, agus ag ràdh, So dhuit Criosd iomlan,—Criosd anns am bheil na h-uile ni air am bheil feum agad. Cuimhnich an cuir-

eadh:—is ann dhàsan "aig *nach 'eil airgiod*" a tha e (Isa. lv. 1). Nach e so dìreach do staid? Cha deanadh thu dh'fhaghail mothachaidh iomchuidh thu air a shon, ni mò bheireadh e ni's faigse e, ni mò a cheannaicheadh e a bheannachdan, ni mò a dheanadh e ni's di-beathta thu, nì mò a dheanadh e Dia deònach ni air bith a dheanamh air do shon nach 'eil e air an dearbh mhionaid so ro thoileach a dheanamh.

2. *Am bheil d'easbhuidh faireachaidh 'n a leithsgeul air son do mhi-chreidimh!* Cha-n 'eil creidimh a' fàs a mach á faireachadh, ach faireachadh á creidimh. Mar is lugha tha thu 'faireachadh 's ann a's mò bu chòir dhuit earbsadh. Cha-n urrainn thu faireachadh gu ceart gus an creid thu. Mar a tha a fhreumh aig gach uile fhìor aithreachas ann an creidimh, is amhuil a tha aig gach uile mhothachadh fìor. Tha e dìomhain duit oidhirp a thoirt air suidheachadh Dhé atharrachadh.

3. *Am bheil d'easbhuidh faireachaidh 'na aobhar air son thu dh'fhuireach air falbh o Chriosd?* Bu chòir do, aithne air easbhuidh do thoirt gu Criosd, cha-n e do chumail air falbh. "Tha tuilleadh air an tarruing gu Criosd," deir seann Tòmas *Shepherd*, "fo mhothachadh air cridhe marbh, dall, 'na tha leis na h-uile bròn, agus irisleachadh, agus uamhas." Mar is lugha a th'agad a dh' fhaireachadh no dhearbhadh peacaidh, 's ann a's feumaiche tha thu; agus an aobhar sin air son seasamh air falbh uaithe-san? An àit' thu bhi ni's neo-iomchuidh air son tighinn, s' ann a tha thu ni's iomchuidh. Bha doille Bhartimeuis 'na aobhar air son e thighinn gu Criosd, cha-n

ann air son e dh'fhuireach air falbh. Ma tha tuilleadh doille agus marbhantais agadsa n'a tha aig muinntir eile, tha an tuilleadh aobhair agad air son tighinn, agus ni's lugha aobhair air son fantuinn fad as. Ma tha 'n ceann uile tinn, agus an cridhe uile fann, bu chòir gu'm mothaicheadh tu thu féin ni's mò air do dhruideadh a stigh fuidh éigin tighinn,—agus sin air ball. Ciod air bith a dh' fheudas *muinntir eile* a dheanamh aig am bheil dearbhaidhean, cha-n fheud *thusa* aig nach 'eil sin, fantuinn air falbh, no eadhon fuireach car aon uaire. FEUMAIDH *tusa* tighinn!

4. *An aobharaich d'easbhuidh faireachaidh nach bi thu cho di-beathta gu tighinn gu Criosd?* Cionnus sin? Ciod a tha 'toirt ort so a smuaineachadh? An d' thubhairt e sin, no 'n do ghluais e, 'n uair a bha e air an talamh, mar gu'm b'e so a riaghailt-stiùraidh? An robh faireachadh aig a' bhean o Shichar 'n uair a labhair e cho càirdeil rithe? (Eoin iv. 10). An e an tomhas dearbhaidh a bh' aig Sacheus a thug air an Tighearna labhairt cho gràs-mhor ris, "Thig a nuas gu grad; oir is éigin domh-sa stad an diugh aig do thigh?" Cha bhi ìoc-shlàint Ghileaid ni's neo-fhreagarraiche, ni mò bhios an Léigh ni's neo-theò-chridhiche no ni's neo-chàirdeile, do bhrìgh, maille ri d' eucailean eile, gu 'bheil thu air do shàruchadh leis a' phairilis a tha' toirt air falbh do mhothachaidh. Cha-n 'eil meud d'fheum ach a'toirt dhàsan cothrom air meud a lànachd, cho maith ri saoibhreas a ghràis fheuchainn. Thig d'a ionnsuidh, ma seadh, *dìreach do bhrigh gu 'bheil thu gun fhaireachadh.* "An tì a thig do m' ionnsuidh, cha tilg mi air chor air bith a mach e." Ciod air bith a

tha, no nach 'eil thu a' faireachadh, is ràdh fìor fhathast e, agus airidh air gach aon chor air gabhail ris, gu'n d'thàinig Iosa Criosd do'n t-saoghal a thèarnadh pheacach. Na cuir crìochan roimh ghràs Dhé, agus na cuir an teagamh gràdh Chriosd. Ni muinghin anns a' ghràs agus anns a' ghràdh so *na h-uile ni* air do shon; cha dean easbhuidh muinghin *dad air bith.* Tha Criosd ag iarraidh ort tighinn; gun bhi a'fuireach, no a'fantuinn air falbh.

5. *An dean thu dh' fhuireach air falbh o Chriosd d' easbhuidh faireachaidh a thoirt air falbh?* Cha dean. 'S ann a ni so ni's miosa e: oir is galar e a tha esan a mhàin comasach air a thoirt air falbh. Air chor a's gu' bheil éigin dhùbailt' air a cur ort gu dol d'a ionnsuidh. Feudaidh muinntir eile a tha' faireachadh tuillidh na tha thusa moille a dheanamh. Cha-n 'eil lughachduinn agad-sa air sin. Feumaidh tu dol *air ball* d'a ionnsuidh-san a tha air àrdachadh "'n a Cheannard agus 'n a Shlànuighear, a thoirt aithreachais agus maitheanais pheacanna do Israel" (Gniomh. v. 31). O nach dean fadachd as agus an-earbsa ni air do shon, cuir dearbhadh air ciod a ni "tarruing am fagus" agus "muinghin." Dhuit-sa ged is tu ceann-feadhna nam peacach, tha an teachd-aireachd, "Thigeamaid am fagus" (Eabh. x. 22). Tha Dia *ag àithneadh* dhuit tighinn, gun tuilleadh dàlach no ullachaidh; do pheacaidhean, do mhi-chreidimh, do neo-mhothachadh, do chridhe, do thoil, thu féin gu h-iomlan a thoirt leat, agus an cur ann an làmhaibh Chriosd. Tha Dia ag iarraidh grad-mhuinghin ort, agus thu 'g a d' thoirt féin suas gu h-ealamh do Chriosd. Is e a theachdaireachd,

"Thugaibh pòg do'n Mhac" (Salm ii. 12). Tha 'fhocal gu seasmhach ag àitneadh dhuit pilleadh,—"Pill ris an Tighearna do Dhia" (Hos. xiv. 1). Tha e 'feuchainn gur e fìor aobhar thu 'bhi buanachadh fad as mar so, nach 'eil thu toileach leigeil le Criosd do thèarnadh 'n a rathad féin,—agus gu 'bheil thu 'g iarraidh gu'm biodh an cliù agad féin air son do neo-mhothachadh a thoirt air falbh le d'ùrnuighean agus do dheòir féin.

6. *Nach e do neo-mhothachadh aon de 'd pheacaidhean a 's miosa?* Is e leanabh *cruaidh-chridheach* aon de na creutairean a 's fuath-thoilltinniche air bith Feudaidh tu truas a ghabhail a thaobh iomadh ni agus an leithsgeul a ghabhail, ach cha ghabh thu leithsgeul cruais-cridhe. "Is tusa an duine." Is tusa an leanabh cruaidh-chridheach! Sguir ma ta de bhi 'gabhail truais dhìot féin, agus ionnsuich thu féin a *dhìteadh.* Na biodh iochd agad air a' pheacadh so. Buin ris cha-n ann mar mhi-shealbh, ach mar chionta gun mheasgadh. Feudaidh tu *galar* a ràdh ris; ach cuimhnich gur e *peacadh* air son nach 'eil leithsgeul a th' ann. Is e aon pheacadh mòr a th' ann a tha air a chur ri d' pheacaidhean do-àireamh eile, agus a tha 'dol trompa uile. Bu chòir da so do dhùnadh a stigh ri Criosd. Mar lobhar do-leigheas feumaidh tu dol d'a ionnsuidh-san air son leighis. Mar fhear dò-bheirt ainmheasach, feumaidh tu dol d' a ionnsuidh-san air son maitheanais. Na cuir, tha mi 'guidheadh ort, ris a' pheacadh uamhasach so am peacadh a's milltiche fhathast, eadhon, a bhi 'diùltadh Criosd aideachach mar Léigh nan uile ghalar, agus mar Fhear-maithidh nan uile pheacanna.

Tha aithreachas r' a fhaotainn a mhàin o Chriosd. C'ar son ma seadh a dheanamh tu easbhuidh aithreachais 'n a aobhar air son fantuinn air falbh uaithe? Rach d' a ionnsuidh air a shon. Tha e air àrdachadh chum a thoirt seachad. Ma labhras tu mu "fhuireach" cha-n 'eil thu ach a' feuchainn nach 'eil thu tréibhdhireach 'n a d' iarrtus air son e bhi agad. Cha smuainicheadh duin' air bith 'n a leithid 'a shuidheachadh air fuireach. Tha do dhearbhadh-peacaidh gu tighinn cha-n ann le *fuireach*, ach le *amharc;* amharc ris-san a cheus do pheacanna, agus a tha thu le d' an-earbsa agus le d' mhi-chreidimh a' ceusadh as-ùr. Nach 'eil e sgrìobhta, "*Amhaircidh iad air-san* a lot iad, agus ni iad caoidh?" (Sech. xii. 10). Cha-n e, ni iad caoidh agus amhaircidh iad, ach amhaircidh iad agus ni iad caoidh.

Bi air d' fhaicill roimh a bhi 'saoilsinn gu 'bheil dearbhaidhean-peacaidh gus do thèarnadh, no gu 'bheil iad r'an iarraidh air an sgàth féin. Tha seann diadhair a' sgrìobhadh mar so, "Chaidh mo dheadh bharail air uamhasan laghail a mhilleadh; oir shaoil mi iad a bhi maith, agus mheas mi sona iadsan a mhàin a bha 'g am' mothachadh; thàinig iad, ach fhuair mi gur ann a rinn iad cron dobh; agus mur b'e gu 'n do threòraich an Tighearna mi mar so, tha mi'smuaineachadh gu 'm faighinn bàs a' miannachadh 'n an déigh." Agus tha aon eile ag ràdh, "Tha aithne air cridhe marbh, cruaidh 'n a mheadhon éifeachdach gu tarruing gu Criosd; seadh, ni's éifeachdaiche na ni air bith eile, do bhrìgh gur iad na bochdan, na doill, iadsan a tha lomnochd, iadsan a tha truagh, a th' air an cuireadh."

A thaobh an ni ris an abrar "obair-lagha" mar uidheamachadh air son creidimh ann an Criosd, cuireamaid ar comhairle ri Gnìomhara nan Abstol. Tha againn an sin an soisgeul mar air a shearmonachadh leis na h-Abstoil, agus a thoraidhean, ann an iompachadh mhìltean. Tha againn searmoinean air an deachdadh leis an Spiorad agus air an labhairt araon ri Iudhaich agus ri Cinnich; ach ann an aon diubh cha-n 'eil an lagh air a thoirt air aghaidh. B'e an ni a bhior cridhe nan trì mìle air latha na Cuingis aithris simplidh air beatha, bàs, adhlacadh, agus aiseirigh Iosa o Nasaret, a' co-dhunadh leis na briathraibh eagalach so, a b' fheudar gu 'n do sheirm mar an trompaid dheireannach 'n an cluasaibh san a chual iad, "Uime sin biodh fios gu cinnteach aig tigh Israeil uile, gu 'n d' rinn Dia 'n a Thighearn agus 'n a Chriosd an t-Iosa so féin, a cheus sibhse" (Gniomh. ii. 36). Bu bhriathran iad so ni 's uamhasaiche na lagh; ni 's drùightiche na chuala Sinai. Eagalach 's mar a bhitheadh, e bhi air a ràdh ri neach, "Bhris thu lagh Dhé gu h-iomlan," ciod e sin an coimeas ri e bhi air a ràdh, "Cheus thu a Mhac?" Bha ceusadh Tighearna na glòire 'n a pheacadh ni 's mo na briseadh mhìle lagh. Agus gidheadh bha soisgeul gràis Dhé anns an dearbh ghnìomh ud a thug barrachd ann an aingidheachd. An ni sin a bha' cur an céill dìtidh a' pheacaich, bha e' cur an céill mar an ceudna a shaoraidh. Bha beatha anns a' bhàs ud; leig na tàirngean a cheangail e ris a' chrann-cheusaidh a mach sruth gaoil Dhé air na mortairean fhéin!

B'e an soisgeul an t-òrd a chleachd na h-abstoil

air son cridheachan cruaidh a bhriseadh 'n am bloighdibh: air son aithreachas chum beatha oibreachadh. B'e an soisgeul air a chreidsinn a leagh cruas an Iudhaich fhéin-fhìreanta; agus cha dean ni, 'n ar latha féin, ach deadh sgeul mu shaor-ghràdh Dhé, a' dìteadh a' pheacaidh, gidheadh a' toirt maitheanais do 'n pheacach, an cridhe a leaghadh, agus iadsan a tha mar a' charraig a thaiseachadh gu bhi 'n an daoine. Cha dean lagh agus uamhasan ach cruadhachadh; agus cha-n 'eil an cumhachd, ged a b' ann 'an làimh Eliah, ach fann, 'an coimeas ri searmonachadh a' chroinn-cheusaidh.

Tha am focal "aithreachas" a' ciallachadh anns a' Ghréigis, "atharrachadh inntinn;" agus tha an Spiorad Naomh ag oibreachadh an atharrachaidh so an co-cheangal ris an t-soisgeul, *cha-n ann ris an lagh.* Cha-n 'eil "Deanaibh aithreachas agus creidibh an soisgeul" (Marc i. 15), a' ciallachadh, "faighibh aithreachas leis an lagh, agus an sin creidibh an soisgeul;" ach "deanadh an deadh sgeul so mu 'n rìoghachd a tha mise a' searmonachadh, 'ur treòrachadh gus bhur beachdan atharrachadh, agus gus an soisgeul a chreidsinn." Cha-n 'eil aithreachas a bhi air a chur roimh chreidimh an so ach a' ciallachadh gu 'm feumar tionndadh o'n ni a tha fallsa chum gu 'n gabhar ris an ni a tha fìor. Nan tionndaidhinn m' aghaidh ris an tuath, dh' fheumainn a tionndadh o 'n deas; ach cha smuainichinn a ràdh gu ' bheil an t-aon ni dhiubh so a' dol roimh an ni eile. Ma tha mi air son faotainn cuidhte 's an dorchadas, feumaidh mi an solus a leigeadh a stigh; ach cha-n abrainn gu ' bheil faghail cuidhte 's an dorch-

adas 'n a ullachadh air son faghail an t-soluis. Feumaidh iad, ann an nàdur nithean, dol cuideachd. Cha-n 'eil ma ta aithreachas, ann an seadh sam bith, 'n a roimh-ullachadh air son creidimh,—'us cha-n 'eil idir aithreachas ann an seadh bròin air son peacaidh. "Is ni a dh' fheumar a mheas mar phuing a th' air a socrachadh," tha *Calbhin* ag ràdh, "nach e a mhàin gu 'bheil aithreachas air ball a' leantuinn creidimh, ach gu 'bheil e a' sruthadh uaithe. . . . . Cha do thuig iadsan riamh nàdur aithreachais a tha a' smuaineachadh gu 'bheil e 'dol roimh chreidimh, an àite bhi 'sruthadh uaithe no air a ghintinn leis, mar a tha an toradh a' fàs air a' chraoibh." Agus tha *Dr. Colquhoun* a' toirt fainear, "Is e creidimh slàinteil *am meadhon* chum fìor aithreachais; agus cha-n e an t-aithreachas so am meadhon chum a' chreidimh sin, ach a' *chrìoch* a th'aig a' chreidimh.

Cha-n 'eil mi 'cur an teagamh nach feud *uamhas coguis* dol roimh chreidimh. Ach tha a' ghnè uamhais sin ro mhi-chosmhuil ri aithreachas a' Bhìobuill; agus is ann a tha e 'g aomadh gu daoine a tharruing air falbh o'n chrann-cheusaidh, cha-n ann gu 'n tarruing 'n a ionnsuidh. Tha fios agam gu 'm feud peacaich a bhi air an dùsgadh le tàirneanaich an lagha. Ach cha-n iad na h-eagalan sin bròn diadhaidh. Cha-n 'eil iad neo-chumanta am measg dhaoine mi-chreideach, mar a bha Ahab agus Iudas. Bithidh iad air an cluinntinn air mhodh eagalach soilleir ann an ifrinn; ach cha-n e aithreachas a th' annta. Tha bròn air son peacaidh a tighinn "o bheachd air tròcair Dhé ann an Criosd," o shealladh de 'n chrann-cheusaidh agus de 'n ghràdh a tha 'n crann-ceusaidh a'

foillseachadh. Tha an cridhe briste agus brùite 'n a thoradh air creidsinn na deadh sgéil mu shaor-ghràdh Dhé. Tha aithreachas, cho fhad 's a tha e 'ciallachadh bròin air son peacaidh, no atharrachadh inntinn a thaobh peacaidh, air oibreachadh a mhàin le sealtuinn ris a' chrann-cheusaidh. A mheud 's a tha e 'n a atharrachadh inntinn a thaobh Dhé no a thaobh Chriosd, is e *an t-aon ni* e ri creidsinn an t-soisgeil.

Is tearc ni a tha ni's cunnartaiche do'n anam iomaguineach na na h-oidhirpean air dearbhaidhean, agus uamhasan, agus irioslaichidhean fhaotainn, mar roimh-ullachadh air son creidsinn an t-soisgeil. Tha iadsan a theireadh ri peacach gur e 's aobhar nach 'eil e a' faghail sìthe nach 'eil e iomaguineach gu leòir, no air irisleachadh gu leòir, no nach 'eil gu leòir de dhearbhadh-peacaidh aige, 'n an naimhdean do chrann-ceusaidh Chriosd. Tha iadsan a sparradh cùrsa urnuigh, agus irisleachaidh, agus féin-cheasnachaidh, agus deanamh gnothuich ris an lagh, a chum creidsinn ann an Criosd, a' teagasg an ni sin a's e dearbh smior na Pàpanachd; agus cha lughaid am puinnsean agus an cunnart a th'ann gu 'bheil e air a ghlanadh o dhuaichneachd na Ròimhe, agus air a thoirt seachad fuidh ainm Soisgeil.

Cha-n 'eil Criosd ag iarraidh ullachaidh de sheòrsa air bith, laghail no soisgeulach, o'n leth muigh no 's an leth stigh,—o'n pheacach a tha 'teachd. Agus esan nach tig *mar a tha e* cha ghabhar idir ris. Cha-n e muinntir aig am bheil cleachdadh anama, no creidmhich aithreachail, no luchd-iarraidh a th' air an deadh irioslachadh, no a tha gu dùrachdach a' gnathachadh nam meadhonan;—ach PEACAICH, a tha

Criosd a' fàilteachadh. Cha d'thàinig e a ghairm nam fìrean, ach nam peacach chum aithreachais" (Lucas v. 22).

Feudaidh aithreachas meallta, a tha 'n a thoradh mi-chreidimh agus féin-fhìreantachd, a bhi air fhaotainn roimh chreidimh;—ceart mar a tha gach seòrsa uile ann am pailteas 's an anam roimh dha creidsinn. Ach 'n uair a tha creidimh a' tighinn, tha e tighinn cha-n ann mar thoradh an aithreachais fhéin-oibrichte so,—ach a dh' aindeoin air; agus bithidh an t-aithreachas so, mar a theirear ris, air a mheas, an déigh sin leis an anam chreideach, mar aon de na h-oidhirpean féin-fhìreanach sin do 'n aomadh a mhàin a bhi 'cumail a' pheacaich o'n t-Slànuighear. Tha iadsan a tha 'gairm air "peacaich aithreachail; iad a chreidsinn, a mi-thuigsinn araon aithreachais agus creidimh; agus cha-n 'eil an ni sin a tha iad a' teagasg 'na sgeul aoibhneach do 'n pheacach. Do 'n dream a's fèarr de pheacaich (ma tha an leithide sin ann) dhoibh-san a fhuair, le 'n oidhirpean saoithreachail, iad féin a thoirt gu irioslachd ni's leòir, feudaidh e 'bhi 'n a sgeul aoibhneach; ach cha-n eil e mar sin dhoibh-san a tha "gun neart," dhoibh-san a tha caillte, do na daoine mi-dhiadhaidh, do'n mhuinntir chruaidh-chridheach, neo-mhothachail, na bacaich, na doill, na daoine ciurramach.

CAIB. XII.

IOSA A MHAIN.

Isa. xii. 1-4.	1 Cor. i. 30.	Col. iii. 1-11.
Isa. liii. 2, 3.	Gal. ii. 20.	Taisb. iii. 17-20.
Mata xvii. 8.	Eph. iii. 16-19.	Taisb. v. 9-13.
Eoin i. 36.	Phil. iii. 3.	Taisb. xxi. 6.

THA thu ag ràdh, "Cha-n 'eil mi toilichte leis na h-aobharan a ghluais mi gu Criosd iarraidh: tha iad féineil." Tha sin ro chosmhuil. Cha-n 'eil fair-eachduinneann peacaich air ùr-dhusgadh neo-fhéineil, ni mò a's urrainn iad a bhi.

Chaidh thu dh' iarraidh slàinte o mhothachadh air cunnart, no o eagal na feirge ri teachd, no o iarr-tas air gu 'm faigheadh tu oighreachd na glòire. Is iad so cuid de na h-aobharan leis an robh thu air do ghluasad. Cionnus a b' urrainn e bhi air shèol eile? Rinn Dia thu leis na h-eagalan agus na dòchasan so; agus tha e 'labhairt riu 'n a fhocal. 'Nuair tha e 'g ràdh, "Pillibh, pillibh, oir *c'arson a gheibh sibh bàs?*" tha e 'labhairt ri d' *eagalan.* 'Nuair a tha e 'cur na beatha maireannaich fa d' chomhair, agus aoibhneasan rìoghachd gun chrìoch, tha e 'labhairt ri d' *dhòchasan.* Agus an uair a tha e 'cur nan aobh-aran-brosnachaidh so fa d' chomhair, tha e air son gu 'm biodh tu air do ghluasad leo. Cha-n urrainn e, ma seadh, a bhi cèarr cleachdadh a réir nan aobh-aran-brosnachaidh so. Ni h-eadh, b'e gun bhi 'cleachd-

adh d' an réir, a bhi 'g a d' chruadhachadh féin an aghaidh nan gairmean a's sòluimte a tha Dia a' tabhairt. "Air dhuinn fios a bhi againn air uamhas an Tighearna, tha sinn a' cur impidh air daoinibh" (2 Cor. v. 11), deir Pòl. Cha-n urrainn e bhi cèarr neach a bhi air a ghluasad leis an uamhas so. "Ghabh a' chuid eile *eagal*, agus thug iad glòir do Dhia nèimh" (Taisb. xi. 13). Air chinnte cha robh so cèarr. Tha am Bìobull gu h-iomlan làn de'n leithide so do aobharan-brosnuchaidh, air an labhairt r'ar dòchasan agus ar n-eagalan.

C'uin a bha e air sheòl eile? Am measg nam muilleanan ud uile a fhuair beatha ann an Criosd, cò a thòisich air dhòigh eile, no o chrìochan a b' àirde? Nach b' ann mar so a thòisich fear-coimhead a' phrìosain 'n uair a chuir a' chrith-thalmhainn crith air 'anam, agus a ghairm i suas fa chomhair a choguis a thruaighe shìorruidh? Nach b'e mothachadh air cunnart agus eagal feirge a thug air feòraich, "Ciod a ni mi chum gu'n tèarnar mi?" Agus an do chronuich an t-abstol e air son so? An do dhiùlt e freagradh a thoirt d'a cheisd iomaguinich do bhrìgh gu'n robh a chrìoch féineil? Cha do dhiùlt. Fhreagair e air ball, "Creid anns an Tighearn Iosa Criosd, agus tèarnar thu."

Cha-n 'eil ni cèarr anns na h-aobharan-brosnuchaidh so. 'Nuair tha mo chorp air a phianadh, cha-n 'eil e cèarr dhomh furtachd a mhiannachadh. 'Nuair tha mi air mo ghlacadh le tinneas, cha-n 'eil e cèarr fios a chur air lighiche. Feudaidh tu féinealachd a ràdh ri so, ach is féinealachd cheart agus cheadaichte a th' ann, a tha an Ti a rinn sinn mar a tha sinn, agus a thug dhuinn ar n-aomaidhean nàdurra, ag amharc

air son gu'n cleachdamaid d'a réir; agus ann an deanamh mar sin feudaidh sinn cunntadh air beannachd, cha-n e cronachadh fhaghail uaithe. Cha-n eil e cèarr eagal a bhi roimh ifrinn, déidh a bhi air neamh, teicheadh o phiantan, a bhi miannach air sonas, dìteadh a sheachnadh, agus a bhi iarrtanach air maitheanas. Na deanadh Satan ma ta do ribeadh le'n leithide sin de cheisdean amaideach, a tha 'g aomadh gus gach uile iarrtus dùrachdach a mhùchadh, fo'n leithsgeul nach 'eil i neo-fhéineil agus iomlan.

Tha thu 'saoilsinn nan robh thu 'g iarraidh slàinte o spéis do ghlòir Dhé, gu'm biodh tu riaraichte. Ach ciod a tha sin a' ciallachadh, ach gu'm biodh tu aig an fhìor thoiseach, eadhon mu 'n d' thàinig thu gu Criosd, air do ghluasad leis an rùn a 's àirde de na h-uile rùn? An neach a dh' fhòghluim a bhi 'g iarraidh glòire Dhé is neach e a thàinig cheana gu Criosd; agus an neach a dh' fhòghluim a bhi gu h-iomlan ag iarraidh so, cha pheacach idir e; agus, uime sin, cha-n 'eil feum aige air Criosd. Is e ceum àrd creidimh a th' ann a' bhi 'g iarraidh glòire Dhé: gidheadh 's e tha dhìth ortsa 'bhi mothachail air gu 'n d' ràinig thu air so mu'n d'fhuair thu creidimh,—seadh, a chum gu' m faigheadh tu e! Am bheil e comasach gu' bheil thu 'g a d' mhealladh féin leis an smuain nam faigheadh tu greim air an uidheamachadh so, gu 'm feudadh dùil mhuinghineach a bhi àgad gu 'n toireadh Dia creidimh dhuit? Be so a bhi 'cur t'eud féin air son a ghlòire-san an àite croinn-ceusaidh Chriosd.

Na cum air t'ais o Chriosd o'n bheachd gu'm feum

thu tighinn d' a ionnsuidh ann an suidheachadh-inntinn agus o chriochan neo-fhéineil. Nan robh thu ceart 's an ni so, cò a b'urrainn a bhi air a théarnadh? Tha thu gu tighinn mar tha thu ; le d'uile dhroch rùintean, ciod air bith iad. Thoir leat d'uile dhroch rùintean agus chrìochan ; cuir iad ri aireamh do pheacaidhean, agus thoir iad uile chum na h-altarach air am bheil an ìobairt mhòr 'n a luidhe. Rach a dh'ionnsuidh na cathair-thròcair. Innis do'n Ard-shagart mhòr a tha 'n sin' cha-n e ciod bu mhiann leat a bhi, cha-n e ciod bu chòir dhuit a bhi, ach *ciod a tha thu.* Innis dha an fhìrinn onorach a thaobh do shuidheachaidh aig an dearbh àm so. Aidich dha truaillteachd do rùn ; nà h-uile olc a tha, no nach 'eil thu 'mothachadh; do chruas-cridhe, do dhoille, do dho-theagasgachd. Aidich na h-uile ni gu saor. Tha e 'g iarraidh gu'n tigeadh tu d'a ionnsuidh direach mar tha thu agus gun thu bhi 'g àrach na smuain' dhìomhain, gur urrainn thu, le beagan fuirich, no oibre, no urnuigh, thu féin a dheanamh iomchuidh, no impidh a chur airsan gus do dheanamh iomchuidh.

"Ach cha-n 'eil mi riaraichte le *mo chreidimh*," tha thu 'g ràdh. Cha-n 'eil, gu deimhin. Ni mò tha e coltach gu'm bi thu sin gu bràth. Co dhiùbh tha mi 'n dòchas nach bi. Ma dh' fheitheas tu ri so m'un gabh thu sìth, feithidh tu gus am bi do bheatha seachad. Tha e coltach gur e tha dhìth ort *creidsinn 'n a d' chreidimh féin*, chum fois fhaghail do t'anam. Cha-n 'eil am Bìobull ag ràdh, "Air dhuinn a bhi riaraichte le'r creidimh, tha sìth againn ri Dia," ach "Air dhuinn a bhi air ar fireanachadh tre chreidimh,

tha sìth againn ri Dia;" agus eadar an dà ni so thu eadar-dhealachadh iongantach. Is e bhi toilichte le Criosd agus 'obair, cha-n e bhi toilichte le d'chreidimh féin, air son am bhiel Dia a' sealltuinn uait. "*Tha* mi toilichte le Criosd," tha thu 'g radh. Am bheil? Ma tha, tha thu 'n a d' dhuine creidmheach; agus ciod tuilleadh a tha thu 'g iarraidh? Nach leòir a bhi riaraichte le Criosd air do shon-sa, no air son peacaich air bith? Is e bhi riaraichte le Criosd, creidimh ann an Criosd. Is e bhi riaraichte le 'fhuil creidimh 'n a fhuil. Na cuir breisleach ort féin, agus na leig le muinntir eile breisleach a chur ort. Bi dearbh-chinnteach gur e bladh a' chreidimh a bhi riaraichte le Criosd agus 'obair giùlain-peacaidh; na feòraich tuilleadh cheisdean mu thimchioll creidimh, ach imich air do shlighe a' deanamh gàirdeachais, mar neach do 'm bheil Criosd na h-uile.

Cuimhnich briathran Eoin Bhaiste, "Is éigin dàsan fàs, ach dhomh-sa bhi air mo lughdachadh" (Eoin iii. 30). Feumaidh féin, anns na h-uile cruth, a bhi air a lughdachadh, agus feumaidh Criosd fàs. Bhiodh thu thighinn gu bhi toilichte le d' chreidimh a' sealltainn mar gu 'm biodh tu neo-thoilichte le Criosd. Feumaidh tòiseachadh, meadhon, agus crìoch do chùrsa bhi ann an neo-thoileachadh leat féin agus toileachadh le Criosd. Biodh e ni's leòir leat a bhi riaraichte le cuspair glòrmhor a' chreidimh, agus biodh an creidimh féin air a dhi-chuimhneachadh. Cha-n 'eil ni aig creidimh, ciod air bith cho iomlan 's a dh' fheudas e bhi, r'a thoirt dhuit. Tha e 'g a d'sheòladh gu Criosd. Tha e 'g iarraidh ort sealltuinn air falbh uaitht féin agus ris-san. Tha e ag

ràdh, "Is e Criosd na h-uile." Tha e 'g iarraidh ort sealltuinn ris-san a tha 'g ràdh, "Seallaibh rium-sa;" a tha 'g ràdh, "Na biodh eagal ort, is mise an ceud neach agus an neach deireannach; Is mise an ti a tha beo agus a bha marbh, agus, feuch, tha mi beò gu sìorruidh" (Taisb. i. 17, 18).

Nan robh e air iarraidh ort creidsinn 'n a d' chreidimh féin, a' ghnè a th'ann fhaghail a mach cinnteach, agus fios a bhi agad gu' bheil thu air do bhreith a rìs, mu'm biodh barandas agad air earbsadh á Criosd, no air sìth a bhi agad, dh' fheumadh tu gu dearbh a bhi riaraichte le d' chreidimh féin. Ach cha-n 'eil e air iarraidh ort còir, phearsanta sam bith a dhearbhadh, saor o gur peacach thu;—cha-n e gu' bheil mothachadh agad gur peacach thu (cha bhiodh crìoch air a' mhion-rannsachadh air t'fhaireachduinnean féin a chuireadh sin air choìs);—ach dìreach gur peacach thu. Tha fios agad air so air ùghdarras Dhé, agus tha thu 'g a fhòghlum o 'fhocal; agus air so tha thu 'cleachdadh, co dhiubh tha thu 'mothachadh gu' bheil thu peacach no nach 'eil. Cha-n 'eil an soisgeul a' cur feum air sinn a dh' fhaghail cinnteachd air ni air bith umainn féin, saor o 'n ni a tha sgrìobhta 's a' Bhìobull, agus a tha coitchionn do chloinn Adhaimh gu léir,—gu 'bheil feum againn air Slànuighear. Is ann a thaobh an fheum so a tha creidimh a' cleachdadh: 's e am feum so a tha creidimh a' taisbeanadh aig rìgh-chaithir nan gràs. Cha-n i a' cheisd, ma ta, Am bheil mi riaraichte le m'chreidimh? ach, Am bheil mi 'm pheacach feumach, agus am bheil mi riaraicbte ann an Criosd gu' bheil na h-uile ni air am bheil feum agam?

Tha thu 'g ràdh, "Cha-n 'eil mi riaraichte le mo ghràdh." Ciod! An robh dùil agad gu 'm bitheadh? An e do ghràdh-sa do Chriosd, no a ghràdhsan dhuit-se, a tha gu sìth a thoirt thugad? Is e gràdh saor Dhé do pheacaich, mar pheacaich, ar n-àite-tàimh. Tha dà ghnè gràidh ann an Dia,—a ghràdh truais do pheacaich mhi-chreideach, agus a ghràdh tlachd agus taitneis d' a chloinn chreidich. Tha gràdh athar do leanabh stròidheil cheart cho tréibhdhireach ri 'ghràdh d' a leanabh ùmhal, gràdhach, a th'aig an tigh, ged tha e do eadar-dhealachadh gné. Cha-n urrainn Dia do ghràdhachadh mar chreidmheach gus am bhi thu 'n a d' chreidmheach. Ach tha e 'g a d' ghràdhachadh mar pheacach bochd. Agus is e a ghràdh so dhoibh-san nach 'eil gràdhach no ion-ghràidh a tha 'n a cheud aite-fois do'n pheacach. Tha gràdh saor Dhé 'g a tharruing agus 'g a shàsuchadh. "Ann an so tha gràdh, cha-n e gu'n do ghràdhaich sinne Dia, ach gu'n do ghràdhaich esan sinne." "Tha gràdh againn dha do bhrigh gu'n do ghràdhaich esan sinne an toiseach." "Is ann mar so a ghràdhaich Dia an saoghal gu'n d' thug e 'aon-ghin Mic."

"Cha-n 'eil mi riaraichte le m' aithreachas," tha thu 'g ràdh. Is maith sin. Ciod a shaoileadh tu dhìot féin nam bitheadh? Ciod an t-uabhar agus an fhéin-fhìreantachd a thaisbeanadh e nan robh thu ag ràdh, "Tha mi toilichte le m' aithreachas,—tha a' ghnè agus an tomhas ceart ann. Nan robh thu riaraichte leis, ciod a dheanadh tu leis? An stéidhicheadh tu do shìth air? An ciùinicheadh tu do choguis leis? An rachadh tu *leis*, an àite *na fola* gu Dia

naomh ? Mur deanadh tu so, ciod a tha thu 'ciallachadh le bhi 'g iarraidh bhi riaraichte le d'aithreachas mu 'm bi sìth agad ri Dia ?

Ann am briathran aithghearr, cha-n 'eil thu riaraichte le aon de d' fhaireachduinnean cràbhach, agus is maith nach 'eil : oir, nam bitheadh, dh' fheumadh beachd ro àrd a bhi agad ort féin, agus beachd ro ìosal air ciod a tha araon lagh agus soisgeul ag iarraidh ort. Cha-n 'eil teagamh agam nach 'eil thu ceart ann a' bhi neo-thoilichte le staid d'fhaireachduinnean ; ach ciod a th'aig so r'a dheanamh ris an dleasdanas mhòr,—*creidsinn air ball* ann am Mac Dhé? Mur 'eil an soisgeul ni air bith dhuit gus am faigh thu d'fhaireachduinnean uile air an cur ceart, cha-n 'eil e'n a shoisgeul do'n pheacach idir. Ach is e so a fhreagarrachd agus a ghlòir shònruichte, gu 'bheil e 'g a d' thogail aig an dearbh shuidheachadh 's am bheil thu air a' mhionaid so, agus a' toirt deadh sgéil thugad a dh'aindeoin d 'fhaireachduinnean a bhi uile gu léir air aimhreidh.

Tha am freumh aig na duilgheadasan so uile a th' agad ann am féin-spéis ar nàduir, a tha 'toirt òirnn diùltadh a bhi air ar meas uile gu léir 'n ar peacaich, agus a tha 'crupadh air ais o dhol gu Dia, ach le nieigin pearsanta a mholadh sinn dha, agus a dheanadh e 'n a ni coltach gu'n gabhadh e ruinn. Tha sinn a bhi gu tur a dh' easbhuidh maitheis 'na ni a tha sinn mall gu aideachadh. Thoir thairis na h-oidhirpean so air a bhi riaraichte leat féin ann an ni air bith, mòr no beag, ma's e creidimh, faireachduinn, no gnìomh. Is e obair an Spioraid ann an dearbhadh peacaidh ort, do thoirt gu bhi neo-thoilichte leat féin ;

agus am buanaich thu ann an cùrsa nach dean ach esan a ghràineachadh air falbh? Cha-n urrainn Dia a bhi am feasd riaraichte leat air sgàth maitheis air bith mu d'thimchioll féin; agus c'arson a dh' fheuchadh tu ri bhi riaraichte le ni sam bith nach riaraich esan? Cha-n 'eil ach aon ni leis am bheil e gu h-iomlan riaraichte,—pearsa agus obair 'aoin-ghin Mic. Is ann *leis-san* a tha e 'g iarraidh ortsa bhi riaraichte, cha-n ann leat féin. Cia mòr a b' fhèarr rathad Dhé a ghabhail air ball, agus a bhi riaraichte le Criosd! An sin bhiodh maitheanas agus sìth air an tabhairt gun dàil. An sin ghabhadh deadhghean Dhé còmhnuidh ort. Oir thubhairt Dia ge be neach a tha riaraichte le Criosd gu'm faigh e deadhghean 'n a shùilibh-san. Is e 'mhiann gu'n tigeadh tu gu còrdadh ris-san anns an ni mhòr so. Cha-n 'eil e' g iarraidh ni sam bith ort, ach so. Ach cha bhi e toilichte le ni eile ach so, ni mò a ghabhas e riut air bonn air bith eile, ach mar neach a thàinig gu bhi riaraichte le Criosd, agus leis na rinn Criosd.

Cha'n fheud e bhi nach 'eil so uile simplidh gu leòir. Nach 'eil e direach a' coinneachadh ri d' chor? Cha deanadh a bhi riaraichte leat féin, ged a b'urrainn duit sin fhaotainn, ni air bith air do shon. Dheanadh a bhi riaraichte le Criosd na h-uile ni: oir is e Criosd na h-uile. "Is e so mo Mhac gràdhach anns am bheil mo mhòr-thlachd." Biodh tlachd agadsa ann-san anns a' bheil tlachd an Athar, agus tha na h-uile ni gu maith.

Tha amharus agam gu 'bheil cuid de d' dhuilgheadasan ag éiridh o'n bheachd uaigneach gur e th' anns an t-soisgeul dìreach seòrsa lagha air a

lasachadh, agus le a choimhead gu 'm bi thu air do thèarnadh. Tha fios agad gu 'bheil an seann lagh fada os ceann na 's urrainn thu ruigheachd air, agus gu 'bheil e 'g a d' dhìteadh, ach nach urrainn e do shaoradh. Ach tha thu 'smuaineachadh, theagamh, gu 'n d' thàinig Criosd chum an lagh a dheanamh ni 's usa, chum 'agartasan ìsleachadh, chum a dheanamh (mar a their cuid) 'n a lagh soisgeulach, aig am bheil cumhachan ni 's mìne, freagarrach ri anmhuinneachd a' pheacaich. Feuchaidh smuaineachadh car mionaid dhuit gur e toibheum a th' ann an so. Oir tha e 'ciallachadh gu 'n robh an lagh a bh' ann roimhe tuilleadh a's teann; nach robh e "naomh, agus cothromach, agus maith." Tha e mar an ceudna ag àicheadh bhriathar Chriosd, gu'n d' thàinig esan "cha-n ann a sgrios ach a chiomhlionadh an lagha." Cha-n 'eil aig Dia ach aon lagh, agus tha e iomlan: is e a shuim gràdh do Dhia agus do dhuine. Feumaidh gur e tha lagh ni 's mìne a' ciallachadh lagh neo-iomlan: lagh a tha 'deanamh aoin lagha Dhé neo-fheumail: lagh a tha 'toirt gnùise do'n pheacadh. An tèaruinn ùmhlachd do *lagh neo-iomlan* fear-brisidh an *lagha iomlain?* Ach cha-n 'eil creidimh a' cur an lagha 'an neo-bhrigh, ach tha e'g a dhaingneachadh (Ròm. iii. 21).

Is ann le lagh *iomlan* a tha sinn air ar saoradh; neo, b'e tèarnadh mhi-naomh a bhiodh ann. 'S ann le lagh iomlan, air a choimhlionadh anns gach pong agus lide, a tha sinn air ar tèarnadh; neo, b'e slàinte neo-chothromach a bhiodh ann. Choimhid Mac Dhé an lagh air ar son; dh' àrdaich e agus rinn e urramach e; agus mar so tha againn slàinte naomh agus choth-

romach. Ged bha e ann féin os ceann lagha, gidheadh bha e air a dheanamh "fo'n lagh" (Gal. iv. 4), air ar son-ne; agus le a choimhead air an lagh 'n ar n-àite 'n a chaithe-beatha gun smal, cho maith a's le 'fhulang gu bàs air peanas uamhasach an lagha sin, tha sinn air ar saoradh o mhallachadh an lagha. "Is e Criosd crìoch ('s e sin coimhlionadh) an lagha, chum fìreantachd do gach neach a chreideas" (Ròm. x 4.) Oir cha-n e *fear-còmhnaidh* a th' ann an Criosd, ach *Slànuighear*. Cha d' thàinig e chum ar deanamh comasach air sinn féin a shaoradh, le lagh a th' air a dheanamh eutrom no las a choimhead, ach a chum an lagh a tha gun lasachadh a choimhead 'n ar n-àite, chum a's nach biodh peanas aig an lagh r'a agradh air peacach sam bith a dh' aontaicheas a bhi fo fhaichaibh do'n choimhead agus do'n fhulang fo'n lagh a rinn an t-urras nèamhaidh.

Tha duilgheadasan eile ag éiridh o bhi coimeasgadh oibre an Spioraid annainn le obair Chriosd air ar son. Feumaidh iad so a bhi air an cumail eader-dhealaichte; oir tha a bhi 'g an coimeasgadh 'g an tilgeadh bun os ceann le chéile. Bi air d' fhaicill o dhearmad a dheanamh air aon diubh, no an cumail aig astar o chéile. Ged tha iad eadar-dhealaichte, gidheadh tha aid a' dol làmh air làimh, co-cheangailte gu dosgaraidh r' a chéile; a h'àite agus a dreuchd féin aig gach aon. Cha-n eil do chungaidh-leighis agus do lighiche nan aon, gidheadh tha iad a'dol cuideachd. Is e Criosd do chungaidh-leighis, 's e an Spiorad do lighiche. Na gabh an dà obair mar gu 'm b' aon obair choimeasgta iad; agus na tog do shìth air seòrs' éigin de shoisgeul dorcha air a dheanamh suas de

choimeasgadh de'n dithis. Biodh fìor aithne agad orra araon, an ni a tha 'n leth a mach, agus an ni a tha 's an leth a steach : Criosd air ar son, an Spiorad Naomh annainn.

Mar aig an tòiseachadh, is amhuil sin a chum na criche, a dh' fheumas an t-eadar-dhealachadh so a bhi air a thoirt fainear, air eagal, air dhuit sìth fhaotainn ann an creidsinn, gu 'n cailleadh tu i le easbhuidh a bhi cumail toisich do mhuinghin gu daingean gus a' chrìoch. "'Nuair a tha mi 'tòiseachadh ri bhi ann an teagamh," tha neach a' sgrìobhadh, "tha mi 'cur mo theagamhan 'n an tosd le dol air m' ais chum an àite 's an d' fhuair mi iad an toiseach air an cur 'n an tosd; tha mi 'dol agus a faotainn sìth' a rìs far an d' fhuair mi i an toiseach : cha-n 'eil mi 'suidhe sìos gu dubhach a bheachd-smuaineachadh mu m' chreidimh no mo mhi-chreidimh, ach mu obair chrìochnaichte Immanueil; cha-n 'eil mi 'feuchainn ri m' fhaireachduinnean a chunntadh suas, chum a dhearbhadh gu 'n robh mi aon uair a' m' chreidmheach, ach tha mi 'creidsinn a rithist mar a rinn mi roimhe; cha-n 'eil mi a' rannsachadh an dearbhachd air obair an Spioraid annam, ach tha mi 'smuaineachadh air na dearbhachdan cìnnteach a th' agam air obair Chriosd air mo shon 'n a bhàs, 'n a adhlacadh, agus 'n a aiseirigh. 'Se so ath-aiseag mo shìthe. Bha mi air tòiseachadh ri amharc air cuspairean eile; tha mi nis air mo thoirt air ais o mo sheachrain gu amharc air Iosa amhàin.

Tha cuid de d' dhuilgheadasan mar gu'm biodh iad ag éirigh o bhi 'measgachadh an ni a tha nàdurra leis an ni a tha os ceann nàduir. A nis 'se an ni

iongantach ann an iompachadh, am feadh a tha e uile os ceann nàduir (aìr dha bhi 'n a obair an Spioraid) gu' bheil e mar an ceudna uile nàdurra. Tha thu, theagamh, ag amharc, air son cumhachd agus dealradh nèamhaidh a thuiteam a stigh do d' anam ann an rathad mìorbhuileach éigin : ni-eigin dealaichte o'n fhìrinn neamhaidh agus o oibreachadh chomasan inntinn an duine. Bha thu 'g amharc air son creidimh a thighinn a nuas, mar aingeal o neamh, a steach do d' anam, agus air son dòchas a bhi air a lasadh, mar reul ùr ann a d'iarmailt. Cha-n 'eil a' chùis mar so. Tha obair an Spioraid os ceann nàduir, ach cha-n 'eil i 'n aghaidh nàduir. Cha-n eil e 'cur buaidh-inntinn sam bith as a h-àite ; cha-n 'eil e 'cur troimh-chéile air gnàthas-inntinn sam bith ; cha-n 'eil e 'deanamh fòirneirt air earann air bith d' ar co-dhealbh modhannail ; cha-n 'eil e 'cruthachadh ceudfath ùr smuaineachaidh no faireachaidh. Is e a dhreuchd, na h-uile a chur ceart an taobh stigh dhìot ; air chor a's nach 'eil thu uair air bith a' mothachadh cho ciùin, cho fior, cho ro nàdurra, cho mòr thu féin, a's a tha thu 'n uair a tha Esan air sealbh a ghabhail air gach earann dhìot, agus air do lìonadh anns an duine gu h-iomlan le a ghairdeachas nèamhaidh. Cha-n 'eil thu aig àm sam bith 'g a d' mhothachadh féin cho *saor*—cho beag air d' éigneachadh, anns gach buaidh 'us comas a's a tha thu 'n uair a tha gach smuain air a toirt am braighdeannas do ùmhlachd Chriosd. Is saorsa agus sìth a' bheatha nèamhaidh a tha air a comhpàirteachadh ; tha i 'n a toirt air falbh air daorsa, agus dorchadas, agus pian. Cho fad' o bhi 'n a tarruing aindeoineach, 's ann a tha i

'n a toirt air falbh air an t-slàbhruidh iaruinn leis an do cheangail cionta sinn. Tha i 'cleachdadh mar armailt-shaoraidh do dhùthaich a tha air a saltairt siòs; no mar anail bhlàth an earraich do 'n chraoibh a tha fo chuibhreich an reodhaidh. Oir feumaidh gur e saorsa, cha-n e daorsa, a th' ann an teachd a steach na beatha fhìor, no na fìrinn bheò do'n anam. "Ni an *fhìrinn* SAOR sibh."

Tha duilgheadasan eile ag éirigh o bheachdan dorcha a thaobh òrduigh ceart na fìrinn. Tha fìrinn air a cur as a h-àite féin air uairean ni's cronaile na mearachd dearbhta. Ann 'n ar cur an céill air teagasg feumaidh sùil a bhi againn ri òrdugh nithean, mar a shuidhich Dia e, cho maith a's ris na nithean féin. Nam fuasgladh tu na ceisdean a 's simplidh ann an cunntas, cha-n e mhàin gu 'm feum na fioghairean a bhi ceart, ach feumaidh iad a bhi air an cur 's an òrdugh cheart. Mar so tha e a thaobh teagasgan focail Dhe. Tha cuid mar gu 'm biodh iad 'g an tilgeadh thall 's a bhos 'n an càraidean air an seòrsachadh gu mi-chothromach, no 'n an ceanglachain troimhe-cheile, mar nach biodh suim ann do'n fhear-éisdeachd no do'n leughadair ciod an t-òrdugh a th' air a thoirt fainear, ma 's e 's gu 'bheil a mhàin fìrinnean àraidh air an cur an céill gu soilleir. 'S iomadh dragh do'n anam iomaguineach a dh' éirich o'n troimhe-chéile neo-umhaileach so. Soisgeul anns a' bheil an roimh-thaghadh air a chur air thoiseach cha-n e soisgeul nan abstol e; ged is lugha na sin gun teagamh is e soisgeul anns a' bheil roimh-thaghadh air àicheadh soisgeul nan abstol. Is e am fìor shoisgeul cha-n e aon chuid gu 'n do bhàsaich Criosd

air son nan daoine taghta, no gu 'n do bhàsaich e air son an t-saoghail uile: oir cha-n 'eil òirdheirceas an t-soisgeil a' co-sheasamh ann e 'bhi 'g innseadh an àireimh a bhios air an tèarnadh, ach ann 'n a chur an céill air an iobairt-réite mhòr fhéin. Tha cuid a thathar a meas mar mhuinntir a tha "'cumail gu daingean samhladh fìrinneach nam briathar fallain" a tha 'cur f'ar comhair soisgeil á 'altaibh a mhàin; air do na fìrinnean eadar-dhealaichte a bhi air an cur thar e chéile, air chor a's ged tha iad uile an sin, gidheadh nach 'eil iad a' toirt buil sam bith. Tha iad a' toirt na brìgh á cach a chéile, air chor a's gu 'bheil am peacach air a chumail o tharruing asda na deadh sgéil a tha iad gu cinnteach a' cur an céill 'n uair a tha iad air an cur ri 'cheile gu ceart. Nam biodh rannan na Litreach chum nan Ròmanach air an atharrachadh as an àite, no air an cur troimh a chéile, an e an Litir chum nan Ròmanach a bhiodh ann, ged bhiodh gach focal an sin? Mar sin ann an teagasg an t-soisgeil, mur toisich sinn aig an toiseach;—air son eisimpleir, ma dh' innseas sinn do'n pheacach ciod a th' aige-san r'a dheanamh, mu 'n innis sinn dha ciod a rinn Dia; ma their sinn ris a chridhe féin a rannsachadh mu 'n abair sin ris beachdachadh air crannceusaidh Chriosd; tha sinn a toirt an aoibhneis gu léir as an sgeul aoibhnich, agus a' searmonachadh "soisgeil eile."

Nach 'eil sinn, mar an ceudna, gu tric a' cnuasach a' Bhìobuill mar gu 'm b' e leabhar lagha, agus cha-n e foillseachadh gràis a bhiodh ann? Tha sinn a' tarruing neòil thairis air, agus 'g a leughadh mar leabhar air a sgrìobhadh le maighstir cruaidh. Tha

fuaim choimheach mar so air a toirt d'a bhriathraibh, agus tha a' ghnè *laghail* a' cur folaich air a' ghnè *shoisgeulaich.* Tha sinn mall gu 'leughadh mar fhoillseachadh air gràdh an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh; mar leabhar nan gràs, air a sgrìobhadh gu sònruichte air ar son le Spiorad nan gràs. Tha an lagh gun teagamh ann, gidheadh cha-n e lagh a th' anns a' Bhìobull, ach soisgeul. Mar a tha beinn Shinai a' togail a cinn, 'n a meall aonarach de chreig chruaidh, am meadhon mhìle beinn fhàsail eile de stuth ni's buige agus ni's caoine, is amhuil sin a tha 'n lagh a' seasamh anns a' Bhìobull;—earann fheumail deth,—ach cha-n e 'fhìor-ìomhaigh; "a thugadh air son eusaontais gus an tigeadh an Sìol" (Gal. iii. 19). Gidheadh nach do dhorchaich ar cridheachan amharusach an leabhar soluis so? Nach 'eil sinn gu tric 'g a leughadh mar éigheachd air àithne *gu deanamh*, an àite foillseachaidh air ciod a rinn gràdh Dhé?

Ann an dol gu Dia an toiseach, am bheil thu gus a ghabhail a stigh gu 'bheil e *toileach* no *neo-thoileach?* Tha 'chuid a's mò mar gu'm biodh iad 'g a mheas neo-thoileach. Seadh, tha iad 'g a 'n dìon féin le bhi 'g ràdh nam biodh fios aca gu 'n robh iad air an iompachadh gu'm measadh iad a thoileileachd mar ni mu nach 'eil teagamh, ach air dhoibh a bhi neo-chinnteach a thaobh an ni so, nach dùraig iad so a dheanamh! Mar nach b' e bhiodh anns an t-soisgeul foillseachadh air esan a bhi toileach gabhail ri *peacaich mar pheacaich!*

O, nach iongantach e! Tha sinn a' creidsinn Sàtan a bhi toileach air buaireadh agus air dochann

a dheanamh; ach cha-n 'eil sinn a' creidsinn Dia a bhi toileach air teasairginn agus saoradh! Tha sinn a' géilleadh d' ar nàmhaid mòr 'n uair tha e 'gar toirt a thaobh chùm peacaidh, agus 'g ar treòrachadh air falbh o Chriosd agus o neamh; ach cha-n àill leinn géilleadh d' ar caraid a's dìlse 'n uair tha e 'g ar tarruing le ceanglaichean gràidh! Cha toir sinn creideas do Dhia air son a bhi 'labhairt le fìrinn 'n uair a tha e labhairt ann an caomh thròcair, agus a' cur an céill thairis air a' pheacach dian-thograidhean a thruais do-thomhas! Tha sinn ag éisdeachd mar gu 'm biodh a bhriathran fàs; mar nach biodh e a' ciallachadh an ni a tha e 'g ràdh; mar nach biodh 'na theachdaireachdan gràis ach briathran coitchionn nach 'eil a' ciallachadh ni sam bith, an àite bhi 'n am briathran a's ro thréibhdhìriche a thàinig riamh chum cluasan dhaoine.

Cha-n 'eil ni anns a' Bhìobull chum am peacach a chur air ais, agus gidheadh cha-n àill leis a' pheacach teachd! Tha na h-uile ni chum a tharruing agus a chosnadh; gidheadh tha am peacach a' seasamh air ais! Tha Criosd a' gabhail ri peacaich; gidheadh tha am peacach a' tionndadh air falbh! Tha e air a ghluasad le iochd d' an taobh, tha e 'gul thairis orra, mar a rinn e thairis air Ierusalem; gidheadh cha-n 'eil am peacach air a ghluasad! Tha an truas nèamhaidh gun éifeachd; cha-n 'eil am fad-fhulangas neo-chrìochnach a' drùigheadh air a' chridhe chloiche, agus tha na deòir nèamhaidh air an tilgeadh air falbh. Tha Mac Dhé a sìneadh a mach a laimhe ré an là gu h-iomlan, ach tha na làmhan sìn-te mach air an cur 'an neo-shuim. Tha e coltach gu 'bheil

na h-uile ni, na h-uile ni an dìomhanas gu stad a chur air an neo-umhaileach, agus an seachranaiche a chosnadh air ais.

O an tomhas de ghràdh na diadhachd a chaidh a chosg air an t-saoghal thruagh so;—a chaidh a chur an tarruing ri clann ainniseach nan daoine! Cha mhòr nach 'eil sinn air uairean a' cur an teagamh gu'm bheil e fìor no comasach, gu 'n nochadh Dia a leithid do shaoibhreas gràidh do leithid a shaoghal. Ach tha 'n crann-ceusaidh 'n a chuimhneachan beannaichte air a' ghràdh agus tha an ràdh ud a' seasamh neo-chaochlaidheach; "Is ann mar so a ghràdhaich Dia an saoghal gu 'n d' thug e 'aon-ghin Mic." Air uairean, mar an ceudna, tha sinn ag ràdh, Ciod am feum a th' ann a 'bhi 'tilgeadh air falbh a leithid a ghràdh? Nach 'eil meud dùrachd Dhé neo-ionann ri lughad a chuspair,—an duine? Bhitheadh e mar sin nam b' i a' bheatha so an t-iomlan; mur biodh sìorruidheachd, no nèamh, no ifrinn, no subhachas gun chrìoch, no truaighe shìorruidh, ann. Ach air do leithid a chrannchur a bhi air òrduchadh do 'n duine, agus a leithid a shìorruidheachd air a tasgadh f'a chomhair,—an urrainn thomas air bith do dhùrachd a bhi tuilleadh a's mòr? An urrainn gràdh no truas dol thar an crìochan? An urrainn an gàirdeachas no am bròn thairis air peacach air a thèarnadh no air a chall a bhi ana-cuibheasach?

An Ti aig am bheil an inntinn neo-chrìochnach d'an aithne ciod e nèamh, is aithne dha ciod e a chall do chreutair neo-bhàsmhor. An urrainn e bhi tuilleadh a's dùrachdach mu e bhi air a chosnadh? Tha Esan aig am bheil uile-léirsinneachd, d'an aithe ciod e

ifrinn, le a h-uile àmhghar gun chrìoch a' faicinn fad as, agus a' tomhas uamhasan an anama chaillte, a ghul, agus a chaoidh agus a ghìosgan fhiacal ré linnean na bithbhuantachd; a mhothachadh oillteil air dìteadh agus truaighe gun eutromachadh; a theumadh-coguis cràiteach, 'aithreachas ro anmoch, 'osnaidhean eu-dòchasach, a chuimhneachadh searbh air àmannaibh sòlasach a shealbhaich e air an talamh; maille ris gach mìle doilgheas 'us mulad a tha 'deanamh suas sìorruidheachd chaillte! An urrainn e ma ta tuilleadh 's a' chòir de thruas a ghabhail? An urrainn e bhi tuilleadh a's caomh 'n a thogradh bàigheil an déigh anamanna a tha air bhoile gu iad féin a thilgeadh chum a leithid so de chrìoch-dheireannaich? An urrainn e briathran tuilleadh a's làidir no tuilleadh a's caomh a chleachdadh ann an toirt rabhaidh dhoibh 'an aghaidh a leithid a dhorchadas, a leìthid a dhiabhul, a leithid a dh' ifrinn; ann an cur impidh orra iad a dheanamh cinnteach as a leithid a neamh a's a th' aige-san?

Ann an inntinnean cuid tha am beachd a' faghail aite, gu 'bheil am peacadh a' mùchadh tròcair air son a' pheacaich, ann an cridhe Dhé.

Cha-n 'eil e mar sin. Is firinn eagalach gu 'n dean e sin an déigh so, agus gu 'n sguir Dia de thruas a ghabhail do 'n mhuinntir chaillte. Bi'dh sìorruidheachd an anama chaillte 'n a sìorruidheachd de thruaighe ris nach bi truas.

Ach, aig a' cheart àm, cha-n e fuath Dhé do 'n pheacadh fuath do 'n pheacach. Is ann a tha meud a pheacaidh mur gu 'm biodh e a' meudachadh, an àite bhi lughdachadh truais Dhé. Co dhiùbh feud-

aidh sinn a ràdh gu 'bheil an leasachadh truaighe a tha 'teachd an lorg leasachaidh peacaidh a' toirt tomhais ùir cleachdaidh do thruas athaireil an Ti sin a's e "Dìa spiorad nan uile fheòla." Tha e 'g a chràdh 'na chridhe (Gen. vi. 6.) Mar is faide a tha'n stròidhealach a' dol air aghaidh 's an dùthaich chéin, 's ann is mò a tha tograidhean bàigheil cridhe an athar a' dol as a dhéigh, ann an iochd gun cheilg air an fhògarrach thruagh, 'n a ghorta, 'n a lomnochduidh, 'n a ìsleachadh, agus 'n a bhròn gun dòchas.

Ni h-eadh; cha-n 'eil am peacadh a bàthadh gràidh truais Dhé. Bha na briathran a bu chaoimhneile a labhradh riamh ri Israel air an labhairt ann an dearbh àird' an cùl-sleamhnachaidh. Bha an cuireadh a bu ghràsmhoire a thugadh riamh leis an Tighearna air a thoirt do Chapernaum agus do Bhetsaida, agus do Chorasin, "Thigibh a m' ionnsuidh-sa." Bha an teachdaireachd a's gràdhaiche a chuireadh riamh a chum eaglais air a cur a chum Laodicea, an eaglais a bu mhiosa de'n t-seachd uile. "Feuch, tha mi a' m' sheasamh aig an dorus agus a' bualadh." B'i Ierusalem aig a' cheum a b'fhaide mach de chionta agus de mhi-chreidimh, a tharruing a mach deòir Mhic Dhé. Ni h-eadh; cha-n 'eil peacadh a' cur as do ghràdh Dhé do'n pheacach. Cha-n urrainn mòran uisgeachan a mhùchadh, ni mo a's urrainn na tuiltean a bhàthadh. O thoiseach gu deireadh, tha Dia a' leantuinn a' pheacaich mar a tha e 'teicheadh uaithe; 'g a leantuinn cha-n ann 'am fuath, ach 'an gradh; 'g a leantuinn cha-n ann a chum a sgrios, ach a chum a thèarnadh.

Cha duine Dia gu 'n deanadh e breug. Tha e

'ciallachadh an ni a tha e'g ràdh, 'n uair a tha e labhairt ann an truas, cho cinnteach 's a tha e 'nuair a tha e 'labhairt ann am feirg. Cha-n 'eil a bhriathra-san, mar a tha briathran duine, 'n an cainnt air thuaiream, no'n an aithris àrd-fhuaimneach air faireachduinnean neo-shuidhichte. Tha a bhriathran uile firinneach agus cinnteach. Cha chomasach dhuit an tomhas de fhìor fhaireachduinn a tha iad a' cur an céill a mheas thar na còrach; agus is e bhi 'g a'n tuigsinn mar chainnt shamhlachail, cha-n e mhàin a bhi 'gan tionndadh gu sgàilean, ach a bhi 'buntainn riu mar bhreugan. Gabhadh peacaich briathran Dhé *mar a tha iad;* mar aithris neo chealgach air inntinn neo-chrìochnach fhìor an Tì nach 'eil uair air bith a' gnàthachadh ach briathran "na fìrinn agus na céille." Tha e ard-uachdranail; ach cha-n 'eil an ard-uachdranachd sin an aghaidh gràis; ni mò a tha i 'treòrachadh gu *neo-thréibhdhireachd cainnte*, mar tha cuid coltach ri bhi 'saoilsinn. Cha-n 'eil umhail co aca 's urrainn sinne an àrd-uachdranachd a thoirt gu comh-chòrdadh ris an truas, no nach urrainn. Creideamaid iad araon, do bhrìgh gu 'bheil iad araon air am foillseachadh. Agus na iarramaid a dh'ionnsuidh mìneachaidh air na briathran truais a bhiodh a' filleadh a stigh nach robh iad air an labhairt *gu tréibhdhireach;* agus nan gabhadh peacach iad air mhodh tuilleadh a's litireil agus tuilleadh a's simplidh, gu 'm faigheadh e milleadh-dùil ghoirt; air dha fhaghail a mach mu dheireadh nach 'eil annta ach briathran a tha 'meudachadh thar na firrinm, mur e gaoth fhalamh.

'N uair a bha Chriosd air thalamh ghabh e ri, agus

bheannaich agus leighis e *gach neach a thainig d'a ionnsuidh.* Cha robh àrd-uachdranachd a' cuibhreachadh a ghràidh ; ni mò a bha gràdh a' buntainn ri àrd-uachdranachd. Bha 'àite féin aig gach aon diubh. Cha ròbh còmhrag 's am bith eatorra. Labhair Criosd le fìrinn 'n uair a thubhairt e "Cha-n urrainn neach air bith teachd a m' ionnsuidh-sa mur tarruing an t-Athair e ;" agus labhair e cho fìor sin 'n uair a thubhairt e. " An ti a thig a m' ionnsuidh cha tilg mi air chor sam bith a mach."

Ionnsaicheamaid buntainn ri Dia cha-n e mhain mar an Ti a's naomha, ach mar an Ti a 's fìrinniche air bith. Cluinneadh am peacach neo-umhaileach a rabhaidhean *fìora*, agus criothnaicheadh e ; oir bithidh iad uile air an coimhlionadh. Eisdeadh am peacach iomaguineach ri 'bhriathran *fiora* gràis, agus boidh e ann an sìth. Tha feum gu 'm biodh so air innseadh dhuinn. Oir tha ann an inntinnean mhòrain droch amharus a thaobh tréibhdhireis bhriathar Dhé, agus aomadh gus an ciall onorach a sheachnadh ; agus so eadhon 'n am measg-san nach 'eil cosmhuil ri bhi idir mothachail air an anearbsa so. Thugamaid ceartas do *fhìrinn* Dhé.

Is gràdh Dia. Seadh, Is Gradh Dia. An urrainn teagamh a bhi a thaobh tréibhdhireis an Dé so, ann 'n a chur an céill air 'fhad fhulangas, agus 'n a bhriathran truacantais a thaobh nan creutairean a's ceannairciche agus a's neo-aithreachaile de chloinn nan daoine ? Is fìrinnean eagalach cinnteach, gu 'bheil a leithid a ni a's fìreantachd ann ; gu 'bheil a leithid a dh' àite 's ifrinn ann ; gu 'bheil a leithid a chreutairean a's ainglean caillte agus daoine caillte

ann. Ach ciod air bith cho uamhasach, agus ciod air bith cho fìor 's a dh' fheudas na nithe so bhi, cha-n urrainn iad an teagamh a's lugha a thilgeadh air tréibhdhireas nam mionn mòra a mhionnaich Dia an làthair nèimh agus na talmhainn, "nach 'eil tlachd aige ann am bàs an aingidh;" ni mò a mhaolaicheas iad anns an tomhas a's lugha faobhar sòluimte an asluchaidh ghràsmhoir, "Pillibh, Pillibh, oir c' arson a gheibh sibh bàs."

A CHRIOCH.